



6. D.

H. M. 180.

Sept. 1. 23





X

AN

LEABHAR-CHEIST PROTASTANACH;

NO,

AN CREIDIMH PÀPANACH

AIR 'FHAOTUINN BRÉUGACH

AGUS

AN CREIDIMH PRŌTASTANACH

AIR A DHAINGNEACHADH

LE

FOCAL DHÉ.

LEIS

AN URRAMACH R. P. BLAKENEY, LL.D.

MINISTEAR ANN AN CLAUGHTON, BIRKENHEAD.

Eadar-theangaichte gu Gàelig le Comurn de Sheanadh Ghlinn-Eilge.

“Dearbhaidh na h-uile nithe: cumaibh gu daingean an nì sin a ta maith.”—1 TESAL.

DUN-EIDIN:

PATON & RITCHIE, 81 SRAID A' PHRIONNSA. .

—
Price Fourpence.

Overture and Minutes of the Synod of Glenelg, anent the Gaelic Translation of Dr Blakeney's Protestant Catechism.

At KYLEAKIN, the 29th day of July 1857. The Reverend Synod of Glenelg being met and constituted. *Inter alia,*

The following Overture was transmitted from the Committee on Overtures:—

“Whereas it is well known that there are resident within the bounds of this Synod many thousands who still cling to the errors of Popery, and also, that many of those professing Protestantism are not sufficiently well grounded in the doctrines of the faith: and whereas Dr Blakeney's Protestant Catechism is a book well fitted for refuting Popish error, and for establishing truth, it is hereby humbly overtured to the Reverend Synod of Glenelg, to adopt such means as they may deem right for translating said book into Gaelic, that being the common language of the persons whom they are desirous to instruct.

(Signed) JOHN FORBES.”

“The Synod, in accordance with the above Overture, appointed a Committee of their number, consisting of the following members, for the purpose of translating Dr Blakeney's Work into Gaelic, viz. Mr Forbes, Sleat; Mr Clark, Kilmalie; Mr M'Lean, Lochalsh; and Mr Macrae, Glenelg; Mr Forbes to be Convener.

Extracted by J. MACRAE, *Synod Clerk.*”

“At Kyleakin, the 28th day of July 1858. The Reverend Synod of Glenelg being met and constituted. *Inter alia,*

Mr Forbes, the Convener of the Committee appointed at last meeting for translating Dr Blakeney's Protestant Catechism into Gaelic, reported that the translation is now completed, and stated that he has corresponded with the Committee of the General Assembly on Popery on this subject, and that they have communicated to him their high approbation of the step taken by the Synod, and their willingness to promote the object of it, by printing the work in Gaelic. The Synod being satisfied that this translation has been well and faithfully executed by Mr Forbes and the other members of the Committee, they tendered their thanks to them for their diligence in the matter; and, believing that this work, if extensively circulated, would prove extremely useful, they agreed to re-appoint the Committee, with authority to hand over this translation, under the sanction of the Synod, to the Committee on Popery, for publication; reserving to Mr Forbes the right to superintend the work while passing through the press.

Extracted from the Minutes by

J. MACRAE, *Synod Clerk.*”

AN

LEABHAR-CHEIST PROTASTANACH;

NO,

AN CREIDIMH PÀPANACH

AIR 'FHAOTUINN BRÉUGACH

AGUS

AN CREIDIMH PRÖTASTANACH

AIR A DHAINGNEACHADH

LE

FOCAL DHÉ.

LEIS

AN URRAMACH R. P. BLAKENEY, LL.D.

MINISTEAR ANN AN CLAUGHTON, BIRKENHEAD.

Eadar-theangaichte gu Gàelig le Comunn de Sheanadh Ghlinn-Eilge.

“Dearbhaidh na h-uile nìthe: cumaibh gu daingean an nì sin a ta maith.”—1 TESAL.

DUN-EIDIN :

PATON & RITCHIE, 81 SRAID A' PHRIONNSA.

—
1859.

PROTESTANT CATECHISM ;

OR,

POPERY REFUTED

AND

PROTESTANTISM ESTABLISHED


BY

THE WORD OF GOD.

BY

THE REV. R. P. BLAKENEY, LL.D.

MINISTER OF CHRIST CHURCH, CLAUGHTON,
BIRKENHEAD.



Translated into Gaelic by a Committee of the Synod of Glenelg.

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

EDINBURGH:

PATON & RITCHIE, 81 PRINCES STREET.

—
1859.

RABHADH DO'N LEUGHADAIR.

"HA an Leabhar féumail so air a sgrìobhadh, le deadh rùn agus gràdh ciadhaidh, chum eòlas glan a thoirt do Phròtastanaich agus do Phàpanaich air firinnibh luachmhor an FHIOR CHREIDIMH. Tha mearachdan eaglais na Ròimh an so, air an rùsgadh gu soilleir; agus air an àicheadh a-réir nan Sgrìobtuir. Tha a teagasg "air a thomhas air a' mheidh"—meidh na firinn—"agus air 'fhaotuinn easbhuidheach."—Dani. 5. 27.

Nis matà, a Léughadair ionmhuinn, 'nuair a thig an Leabhar so gu do làimh, léugh è le deadh aire, le cùram, le foighidin agus gun chlaon-bhreth. Léugh arist 's arist è, ag iarraidh, gu dùrachdach, toileach, le d' uile chridhe, a bhi air do theagasg a-réir an fhocail,—' focal na slainte a chuireadh do d' ionnsuidh le Dia.'—Gnòmh. 13. 26.; agus cha n-ànn a-réir innleachdan, no riaghailtean dhaoine co-air-bith iad, aig nach 'eil stéidh no ùghdarras anns na Sgrìobtuiribh naomha.—(Ceist 155.) Ma's Pàpanach thu cha chòir dhuit an Leabhar so a dhiùltadh, no 'dhùteadh, no aon fhocal a ràdh an aghaidh a luchd-sgrìobhaidh, geda tha è ag àicheadh mhearachdan na Ròimh, gus an rànsaich thu gu mionaideach gach Ceist 'us Ceànn-teagaisg a ta ànn; agus ma gheibh thu mearachdach è, ann an cùis air-bith, an-deigh dhuit cnuasachadh agus mèdachadh gu treibh-dhireach, cùramach, ceart, air a bhriathraibh uile, an sin ach nì h-ànn gu sin, faodaidh tu, ma's àill leat, réusanachadh gu riaghailteach an aghaidh gach mearachd. Ach cuimhnich so: féumaidh tu gach nì a their thu 'n a aghaidh, a dhearbhadh a-réir na firinn, agus le ciall nàdurach. Cha dhearbhadh idir d' aideachadh, no d' àicheadh, no do chàineadh féin ambhàin air cùis air-bith a ta ann an teagasg an Leabhair so. "Dearbhaibh na h-uile nithe: cumaibh gu daingean an nì sin a ta maith."—1 Tes. 5. 21. Cha duine glic, còir, ceart no fìrinneach am fear a dh-fhuathaicheas eòlas, no 'labhras an aghaidh teagaisg nach urrainnear 'fhaotuinn mearachdach. "Aom do chridhe ri fòghlum agus do chluasan ri briathraibh eòlais."—Gnàth. 23. 12.

Ach, a Léughadair, ciod-air-bith féum a's àill leat-sa 'dheanamh de theagasg luachmhor an Leabhair so, faodaidh tu a bhi làn-chinnteach gur ann a chum maith d' anama, a tha è air 'ullachadh, agus gur é glòir Dhia agus sonas sìorruidh dhaoine a chur air aghaidh, an àrd chrìoch airson am bheil è air a chur amach. Agus 'is è dùrachd ar cridhe, agus ar n-ùrnuigh ri Dia airson gach Pàpanaich, gu'm biodh è air a theàrnadh.'—Ròm. 10. 1.—(Ceist 316.)

Gheibh am Pròtastanach Gàelig, anns an Leabhar so, làmh-theagaisg shoilleir, dhùileas, chumbachdach an aghaidh mhearachdan na Ròimh. Cuimhnicheadh è, matà, mar is è a dhleasan a bhi an còmhnuidh, dìleas, fìrinneach, seasmhach air taobh aideachaidh féin, gur còir dhà a bhi air gach àm freagarrach, gu h-éudmhor, ciùin, caoimhneil, seirceil, a' feuchainn a-réir a chomais, ri sluagh eile a ta air seacharan, no ann am mearachd, a thèdachadh a chum eòlas 'na firinn mar tha ì ann an Crìosd.' Ach cha chòir dhà idir a bhi 'càineadh, no 'béumadh muinntir eile nach 'eil a dh-aon bheachd ris-féin air puing sam-bith; oir cha n-urrainn maith a theachd o chàineadh. Rùisgeadh, dìteadh agus ceartaicheadh è am mearachd, ach na labhradh è aon fhocal mì-fbreagarrach an aghaidh neach air-bith.—(Ceist 316.) Is ì àithn Chrìosd do na h-uile, 'Beannaichibh agus gràdh-aichibh bhur coimhearsnach.'—(Ceist 116.) Air an aobhar sin matà, leanadh gach Pròtastanach, gu seasmhach, an àithn agus 'an t-cisempleir a dh'-fhàg Crìosd againn, chum gu'n leanamaid a cheuinanna: neach, 'nuair a chàineadh è nach do chàin a ris.'—1 Pead. 2. 21-23.

CINN.

INDEX.

	<i>Taobh.</i>		<i>Page.</i>
A' cheud Eaglais Chrìosdail,	22	The first Christian Church,	22
Am Bìobull amhàin riaghailt a' Chreidimh,	35	The Bible the only Rule of Faith,	35
An Eaglais,	14	The Church,	14
An Ola Bhàis,	57	Extreme Unction,	57
Aoradh do Naoimh agus do Ainglibh,	75	Saint and Angel Worship,	75
Ard Uachdaranachd a' Phàpa,	17	Papal Supremacy,	17
Ascaoin-eaglais,	93	Excommunication,	93
Bacadh-slaime,	30	Exclusive Salvation,	30
Béul-cachdraidh,	31	Tradition,	31
Brìgh-atharrachadh,	63	Transubstantiation,	63
Càinnt neo-aithnichte,	41	Unknown Tongue,	41
Cathair a' Pheanais,	51	Tribunal of Penance,	51
Cha n-ì Eaglais na Ròimh màthair nan Eaglaisean uile,	22	The Church of Rome is not the mother of all the Churches,	22
Claonadh na Ròimh,	87	The Apostacy of Rome	87
Comānachadh 'an aon seòrsa,	74	Communion in one kind,	74
Créud Phàp' Pius IV,	12	The Creed of Pope Pius IV.	12
Eas-onoir,	89	Dishonesty,	89
Faosaid,	51	Confession,	51
Fàthamas 'us Còrr-obair,	59	Indulgence & Supererogation,	59
Fìreanachadh,	60	Justification,	60
Gilleadas,	84	Celibacy,	84
Iobairt na h-Aifrinn,	71	The Sacrifice of the Mass,	71
Ionhaighean,	82	Images,	82
Iuchair,	97	Key,	97
Laoidhean,	94	Hymns,	94
Mearachdan nam Pàp,	107	The Errors of the Popes,	107
Na h-Aithrichean,	97	The Fathers,	97
Na Seachd Sàcramaidean,	44	The Seven Sacraments,	44
Neo-chōmpantas,	88	Antisocialism,	88
Nco-mhearachdas,	24	Infallibility,	24
Peacadh Eutrom 'us Bàsmhor,	42	Venial and Mortal sin,	42
Purgadair,	46	Purgatory,	45
Ràrachadh,	57	Satisfaction,	57
Rùnachadh,	43	Intention,	43
Saoradh,	54	Absolution,	54
Tighean nan Dubh-chailleach,	85	Nunneries,	85
Tigh-planaidh,	91	Inquisition,	91

LEABHAR-CHEIST PRÖTASTANACH,

LE LÀN DEARBHADH O NA SGRIOBTUIRIBH.

TÒISEACHADH.

CEIST. 1. Is Prötastanach thusa. Carson a ghoirear an t-ainm sin dhìot?—F. FREAGAIRT. A chionn gu'm buin mì do eaglais a tha 'togail fianuis an aghaidh mhearachdan eaglais na Ròimh.*

C. 2. Ciod iad na mearachdan an aghaidh am bheil thu 'togail fianuis?—F. Tha a'chuid a's mò dhiubh ann an Créud Phàp' Pius IV.—Faic taobh 12.

C. 3. Agus am bheil thu 'togail fianuis an aghaidh, no ag àicheadh na Créuda sin uile?—F. Cha n'èil. A' cheud chuid d'ì, de 'n goirear a' Chréud Nicénach, (no 'chréud a rinneadh ann an Nicéa,) tha mì ag aideachadh, do bhrìgh gu'm faodar a' chuid sin d'ì a dhearbhadh o'n Sgriobtuir. Ach a' chuid eile dh'ì, anns am bheil dà earrainn déug, tha mì ag àicheadh, mar theagasg neo-sgriobtuireil.

C. 4. Cuin a bha Créud Phàp' Pius IV., air a deanamh suas agus air a cur amach air tùs?—F. Rinneadh a' cheud chuid d'ì anns am bheil a' Chréud Nicénach, aig Comhairle Nicéa anns a' bhliadhna 325. Cha chualas riamh mu'n dà earrainn déug mu-dheireadh dh'ì, mar Chréud, gu là Phàp' Pius IV., a chuir amach iad air tùs, anns a' bhliadhna 1564.

C. 5. Nach robh mearachdan ann an Eaglais na Ròimh, roimh an t-seathamh Linn déug?—F. Bhà: ach cha robh mearachdan eaglais na Ròimh air an co-aonadh ri 'chéile, no air an suidheachadh mar Chréud, roimh an àm sin. Bha na mearachdan féin ànn roimhe sin. Dh'-fhàs iad suas anns a' chùis so, mar tha 'tachairt ann an cùisibh eile, a' chuid 's a' chuid.

* Faic *Prötastanach* agus focail 'us ainmean àraid eile air am mìneachadh anns an IUCHAIR aig deireadh an leabhair so.

C. 6. Mur robh Créud Phàp Pìus IV. air a cur amach gus a' bhliadhna 1564, is éudar nach do ghabhadh riamh rithe le muinntir Bhreatainn; oir thainig an t-Ath-leasachadh astigh roimh an àm sin?—F. Gun teagamh. Agus gu dearbh, is iongantach an nì, nach robh Créud na Ròimh riamh air a h-aideachadh le sluagh Bhreatainn Mhòir, agus Eirinn. Ach dh'-aidich beagan ann an Sasunn, agus mòran ann an Eirionn, a' Chréud annasach so, an-deigh an Ath-leasachaidh.

C. 7. Ciamar a thachair gu'n robh *Cranmer, Ridleidh, Latimer*, agus na ceudan eile de na martaraich, air an losgadh aig a' phosta-mharbhaidh, airson a bhi ag àicheadh theagasgan na Ròimh, mur robh Créud na Ròimh ànn, gus an-deigh do'n Ath-leasachadh tòiseachadh. A dh-aon fhocal, ciod am féum a bha air Ath-leasachadh?—F. Bha mearachdan na Ròimh ànn, agus airson a bhi 'g an àicheadh, chuireadh martaraich gu bàs aig a' phosta. Ach cha robh na mearachdan sin air an ainmeachadh gu follaiseach *ann an Créud Eaglais* na Ròimh, gus an t-seathamh Linn déug. Is ann a bha Eaglais na Ròimh, an àit a bhi ag àicheadh theagasgan mearachdach, mar a rinn na *Ceartairean*, no muinntear an Ath-leasachaidh, 'g an cur ris a' Chréud Nicénaich.

C. 8. Agus anis, ainmich cuid de mhearachdan na Ròimh. —F. So iad—1. *Ard uachdaranachd* a' Phàpa. 2. *Neo-mhearachdas*, no a bhi 'g ràdh gu'm bheil am Pàp neo-mhearachdach. 3. *Bacadh-slainnte*, no nach 'eil slaint ri 'faotuinn an taobh amuigh do Eaglais na Ròimh. 4. *Béul-eachdraidh*, no bhi 'toirt creideis do bhéul-aithris na h-Eaglais, mar bheirear do'n Bhìobull. 5. *Urnuigh ann an cainnt neo-aithnichte*, no bhi 'deanamh ùrnuigh ann an cànan nach tuig an luchd-éisdeachd. 6. *Eadar-dhealachadh peacaidh*, ag ràdh gu'm bheil cuid de pheacaidhean eutrom, neo-thoillteanach air a' bhàs. 7. *Rùnachadh*, no bhi a' teagasg gu'm bheil éifeachd nan sàcramaidean a' teachd anhàin tre rùn an tì a fhrithealas iad. 8. Gu'm bheil *seachd Sàcramaidean ànn*. 9. Gu'm bheil *Purgadair ànn*. 10. *Teagasg a' Pheanais*, anns am bheil faosaid, maitheanas, agus riarachadh do cheartas Dhé, tre oibribh an duine. 11. *Ungadh-crìche*, no "an ola bhàis." 12. *Fàthamas* leis am beilear ag ràdh gu'm bheil comas aig an t-sagart maitheanas peacaidh, agus saorsa o nì sam-bith, a thoirt do dhuine, agus gu'm faod *Còrr-obair* a bhi aig créutair,

no gu'm faod è tuilleadh 's a dhleasanas a choilionadh an làthair Dhé. 13. Beachda mearachdach mu *Fhìreanachadh*. 14. *Brìgh-atharrachadh* an Arain 's an Fhìona ann an Suipeir an Tighearna. 15. *Iobairt* na *h-Aifrinn*. 16. *Comānachadh* 'an aon seòrs' amhàin. 17. Aoradh do Naoimh 'us do Ainglibh. 18. Bhi 'gnàthachadh *Iomhaighean* 's a' toirt aoraidh dhoibh. 19. *Gilleadas*, no toirmeasg pòsaidh. 20. *Riaghailtean* nam Manach 's nan Dubh-chailleach.

C. 9. Am bheil teagasgan mearachdach eile aig Eaglais na Ròimh?——F. Thà. Tha i 'gabhail "nan uile nithe eile a bha air an toirt, air am mìneachadh agus air an teagasg leis" na nithibh ris an abair i "Cléir-lagha naomh agus Ard chomhairlean."—Créud Phìuis IV., EARRANN 11.

C. 10. Mar sin tha i ag aideachadh a bhi 'gabhail òrduigh-ean nan comhairlean. Cìamar tha cùis na Créuda so féin a' dearbhadh a mearachdan 'n a h-aghaidh?——F. Tha mar so. Dh'-òrduich a' Chomhairle a shuidh ann an Ephesus, anns a' bhliadhna 431, comhairle leis am bheil an Ròimh ag aideachadh a bhi air a riaghladh, nach faodar Créud sam-bith eile, ach a' Chréud de 'n goirear gu coitchionn a' Chréud Nicénach, a ghabhail le neach, no thairgse do neach a dh-iompaichear o bhaoth-chreidimh (*heresy*)* Agus gidheadh, tha Eaglais na Ròimh 'an àm dh'i bhi 'gabhail Phrōtastanach air am am bheil i ag amharc mar bhaoth-chreidmheach, astigh 'n a comunn féin, ag àithneadh dhoibh Créud Phāp' Pìus IV. aideachadh, ged nach cualas riamh mu 'n dà earrainn déug mu-dheireadh dh'i, gus an t-seathamh Linn

* ORDUGH NA COMHAIRLE ANN AN EPHEBUS.

"Air do na nithe sin a bhi air an léughadh, dh'-òrduich an Seanadh naomh, nach bitheadh è laghail do neach air-bith, riaghailt creidimh sam-bith eile 'aileachadh, a sgrìobhadh no 'dheanamh, ach an riaghailt sin a ta air a comharrachadh amach leis na *h-AITHRICHEAN NAOMH*, a bha air an cruinneachadh, leis an SPIORAD NAOMH, ann an Nice. Ach iadsan a ghabhas orra-féin riaghailt creidimh sam-bith eile a dheanamh, no 'aideachadh, no 'thairgse dhoibh-san a tha toileach a bhi air an iompachadh gu aidmheil na fìrinn, co aca is ann o chreidimh nam Pàganach, no nan Iudhach, no *bho sheòrsa baath-chreidimh sam-bith*; gu'm bitheadh iad sin, na'm b'easbuigean iad, air an cur amach á dreuchd na easbuigeachd, agus na'm bu chléir-dhaoine iad, gu'm bitheadh iad air an cur amach ás an dreuchd chléireil; ach na'm bu neo-chléirich iad, gu'm bitheadh iad air an cur fo mhallachadh."—(*Man's Councils*, p. 1362.)

déug, còrr 'us aon ceud déug bliadhna an-deigh Comhairle Ephesus.

C. 11. Ciod ì nis a' *Chrèud Nicénach* féin?

F. "Creideam ann an aon Dia, an t-Athair uile-chumhachdach, Cruithear nèimh agus na talmhainn, agus nan uile nithe faicsinneach agus neo-fhaicsinneach; agus ann an aon Tighearn Iosa Criosd, Mac aon-ghinte Dhia, air a ghiontuinn o 'Athair roimh na saoghail uile, Dia o Dhia, solus o sholus, am fìor Dhia o'n fhìor Dhia, air a ghiontuinn, ni-h-ànn air a chruthachadh, a dh-aon bhrìgh ris an Athair, leis an d'-rinneadh na h-uile nithe; neach air ar son-ne clann nan daoine, agus a chum ar slainte, a thainig anuas o nèamh, a ghineadh anns an fhèidil, leis an Spiorad Naomh, o'n Oigh Muire; agus a rinneadh 'n a dhuine, agus a bha air a chéusadh mar-an-céudna air ar son-ne, fo Phontius Pilat. Dh'-fhuiling è agus dh'-adhlaic-eadh è, agus air an treas là, dh'-éirich è rìst a-réir nan Sgriobtuir, agus chaidh è suas gu nèamh, agus tha é 'n a shuidhe air deas làimh an Athar. Agus thig è rìst ann an glòir, a thoirt breith air na beòthaibh agus air na mairbh; air a rìoghachd cha bhi crìoch."

"Agus creideam anns an Spiorad Naomh, Tighearn agus fear-tabhairt na beatha, a tha 'teachd amach o'n Athair agus o'n Mhac, do 'n toirear aoradh agus glòir maille ris an Athair agus ris a' Mhac le 'chéile. A labhair leis na fàidhean. Agus creideam ann an aon Eaglais Choitcheinn agus Abstolaich. Tha mì ag aideachadh aon Bhaistidh chum maitheanas pheacaidhean; agus tha dùil agam ri aiseirigh nam marbh, agus ri beatha an t-saoghail a ta gu teachd. AMEN."

Sin anis a' *Chrèud Nicénach*; agus tha ì uile fallain. Ach so dhuit na pùngan ùra, a chaidh a chur rithe le Pàp Pius IV., anns a' bhliadhna 1564, anns am bheil na teagasgan mearachdach mu'n do labhair thu.

CREUD PHAP' PIUS IV.

"I. Tha mì gu daingean, a' gabhail h-ngam agus a' coimhead Bhéul-eachdraidhean nan Abstol agus na h-Eaglais, maille ri uile ghnàthachadh agus riaghailtean eile na h-eaglaise céudna.

"II. Tha mì, mar-an-céudna, a' gabhail h-ngam nan Sgriobtuirean Naomha, a-réir an t-seadha sin anns an robh agus anns am bheil ar Màthair Naomh an Eaglais 'g an gabhail, do 'm buin breth a thoirt air fìor sheadh agus air eadar-mhìneachadh nan Sgriobtuir; agus cha ghabh 'us cha mhìnich mì iad gu bràth, air dòigh sam-bith eile, ach a-réir co-chòrdadh aon-ìinntinneach nan Aithrichean.

“ III. Tha mì, mar-an-céudna, ag aideachadh gu'm bheil, gu fìor agus gu ceart, seachd Sàcramaidean an lagha nuaidh air an suidheachadh le Iosa Crìosd ar Tigh-earn, agus gu'm bheil iad féumail a chum slaint a' chinne-daoine, ged nach 'eil iad uile airson gach uile neach ; eadhon, Baisteadh, Daingneachadh, Comānachadh, Peanas, Ungadh-crìche, Orduighean agus Pòsadh, agus gu'm bheil iad a' buil-eachadh gràis ; agus dhiubh sin nach urrainn iad so, Baisteadh, Daingneachadh agus Orduighean a bhì air an tabhairt do neach an dara uair, gun trom-pheacadh, no ceall-ghoid : agus tha mì, mar-an-céudna, a' gabhail agus ag aideachadh nan deas-ghnàth aig an Eaglais Choitchinn, mar tha iad air an gabhail agus air am moladh leis an Eaglais, agus air an cleachdadh ann am frithealadh solamach nan uile Shàcramaidean a ta air an ainmeachadh roimhe so.

“ IV. Tha mì a' gabhail agus ag aideachadh nan uile agus gach aoin de na nithibh a bha air am mìneachadh agus air am foillseachadh ann an Comhairle Naomh Thrent, mu pheacadh-gin agus mu fhìreanachadh.

“ V. Tha mì ag aideachadh, mar-an-céudna, gu'm bheil anns an Aifriun, ìobairt-réitich fhìor, cheart, airson nam beò agus nam marbh, air a tairgse do Dhia, agus gu'm bheil corp agus fuil, maille ri anam agus diadhachd ar Tighearna Iosa Crìosd, gu fìor, gu h-iomlan agus gu riochdail, ann an Sàcramaidibh fìor Naomh a' Chomānachaidh, agus gu'm bheil uile bhrìgh an arain air a h-atharrachadh gu corp Chrìosd agus uile bhrìgh an fhìona gu fuil Chrìosd ; de 'n atharrachadh so goiridh an Eaglais Chaitligeach *Brìgh-atharrachadh*. Tha mì, mar-an-céudna, ag aideachadh gu'm bheil Crìosd, gu h-uile agus gu h-iomlan, agus gu'm bheil fìor shàcramaid air an gabhail fo aon seòrsa, anns an aran amhàin, no anns an fhìon amhàin.

“ VI. Tha mì a' sìor-chreidsinn gu'm bheil Purgadair ànn, agus gu'm bheil na h-anamanan a ta air an cumail ànn, air an cuideachadh le ùrnuighean agus cobhar nan creideach.

“ VII. Mar-an-céudna, gu'm bheil è dligheach onoir a thoirt do na Naomh a ta 'righeachadh maille ri Crìosd, agus ùrnuigh a dheanamh riutha, agus gu'm bheil iad-san a' deanamh ùrnuigh ri Dia air ar son-ne, agus gu'm bheil an cuimhneachain (*relics*) ri 'n coimhead ann an àrd urram.

“ VIII. Tha mì ag ràdh gu fìor dhaingean, gu'm bheil è ceart, ìomhaigh Chrìosd, ìomhaigh Màthar Dhé, sìor Oigh, agus ìomhaighean nan Naomh eile a bhì aig daoine agus a bhì air an coimhead leò, agus gu'm bheil è dligheach onoir agus àrd urram a thabhairt doibh.

“ IX. Tha mì ag ràdh, mar-an-céudna, gu'n robh comas Fàthamais a thoirt seachad, air fhàgail le Crìosd anns an Eaglais, agus gu'm bheil iad sin a thoirt 's a ghabhail, fìor fhallain do shluagh Chrìosdail.

“ X. Tha mì ag aideachadh na h-Eaglais Naomh, Caitligich, Abstolaich, Ròmanaich, mar Mhàthair agus mar Bhan-mbaighstear nan Eaglaisean uile, agus tha mì a' gealltuinn fìor ùmhlachd a thoirt do Easbuig na Ròimh, oighre Pheadair an Naomh, Prionnsa nan Abstol, agus Fear-ionaid Iosa Crìosd.

“ XI. Tha mì, mar-an-céudna, gun teagamh, a' gabhail, agus ag aideachadh nan uile nithe eile, a ta air an tabhairt, air am mìneachadh agus air am foillseachadh le Cléir laghaibh Naomh agus le Ard Chomhairlibh, agus gu h-àraid le Comhairle Naomh Thrent : agus tha mì a' dìteadh, a' diùltadh agus a' mallachadh nan uile nithe a ta 'n an aghaidh, agus gach uile bhaoth-chreid-inh, a bha air an dìteadh, air an diùltadh agus air am mallachadh leis an Eaglais.

“ XII. Tha mise, N. N. aig an àm so, gu saor, ag aideachadh, agus gu

treibh-dhireach, a' cumail an fhìor chreidimh Chaitligeach so, às 'éugmhais nach urrainn aon a bhli air a theàrnadh; agus tha mì 'gealltuinn an creidimh céudna a chumail agus aideachadh, iomlan agus neo-bhrìste, gu fìor sheasmhach, gu crìoch mo bheatha."

'Tha mearachdan uamhasach, olc, anns a' Chrèud so. Tha ì a' cur béul-eachdraidhean dhaoine ri Focal Dé. Tha ì ag iarraidh na Sgrìobtuirean a ghabhail anns an t-seadh anns am bheil an Eaglais 'g am mìneachadh, agus an-deigh sin, cha d'-innis Eaglais na Ròimh riamh fathast, mu mhìneachadh air-bith a tha ise 'ceadachadh a dheanamh air na Sgrìobtuireibh; no cha n-'eil fios ciod è an seadh anns am b' àill leatha-sa, na Sgrìobtuirean a bhì air am mìneachadh. Tha a' Chrèud so a' labhairt mu 'bheachd aon-àinntinneach nan Aithrichean,' ged is maith a tha fios aig na h-uile dheasbairibh ionnsaichte, gu'm bheil sgrìoblaidhean nan Aithrichean air an lìonadh le neo-aontachd, a' mì-chòrdadh, 's ag àicheadh a chéile; is amaideach, air an aobhar sin, an gabhail mar ùghdarras dearbhiach air nìtibh a' chreidimh. Tha ì ag ràdh gu'm bleil seachd Sàcramaidean ànn. Tha ì ag àicheadh teagaisg an Sgrìobtuir air Fìreanachadh tre chreidimh anns an Réite iomlain a rinn Crìosd. Tha ì a' cur leis an teagasg de'n goirear *bacadh-slainge*, no a' teagasg nach 'eil teàrnadh airson na muinntir nach 'eil ag aontachadh le creidimh Eaglais na Ròimh.'

—BAGOT.

C. 12. Ciod am peanas 'bu chòir a dheanamh air easbuigibh, agus air sagartaibh na Ròimh airson ìad a bhì, mar so, a' cur nìthe ùra ri fìrinnibh a' chreidimh?——F. A-réir na comhairle ann an Ephesus, bu chòir an cur amach á dreuchd na ministearachd.—(Faic Ceist 10,—Nòd.)

C. 13. Ainmich, ann an cainnt shoilleir agus ann am beagan fhocal, na h-aobharan a ta agad airson a bhì 'togail fianuis an aghaidh eaglais na Ròimh?——F. Tha mì a' togail fianuis 'n a h-aghaidh, do bhrìgh gu'm bheil ì a' teagasg phùngan creidimh a ta neo-sgrìobtuireil, agus an lorg sin, annasach 'n an nàdur, pùngan a ta 'cur fhìrinnean glòrmhor an t-soisgeil gu neo-bhrìgh—a' ribeadh an fhir-aoraidh ann an iodhol-aoradh uamhasach, agus a' sgrios an anama, mur dean è aithreachas, agus mur tréig è an teagasg amaideach so.

AN EAGLAIS.

C. 14. Ciod è an seadh a's farsuinge a ta aig an fhocal Eaglais?——F. An eaglais neo-fhaicsinneach—thaghta: na fìor chreidimhich uile às gach cinneach air-bith, o thoiseach gu deireadh an t-saoghail, a ta 'n an aon chorp air am bheil Chrìosd féin na cheann, (a) a bha air an taghadh ann an Crìosd, mu'n do leagadh bunait an domhain. (b)

a Ephes. 1. 22. Agus chuir e na h-nìle nithe fo a chosaibh, agus thug se e gu bhì 'n a cheànn os ceann nan uile nithe do'n eaglais. R. 23. A ta 'n a corp aige, lànachd an tì a ta lionadh nan uile nithe anns na h-uile.

Ephes. 5. 23. Oir is e am fear ceànn na mnà, eadhon mar is e Crìosd ceànn na h-eaglais : agus is esan Slànuighear a' chuirp. R. 24. Uime sin mar a ta'n eaglais ùmhal do Chrìosd, mar sin biodh na mnà d'am fearaibh féin mar an ceudna anns gach nì.

Ephes. 5. 25. Fheara, gràdhaichibh bhur mnà féin, eadhon mar a ghràdh-aich Crìosd an eaglais, agus a thug se e-féin air a son ; R. 26. Chum gu 'n naomhaicheadh, agus gu'n glanadh e i le ionnlad an uisge tre an fhocal. R. 27. Chum gu'n cuireadh e 'na làthair féin i 'n a h-eaglais ghlòrmhoir, gun smal gun phreasadh, no nì air bith d'an leithidibh sin ; ach chum gu'm biodh i naomh, agus neo-lochdach.

Ephes. 5. 29. Oir cha d'thug duine air bith riamh fuath d'a fheadil féin ; ach altrumaidh agus eiridnidh e i, eadhon mar a ta an Tighearn a' deanamh do'n eaglais : R. 30. Oir is buill sinn d'a chorp, d'a fheadil, agus d'a chnàmhaibh-san. Col. 1. 18. Agus is e ceànn a' chuirp, eadhon na h-eaglais.

b Ephes. 1. 4. A réir mar a thagh e sinne ann-san, mu'n do leagadh bunait an domhain.

C. 15. Carson a theirear gu'm bheil an Eaglais neo-fhaicsinneach, no carson a theirear *neo-fhaicsinneach* ris Eaglais?——F. Tha, do bhrìgh nach urrainnear a faicinn nìle le duine, oir tha ì air a deanamh suas de na creidmich uile, dhiubh-san a ta marbh, agus dhiubh-san a ta beò, cho maith riutha-san nach d'-rugadh fathast.

C. 16. Co è ceànn na h-Eaglais?——F. Tha Crìosd, “ Is è ceànn a' chuirp, eadhon na h-eaglais.”—Col. 1. 18.

C. 17. Am bheil seadh air-bith eile aig an fhocal Eaglais? ——F. Tha è a' ciallachadh (1.) luchd-aideachaidh a' chreidimh Chrìosdail, co aca is fìor Chrìosduidhean ìad, no nach eadh, ann an dùthaich, no ann an àit air-bith, mar tha eaglais Ghalatia, eaglais Shasuinn, eaglais na h-Alba. (*a*) (2.) Tha è a' ciallachadh luchd-aideachaidh a ta 'cruinneachadh 'an ceànn a chéile, chum aoradh a dheanamh ann am baile, ann an sgìreachd, no ann an àit sam-bith, mar ann an eaglais Smirna, ann an eaglais a' bhaile so, no 'bhaile ud eile. (*b*) (3.) Tha è a' ciallachadh luchd-aideachaidh a' chreidimh Chrìosdail, eadhon, 'n an tigh-còmhnuidh féin. (*c*) Tha ìad sin nìle a' deanamh suas na cuideachd de 'n goirear “ an Eaglais fhaicsinneach.”

a 1 Cor. 16. 1. A nis a thaobh an tionail airson nan naomh, mar a dh'òrduich mi do eaglaisibh Ghalatia, mar sin deanaibh-sa mar an ceudna.

2 Tes. 1. 1. Pòl, agus Siluanus, agus Timoteus chum eaglais nan Tesalonianach, a tha ann an Dia an t-Athair, agus anns an Tighearn Iosa Crìosd.

b Gnìomh. 8. 1. Agus dh'éirich anns an àm sin géur-leanmhuinn mhòr an aghaidh na h-eaglais a bha ann an Ierusalem,* agus bha iad uile air an sgapadh air feadh tìre Iudea.†

Taisb. 2. 1. Chum aingil eaglais Ephesus, sgrìobh.

Taisb. 2. 8. Agus chum aingil eaglais Smirna, sgrìobh.

c Philem. 2. Agus chum Aphia ionmhuinn, agus Archipuis ar comh-shaighdear, agus chum na h-eaglais a ta ann do thigh.

1 Cor. 16. 19. Tha Acuila agus Priscila, maille ris an eaglais a tha 'n an tigh, a cur mòr-fhàilte oirbh anns an Tighearn.

C. 18. Carson nach faodar na briathran a ta anns an Litir a chum nan Ephésianach 5. 25-27, a thoirt mar bhuaidh-ainm do'n eaglais fhaicsinnich?——F. Tha do bhrìgh nach 'eil eaglais fhaicsinneach sam-bith “gun smal, gun phreasadh.”

C. 19. Am bheil am focal “eaglais” anns gach àit, air a thoirt mar ainm ambhàin air luchd-aoraidh an Dia fhìor.——F. Cha n'eil. Is è prìomh sheadh an fhocail, comh-thional, no co-chruinneachadh, agus mar sin gheibhear am focal “eaglais” air a thoirt mar ainm air comh-thional buaireasach, coltach de luchd-iodhol-aoraidh ann an Ephesus.

Gnìomh. 19. 32. Ghlaodh, uime sin, cuid diubh aon ni, agus cuid ni eile; oir bha an coimhthional (Ecclesia, *Eaglais*) troimh a chéile.

C. 20. An d'earb Criosd a chumhachd, no 'ùghdarras féin, mar cheànn na h-eaglais, ri duine sam-bith, no ri comunn dhaoine?——F. Cha d'earb idir.

C. 21. Càit anns an Sgrìobtuir am bheil am focal “Coit-chionn” (*Catholic*) air a ràdh ris an eaglais?——F. Cha n'eil an àit air-bith. Anns na làithibh deireannach, bha am focal so (*Catholic*) air a ghnàthachadh mar ainm do'n eaglais fhaicsinnich uile, ach cha n-ànn 's an Sgrìobtuir.

C. 22. Ciod è seadh an fhocail “*Catholic*?”——F. Coit-chionn, caitligeach, no uile-choit-chionn. Tha è a' ciallachadh nan uile dhaoine a ghoireas Criosduidhean dhiubh-féin.

C. 23. Am bheil thu 'cur an aghaidh nam focal, “*an Eaglais Choit-chionn*,” no “*Catholic Church*” a thoirt mar ainm do chomunn nan Criosduidhean uile?——F. Cha n'eil; ach tha mì, aig an àm chéudna, a' tuigsinn gu soilleir, gur ainm è a thugadh, le daoine, do chomunn a tha buailteach do inhearachdan, comunn a ta air a dheanamh suas de 'n “chogul agus de'n chruithneachd.”

* B' i so a' cheud Eaglais Chriosdaidh a bha ànn.

† Mar so bha na h-eaglaisean air an cur an ònmhorachd, air tìs.

C. 24. Am bheil còir aig aon chomunn àraid air-bith de Chrìosduidhean air an fhocal “Catholic,” no coitchionn a ghabhail mar ainm dhoibh-féin amhàin?——F. Cha n-eil: na’s mò na tha còir aig cuid a ràdh gur i-féin an t-iomlan; no aig bàll a ràdh gur e-féin an corp uile.

C. 25. Am faod sinn am focal “Catholic,” *coitchionn* no “caitligeach,” a thoirt mar ainm air Eaglais na Ròimh?——F. Cha n-fhaod; oir cha robh riamh anns an eaglais sin, aig àm air-bith, na’s mò na roinn de ’n eaglais Chrìosdail, agus mu-dheireadh roinn thruaillidh a’ claonadh o’n fhìor chreidimh.

C. 26. Am bheil am focal “Catholic,” no *coitchionn*, air a ghnàthachadh ann an seadh air-bith eile, ach mar fhocal àireimh?——F. Mar thubhairt mì cheana, cha n-eil ùgh-darras aig an fhocal so anns an Sgrìobtuir. (Ceist 21.) Ach a thuilleadh air a sheadh mar fhocal àireimh, bha è air a ghnàthachadh, gu moch le luchd-sgrìobhaidh, mar ainm air fìor chreidimh, no teagasg fallain.

C. 27. Am buin am focal do’n Ròimh, anns an t-seadh so?——F. Cha bhuin. Thug ì ’stigh teagasgan mì-fhallain, agus, air an aobhar sin, tha ì neo-choitchionn, no neo-chaitligeach, baoth-chreideach agus mì-fhallain.

C. 28. Am buin an t-ainm so do Phròtastanaich?——F. Buinidh; ach cha bhuin è amhàin do chomunn àraid air-bith dhiu. Is caitligich, no *coitchionnaich* na Pròtastanaich aig am bheil na teagasgan a bha aig na prìomh eaglaisean.

Na’m b’ eaglais fhìor, eaglais na Ròimh, bhuineadh an t-ainm “Catholic,” no *coitchionn* dh’ì, cho maith ri comunnaibh eile, ach tha ì air claonadh agus thréig ì am fìor chreidimh, agus, air an aobhar sin, cha n-eil còir idir aice air an ainm so.

ARD UACHDARANACHD A' PHAPA.

C. 29. Ciod a tha na Pàpanaich ag ràdh mu àrd uachdar-anachd a’ Phàpa?——F. Tha iad a’ teagasg, (faic Créud Phùis IV. Ear. 10,) gu’m b’ è Peadar Prionnsa nan Abstol, —gu’n robh an eaglais air a stéidheachadh air Peadar,—gu’m b’ è Peadar Easbuig na Ròimh,—gur è am Pàp oighre Pheadair, agus fear-ionaid Iosa Crìosd; agus tha iad a’ dol gu Mata 16. 13–18; agus Eòin 21. 15–17; a chum so a dhearbhadh.

C. 30. Ciod a tha na briathran so ann an Soisgeul Mhata, a' ciallachadh?

Mata 16. 13. Agus air teachd do Iosa gu crìochaibh Chesaréa Philipi, dh'fhèdraich e d' a dheisciobluibh, ag ràdh, Cò tha daoine ag ràdh is e Mac an duine? R. 14. Agus thubhairt iadsan, Tha cuid ag ràdh Eoin Baiste, cuid Elias, agus cuid eile, Ieremias, no aon do na fàidhibh. R. 15. Thubhairt esau riu, Ach cò tha sibhse ag ràdh is mi? R. 16. Agus fhreagair Simon Peadar agus thubhairt e, is tusa Crìosd, Mac an Dé bhedò. R. 17. Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Is beannaichte thusa, a Shimoin Bhar-Iona; oir cha d' fhoillsich fuil agus fèil sin duit-se, ach m' Athair-sa a ta air nèamh. R. 18. Agus a ta mise ag ràdh riut, Gur tusa Peadar, agus air a' charraig so togaidh mise m' eaglais: agus cha toir geatachan ifrinn buaidh oirre.

F. An so, dh'-fhèdraich Crìosd de na deisciobuil ag ràdh,— 'Co tha sibhse ag ràdh is è Mac an duine?' Thubhairt Peadar,— 'Is tusa Crìosd Mac an Dé bhedò;' agus air do Iosa a ghairm "beannaichte," mar tha gach fìor creidmheach, thubhairt è— 'Is tusa Peadar agus air a' charraig so (cha n-ànn *ort-sa*, ach *orm-féin*) togaidh mise m' eaglais, agus cha toir geatachan ifrinn buaidh oirre.' Dh'-aidich Peadar Crìosd, agus an-deigh sin, thubhairt Crìosd, 'air a' charraig so (Crìosd féin) togaidh mise m' eaglais.' Is è Crìosd féin a' charraig, no am bunait air am bheil an Eaglais air a togail; cha n-è Peadar, no Pàp na Ròimh.

C. 31. Am bheil ceànn-teagaisg air-bith eile agad a dhearbhas gu'n goirear carraig do Chrìosd, agus gur e-féin amhàin a' charraig, no am bunait air am bheil an Eaglais air a togail? ———F. Tha sin agam.

1 Cor. 10. 4. Agus b' i a' charraig sin Crìosd.

1 Cor. 3. 11. Oir bunait eile cha n-urrainn duine sam-bith a leagadh ach am bunait a leagadh a cheana, eadhon Iosa Crìosd.

C. 32. Am bheil an duine, uair air-bith, air a shàmhlachadh ri carraig anns an Sgrìobtuir? ———F. Cha n'-eil. Is ann a tha è air a shàmhlachadh ri dìomhanas, (a) agus tha mallachd air a labhairt an aghaidh an neach a chuireas a dhòchas ann an duine. (b)

a Salm 144. 4. Is cosmhuil an duine ri dìomhanas.

b Ierem. 17. 5. Mar so deir an Tighearn, Is mallaichte an neach a chuireas a dhòchas ann an duine, agus a nì fèil 'n a gàirdean dà.

C. 33. Ciod a tha thu ag ràdh mu na cìnn-theagaisg ann an Eòin—còmhradh tri-fìllte Chrìosd ri Peadar?

Eòin 21. 15. An sin an déigh dhoibh an dinneir a ghabhail, thubhairt Iosa ri Simon Peadar, A Shimoin mhic Ionais, am bheil barrachd gràidh agad dhomh-sa orra sin? Thubhairt e ris, Tha, a Thighearn; tha fios agad gur toigh leam thu. Thubhairt e ris, Beathaich m' uain. R. 16. Thubhairt e ris a ris an dara uair, A Shimoin mhic Ionais, an toigh leat mise? Thubhairt e ris, Seadh, a Thighearn; tha fios agad gur toigh leam thu. Thubhairt e ris, Beathaich mo chaoraich. R. 17. Thubhairt e ris an treas uair, A Shimoin mhic Ionais, an toigh leat mise? Bha Peadar doilich a chionn gu'n dubhairt e ris an treas uair, An toigh leat mise? Agus thubhairt e ris, A Thighearn, is aithne dhuit na h-uile nithe: tha fhios agad gur toigh leam thu. Thubhairt Iosa ris, Beathaich mo chaoraich.

F. Bha na briathran so air an labhairt ri Peadar, a chum a thuiteam maslach a thoirt gu 'chuimhne, agus a chum mothachadh iriosal a thoirt dà air a lag-chuis féin, ged bu dìan a labhairt, ag ràdh, ged dheanadh na h-uile Iosa àicheadh, gidheadh nach deanadh esan sin.(a) Air an aobhar sin, dh'fhèòraich Iosa do Pheadar, "am bheil barrachd gràidh agad dhomh-sa orra sin? Thuit Peadar trì uairean. Tha Iosa 'g a aiseag, no 'g a thogail le còmhradh trì-fillte. Is ì dlighe nan uile aodhairean an tréud a bheathachadh.(b) Ma bhuilich Iosa, leis a' chòmhradh trì-fillte so air Peadar, an àrd uachdaranachd, an àrd onoir, am mòr chumhachd agus am mòr ùghdarras air am bheil am Pàp ag agairt còir, cionnus, no carson a *bha Peadar doilich?*

a Mata 26. 33. Agus fhreagair Peadar, agus thubhairt e ris, Ged gheibh gach uile dhaoine oilbheum annad, cha'n fhaigh mise oilbheum gu bràth. R. 34. Thubhairt Iosa ris, Gu deimhin a ta mi ag ràdh riut, air an oidhche so féin mu'n goir an coileach, gu'n àicheadh thu mi trì uairean. R. 35. Thubhairt Peadar ris, Ged a b'éigin dhomh bàsachadh maille riut, cha'n àicheadh mi thu. Agus thubhairt na deiseiobuil uile mar an ceudna.

b Gnìomh. 20. 28. Air an aobhar sin thugaibh aire dhuibh féin, agus do'n tréud uile, air an d'rinn an Spiorad naomb luchd-coimhead dhibh, a bheathachadh eaglais Dhé, a cheannaich e le 'fhuil féin.

C. 34. Ciod a thatar a' ciallachadh leis na h-iuchraichean mar bha iad air an toirt do Pheadar?

a Mata 16. 19. Agus bheir mi dhuit iuchraiche rioghachd nèimh: agus ge b'e ni a cheanglas tusa air talamh, bithidh e ceangailte air nèamh; agus ge b'e ni a dh'fhuasglas tusa air talamh, bithidh e fuasgailte air nèamh.

F. Is ann le iuchair a dh-fhosglar dorus glaiste, mar sin buinidh ì do dhorus. Is è thatar a' ciallachadh leis na h-iuchraichean a thoirt do Pheadar, gu'm b' esan an làmh, an searmonaiche, no an t-inneal leis an robh dorus an t-soisgeil

air 'fhosgladh air tùs do'n t-saoghal—do na h-Iudhaich agus do na Cinnich. Is ann amhàin airson na criche sin a thugadh “cumhachd nan iuchraichean” do Pheadar. B' esan a chaidh a chur a shearmonachadh, no 'dh'-fhosgladh dìomhaireachd an t-soisgeil do'n t-saoghal. Goirear rìoghachd nèimh do 'n eaglais Chriosdail agus de 'n t-soisgeul.(a) Dh'-fhosgail Peadar dorus na h-eaglais—rìoghachd nèimh do na h-Iudhaich, air là na Cuingeis:(b) agus is esan a bha air a chur a dh-fhosgladh an doruis chéudna do na Cinnich.(c) Cha n-'eilear a' ciallachadh, leis ‘na h-iuchraichean’, no leis na briathraibh so, gu'n robh comas aig Peadar aon air-bith a b' àill leis, a chur do ifrinn, no an nì a b' àill leis a dheanamh.(d) (Faic. Ceist 171.)

a Mata 13. 24. Chuir e cosamhlachd eile mach dhoibh, ag ràdh, Is cosmhuil rìoghachd nèimh ri duine a chuir sìol maith 'n a fhearann. R. 33. Cosamhlachd eile labhair e riu, Is cosmhuil rìoghachd nèimh ri taois ghoirt, a ghabh bean agus a dh'fholaich i ann an tri tomhasaibh mine, gus an do ghoirticheadh an t-iomlan.

b Gnìomh. 2. 1. Agus an uair a thàinig là na cuingis, bha iad gu léir a dh'aon inntinn ann an aon àit. R. 14. Ach air seasamh do Pheadar maille ris an aon fhear deug, thog e a ghuth, agus thubhairt e riu, Fheara Iudea, agus sibhse uile a luchd-àiteachaidh Ierusalem, biodh fios so agaibh, agus éisdibh ri m' briathraibh-sa. R. 41. An sin bhaisteadh iadsan (na h-Iudhaich) a ghabh r'a fhocal gu toileach : agus an là sin féin chuireadh riu timchioll tri mìle anam.

c Gnìomh. 10. 48. Agus dh'òrduich e iad (na Cinnich) a bhi air am baisteadh ann an ainm an Tighearna. (Léugh an Caibdeil so uile.)

d Taisb. 1. 18. Feuch, tha mi beò gu saoghal nan saoghal, Amen ; agus tha iuchraiche ifrinn agus a' bhàis agam.

C. 35. Dearbh gu'n robh na h-Abstoil uile co-ionann ann an ùghdarras, agus nach robh comas ceangail, no comas fuasglaidh àraid air-bith, air a bhuileachadh air Peadar. ———F. Thug Criosd comas ceangail agus fuasglaidh do na h-Abstoil uile,(a) agus dh'-àithn e dhoibh gu soilleir nach faodadh aon air-bith dhiubh, a bhi 'n a mhaighstear os ceànn chàich.(b)

a Mata 18. 18. Gu deimhin a ta mi ag ràdh ribh, Ge b'e air bith nithe a cheanglas sibhse air talamh, bithidh iad ceangailte air nèamh ; agus ge b'e air bith nithe a dh'fhuasglas sibhse air talamh, bithidh iad fuasgailte air nèamh.

b Mat. 23. 10. Cha mbò a ghoirear àrd-mhaighstirean dhìbh : oir is aon àrd-mhaighstir a ta agaibh, *Criosd*.

C. 36. Dearbh nach d'-agair Peadar féin còir air àrd uachdaranachd, agus nach robh àrd uachdaranachd aige. ———F. Cha n-'eil e 'gairm ach amhàin seanair dheth-féin. (a) *Chuir-*

eadh è leis na h-Abstoil eile, a shearmonachadh ann an Samaria. (b) Tha sin a' dearbhadh gu'n robh è fo riaghladh nan Abstol eile, agus ni-h-ànn 'n a uachdaran thairis orra.

a 1 Pead. 5. 1. Na seanairean a ta 'n'ur measg tha mi ag earail, air bhi dbomh féin a' m' sheanair mar an ceudna, agus a'm' fhianuis air fulangasaibh Chrìosd.

b Gnìomh. 8. 14. Agus an uair a chuala na h-abstoil a bha ann an Ierusalem, gu'n do ghabh Samaria focal Dhé, chuir iad d'an ionnsuidh Peadar agus Eoin.

C. 37. Thoir tuilleadh dearbhaidh nach robh àrd uachdaranachd aig Peadar thairis air na h-Abstoil eile.——F. (1.) Bha Peadar 's an làthair aig a' chomhairle ann an Ierusalem, ach is è Séumas a thug a' bhreth.(a) (2.) Tha Pòl ag ràdh nach robh e-féin a bheag air deireadh air na h-abstolaibh a b' àirde.(b) (3.) Goirear do Pheadar aon de phuist na h-eaglais, air an aobhar sin, cha b' urrainn è a bhi 'n a bhunait d'ì.(c) (4.) Sheas Pòl an aghaidh Pheadair às an eudan.(d) (5.) 'Nuair a tha Pòl ag ainmeachadh luchd-dreuchd na ministearachd cha n-'eil è ag ràdh aon smid mu na Pàpaibh.(e) Mar-so chithear gu soilleir, nach robh àrd uachdaranachd air-bith aig Peadar os ceann nan Abstol eile.

(a) Gnìomh 15. 13. Agus an dèigh dhoibh bhi 'n an tosd, fhreagair Séumas, ag radh, Fheara agus a bhràithre, éisdibh rium-sa: R. 14. Chuir Simeon (Simon Peadar) an céill cionnus a dh'fhiosraich Dia na Cinnich air tùs, le pobull a ghabhail as am measg d'a ainm féin. R. 19. Uime sin is i mo bhreth-sa, nach cuir sinn mi-shuaimhneas orra-san do na Cinnich, a ta air pilltinn chum Dhé.

(b) 2 Cor. 11. 5. Oir is i mo bharail-sa nach robh mi a bheag goirid air na h-abstolaibh a b' àirde.

(c) Gal. 2. 9. Agus an uair a thug Séumas, agus Cephas, agus Eoin, a tha air am meas 'n am puist, an gràs a thugadh dhomh, thug iad dhomh-sa agus do Bharnabas deas làmh a' chomuinn; ionnus gu'n rachamaid chum nan Cinn-each, agus iad féin chum an timchioll-ghearraidh.

(d) Gal. 2. 11. Ach an uair a thàinig Peadar gu Antioch, sheas mi 'n a aghaidh as an eudan, a chionn gu'n robh e r'a choireachadh.

(e) Ephes. 4. 11. Agus thug e dream àraidh gu bhi 'n an abstolaibh; dream eile, gu bhi 'n am fàidhibh; agus dream eile, gu bhi 'n an soisgeulaichibh; agus dream eile, gu bhi 'n an aodhairibh, agus 'n an luchd-teagaisg.

C. 38. An è am Pàp oighre, no comh-arba Pheadair? ——F. Cha n-è. Cha n-'eil am Pàp a' coimhead teagaisg Pheadair, agus cha n-'eilear cinnteach an robh Peadar riamh anns an Ròimh.

C. 39. An è am Pàp fear-ionaid Chrìosd? ——F. Cha n-è; cha n-'eil ni sam-bith aige, a's urrainn è a thoirt mar dhearbhadh air a' chùis sin, ach a thagradh, no 'fhocal féin, agus cha dhearbhadh sin idir.

**AN ROIMH AG AGAIRT COIR A BHI 'N A MATHAIR AGUS
'N A BAN-MHAIGHSTEAR DO GACH EAGLAIS.**

C. 40. Ciod a tha Eaglais na Ròimh a' teagasg air a' cheann so?——F. Tha gur i-féin “màthair agus ban-mhaighstear nan eaglaisean *wile*.”—Créud Phìuis IV.—EAR. 10.

C. 41. Am b' ise ceud eaglais Chriosd?——F. Cha b' ì idir. B' ì eaglais Ierusalem a' cheud eaglais (a) fo fhrith-ealadh an t-soisgeil. Air là na Cuingeis, shearmonaich Peadar do na h-Iudhaich, agus shuidhich e a' cheud eaglais ann an Ierusalem. (b) (*Ceist 17.*)

(a) Lùcas 24. 47. Agus aithreachas agus maitheanas peacaidh bhi air an searmonachadh 'n a ainm-san, do na h-uile chinnich, a' tòiseachadh aig Ierusalem.

(b) Gnìomh. 2. 1. Agus an uair a thàinig là na cuingis, bha iad gu léir a dh' aon ìutinn ann an aon àit. R. 41. An sin bhaisteadh iadsan a ghabh r' a fhocal gu toileach: agus an là sin féin chuireadh riu timchioll trì mìle anam R. 47. Agus chuir an Tighearn gach là ris an eaglais an dream a thèaruihear.

C. 42. Am bheil è féumail gu'm bitheadh co-chomunn aig eaglaisibh eile ri eaglais na Ròimh?——F. Cha n-'eil. Bha eaglaisean aig Crìosd (mar bha eaglais Ierusalem,) mu'n robh eaglais na Ròimh ànn idir; agus anns gach linn de'n chreidimh Chriosdail, o'n là 'dh-'éirich a' Phàpanachd, bha earrannan gle mhòr de 'n Chriosdachd aig nach robh co-cheangal air-bith ri eaglais na Ròimh. Bha eaglaisean Crìosdail ann an Breatainn, agus ann an Eirionn, fada mu'n robh ùghdarras air-bith aig a' Phàp anns na rìoghachdan sin. (Faic *Nòd* air *Ceist 45.*)

C. 43. Am bheil thu ag ràdh gu'n robh eaglaisean ànn, mu'n tàinig an t-Ath-leasachadh anns an t-seathamh Linn déug, nach d'-aidich ùghdarras eaglais na Ròimh? Ma tha, ainmich iad.——F. Thà mì. Eaglaisean na h-Aird-an-ear, a bha ann an co-chomunn ri eaglais Ierusalem, an eaglais Ghréugach, agus an eaglais ann an crìochaibh mòra Russia, —thog iad sin, gu h-ìomlan, fianuis an aghaidh iadarnas 'us ar-amach na Ròimh.

C. 44. Ach nach 'eil na h-eaglaisean sin, ann an tomhas mòr, air an truailleadh le saobh-chreidimh agus iodhol-aoradh?——F. Thà iad. Ach gidheadh, is fianuisan iad air taobh mhòran de na teagasgaibh Pròtastanach againn-ne. Tha iad ag àicheadh nam féin-theagasg a ta aig na Pàpanaich mu àrd

uachdaranachd, agus neo-mhearachdas—tha iad a' diùltadh Créud Phàp' Pìus IV., agus a' ceadachadh do'n Chléir pòsadh. Tha iad, mar-an-céudna, a dh-aon bheachd ruinn-ne, air iomadh puing eile.

C. 45. Am bheil è mar sin fìor nach robh eaglais air-bith eile ànn, roimh àm an Ath-leasachaidh, ach eaglais na Ròimh? ———F. Cha n-'eil idir, idir. Cha n-è mhàin gu'n robh eaglaisean na h-Aird-an-ear agus eaglaisean na Grèige, agus Russia dealaichte agus saor o eaglais na Ròimh, ach bha mòran eaglaisean ànn, maille ri eaglaisibh Bhreatainn agus Eirinn, 'n an eaglaisean Crìosdail, fada mu'n robh iad air an toirt fo chùing na Pàpanachd.*

* Gheibhear cùntas air searmonachadh nan Abstol ann an Leabhar Gnìomh-ran nan Abstol. Air dhoibh, air tùs, eaglais a shuidheachadh ann an Ierusalem, (Gnìomb. 2.) a-réir àitb' an Tighearn Iosa, (Lùc. 24. 47.) chaidh iad do gach àit, a' searmonachadh Chrìosd. Tha è air ìnneadh anns an Leabhar chéadna, mar shuidhich an t-Abstol Pòl eaglaisean ann an Ephesus, ann am Philippi, ann an Tesalòuca agus ann an àitibh eile, agus mar stad è mu-dheir-eadh anns an Ròimh. Tha am fear-eachdraidh Eusebius ag ìnneadh, gu'n "robh, mar tha béul-eachdraidh ag ràdh, Partia air a chur air leth mar àit-searmonachaidh do Thómas; Scitia do Aindreas; agus Asia do Èoin agus an deigh dhà a bhi 'searmonachadh rè ùine, an sin, gu'n do bhàsaich è ann an Ephesus. Chithear gu'n robh Peadar a' searmonachadh ann am Pontus, Galatia, Bitinia, Cappadocia, agus Asia, do na h-Indhaich a bha air an sgapadh mun-cnairt.—(1 Pead. 1. 1.)

Thugadh an creidimh Crìosdail, air tùs, do Bhreatainn, gle mhoch. Tha am fear-eachdraidh *Theodoret* ag ràdh, "Thug na h-Abstoil air na Breatannaich gabhail ri lagh an Tighearna air a chéusadh." A bhàrr air sin, tha è ag ràdh, "an deigh do Phòl a dhol do'n Spàinn, gu'n tug è slaint a dh'-ionnsuidh nan eilean a ta air an suidheachadh anns a' chuan." Gun teagamh is ann air eileanaibh Bhreatainn a tha è 'labhairt. Dh'-fhaodamaid iomadh teisteanas eile a thoirt o na prìomh sgrìobhadairibh, mar dhearbhadh air so. Bha an creidimh Crìosdail air a theagasg ann am Breatainn anns an dara, anns an treas, anns a' cheathramh agus anns a' chòigeamh linn. Tha na fir-eachdraidh, *Bede* agus *Gildas* a' labhairt le moladh air Martaraich na h-Eaglaise Breatannaich. Bha trìuir easbuigean o Bhreatainn, aig Comhairle Arleis, anns a' bhliadhna 314. Tha an ainmean air an cur ri Achdaibh na Comhairle sin. Tha so soilleir o Aireamh nan Comhairlean air a sgrìobhadh le Labbe, an t-Iesùteach. Bha Easbuigean Breatannach, mar-an-céudna, aig Comhairle Shardica, anns a' bhliadhna 347. Is ann 's a' bhliadhna 596, àm air an robh cumhachd a' Phàpa 'g a nochdadh féin, a chunnacas am manach Austin—cha n-è Easbuig Hippo—ann an Sasunn, agus a dh'-iarr è gu'n géilleadh Eaglaisean Bhreatainn do riaghailtibh na Ròimh. Gidheadh, sheas na Breatannaich gu làidir, tréun, an aghaidh na h-ionnsuidh so a thugadh air an còir a thoirt uatha; ach b'éigin doibh fasnadh a ghabhail anns a' Chuimrich (*Wales*), far an do

C. 46. Nach 'eil eaglais na Ròimh ag ràdh gur i-féin cisteghleidhidh an Sgriobtuir, agus gur h-ànn 'n a comain-sa tha sinne airson a' Bhìobuill?—F. Tha ì ag ràdh sin, agus o là a cùl-sleamhnachaidh, bha ì, mar chiste ghlaiste, a' cumail an Sgriobtuir o'n t-sluagh. Is bréugach a ràdh gur h-ann 'n a comain-sa, a tha sinne airson a' Bhìobuill. Bha an leabhar naomh sin air 'earbsadh ris na h-eaglaiseibh Crìosdail uile, air aon dòigh,—Eaglaisean na h-Aird-an-ear—na h-Eaglaisean Gréugach, Abisinianach, agus Coptigach.—Cha n-è sin amhàin, ach bha am Bìobull air a dhìon le cùram éudmhor, ameasg luchd-aideachaidh a bha 'co-stridh an aghaidh a chéile. Fo làimh Dhia, thug eaglaisean Shasuinn, Eirinn, agus Albainn dhuinn am Bìobull, agus bha iad sin, air tùs, làn-dhealaichte bho eaglais na Ròimh. Ach geda b' fhìor a tagradh, 'nuair a tha ì ag ràdh gur ann o' làimh-sa a fhuair sinn am Bìobull; ciod è dhe sin? Is iomadh làmh dhubh 's an robh solus air a ghleidheadh. Giùlainidh am post' an litir, ach cha n-'eil ùghdarras aige thairis air na nithibh a ta ìnte; cha dàna dhà, aon fhocal de na tha ìnte 'atharrachadh, no 'thoirt aisùe.

NEO-MHEARACHDAS.

C. 47. Ciod a tha eaglais na Ròimh a' teagasg air a'

ghléidh iad an saorsa, ùin fhada an-deigh sin. Tha so air a dhearbhadh o eachdraidh *Bhede*, fear de ùghdairibh na Ròimh! (Lib. ii. c. 2.) Geda bha an creidimh Crìosdail ann an Eirionn, roimh làithean an Naoimh Pàdrùig, faodar a ràdh gu'm b' esan Abstol nan Eirionnach; do bhrìgh gur ann trid-san, a bha còlas air a' chreidimh Chrìosdaidh air a shuidheachadh ann an Eirionn. Fhuair è bàs anns a' bhliadhna 465.

Cha robh uachdaranachd a' Phàp' air a stéidheachadh ann an Eirionn, gus a' bhliadhna 1172. Aig an àm sin thug Pàp Adrian ùghdarras do Eanruig II., ionnsuidh naimhdeil a thoirt air Eirionn; agus thugadh a saorsa bho Eaglais na h-Eirinn ann an Seanadh Chasheil, coinneamh a dh'-òrduich gu'm "bith-eadh gach uile dhreuchd Spioradail, á so suas, air a riaghladh, anns gach uile chuid de Eaglais na h-Eirinn, a-réir samplair na h-Eaglaise Naoimh, a-réir mar tha è deante ann an Eaglais Shasuinn." Mar so chithear, gu'n robh sean eaglaisean Bhreatainn agus Eirinn, anns na ceud hantibh, dealaichte bho 'n Phàpanachd. Cha robh Eaglais na Ròimh riamh 'n a bean-riaghlaidh air na h-eaglaiseibh uile. Cha d'-aidich an Eaglais Ghréugach a tagradh riamh. Air na làithean 'bu dnirche, is ann amhàin 's an Aird-an-iar, a bha an Ròimh a' riaghladh; agus anns gach dùthaich 's an robh sluagh aice fo 'smachd, bha martaraich a' deanamh fianuis 'n a h-aghaidh air taobh na firinn. Is mearachd anabarrach mòr, a' Phàpanachd a choimeasg ri Eaglais Chrìosd.

cheànn so?——F. Tha gu'm bheil i-féin neo-mhearachdach, agus tha i 'gabhail nan ceànn-teagaisg so a dhearbhadh sin:—Mata 18. 15–17; Mata 28. 20, agus 1 Tim. 3. 15.

C. 48. An ann amhàin mu eaglais na Ròimh a tha na cìnn-theagaisg sin a' labhairt?——F. Cha n-ànn idir. Buinidh iad do na h-eaglaisibh uile, agus cha n-ànn do aon eaglais air-bith. Mu'n urrainn eaglais na Ròimh còir a ghabhail air na cìnn-theagaisg sin, no air cìnn-theagaisg air-bith eile anns am bheil am focal “eaglais,” mar a cuid féin amhàin, féumaidh i a dhearbhadh gur i-féin amhàin, an eaglais a ta air a h-ainmeachadh anns na cìnn-theagaisg sin, agus nach 'eil cuid no còir aig eaglais air-bith eile ànnta.

C. 49. Am bheil focal idir anns na cìnn-theagaisg sin air neo-mhearachdas?——F. Cha n-'eil. Cha n-'eil iad a' dearbhadh gu'm buin neo-mhearachdas do eaglais air-bith.

C. 50. Cionnus, matà, a thuigeas tu na briathran ann an Soisgeul Mhata 18. 15–17, a ta an Ròimh a' gabhail a chum an fhéin-bharail so a chumail suas?

Mata 18. 15. Uime sin ma pheacaicheas do bhràthair a' d' aghaidh, imich agus innis a lochd dha eadar thu féin agus esan a mhàin: ma dh'éisdeas e riut, choisinn thu do bhràthair. R. 16. Ach mur éisd e riut, thoir leat aon no dithis eile, chum gu'm bi gach ni air a dheanamh seasmhach am béul dithis no trìuir do fhianuisibh. R. 17. Agus ma dhiùltas e iadsan éisdeachd, innis do'n eaglais e: ach ma dhiùltas e 'n eaglais éisdeachd, biodh e dhuit mar Gheintileach agus mar chis-mhaor.

F. (1.) Cha n-'eil àithn Chriosd, an so, a' tighinn air teagasg (*doctrine*) idir. Tha è 'labhairt amhàin mu pheacachadh,—“Ma pheacaicheas do bhràthair a' d' aghaidh.” (2.) Ma tha ise, an eaglais, neo-mhearachdach, do bhrìgh gur è dleasan a' bhràthar chiontaich éisdeachd rithe, is éudar gu'm bheil am bràthair a fhuair oilbheum agus an t-aon, no an dithis fhianuisean neo-mhearachdach, mar-an-céudna, do bhrìgh gur è dleasan a' bhràthar chiontaich éisdeachd riutha-san. (3.) Tha seadh a' chinn-theagaisg soilleir: Tha Chriosd an so, a' labhairt mu aimbreit a dh'-éirich eadar dithis dhaoine de cho-thional. Tha aig a' bhràthair a fhuair oilbheum ris a' mheadhon òrduichte a ghnàthachadh, a chum an ciontach a dheanamh réidh ris, agus mur téid aige air sin a dheanamh, cha n-'eilear gu amharc ni's faide air a' chiontach mar Chriosduidh, ach mar Gheintileach agus mar chis-mhàor.

C. 51. Ciod a tha thu ag ràdh ris a' ghealladh ann am Mata 28. 20?

Mata 28. 20. A' teagasg dhoibh gach uile nithe a dh'àithn mise dhuibh a choimhead: agus, feuch, a ta mise maille ribh a ghnàth, gu deireadh an t-saoghail. Amen.

F. (1.) So gealladh air sìor-mhaireannachd, agus cha n-ànn air neo-mhearachdas. (2.) Bu cho maith a ràdh gu'm bheil gach aon fa leth de na creidmheach, neo-mhearachdach, oir tha Dia, a-réir a gheallaidh, maille riutha. (a) Tha è maille riutha, a' toirt comhfhurtachd dhoibh, 'g an treòrachadh, agus 'g an dìon. Cha n-'eil am Pàpanach a' creidsinn gu'm bheil an creidmheach 'n a aonar neo-mhearachdach. (3.) Tha àithn air a toirt leis a' ghealladh so—"a' teagasg dhoibh na h-uile nithe a dh'-àithn mise dhuibh a choimhead." (4.) So gealladh do na fìor chreidmheach uile air an robh na h-Abstoil 'n am mic-shamhuil. Ma bhuineas na briathran sin do eaglais Chrìosdail air-bith, buinidh iad do na h-eaglaisibh uile, ann an tomhas co-ionann, gun leth-bhreth air aon seach aon.

a Eòin 14. 23. Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Ma ghràdhaicheas neach mise, coimhididh e m' fhocal: agus gràdhaichidh m' Athair esan, agus thig sinn d'a ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh maille ris.

C. 52. Ciod a tha thu ag ràdh air na briathraibh so ann 1 Tim. 3. 15?

1 Tim. 3. 15. Ach ma ni mi moille, chum gu'm bi fhios agad cionnus is eòir dhuit thu féin a ghiùlan ann an tigh Dhé, ni a's e eaglais an Dé bhed, post agus stéidh-dhaingnich na firinn.

F. Tha an ràdh sin "post agus stéidh-dhaingnich na firinn," a' tighinn air a' chleachdadh fo'n robhas a' foillseachadh riaghailtean laghail air puist, mar nithear 'n ar measg féin, 'g an cur ris na dorsaibh. Tha eaglaisean a' foillseachadh 's a' gleidheadh an t-soisgeil, agus mar sin, is iadsan "puist agus stéidh-dhaingnich na firinn." (2.) Bhuineadh Timoteus, chum am bheil an litir so air a sgrìobhadh, do eaglais Ephesus. Air an aobhar sin, is ann air eaglais Ephesus a tha an t-Abstol a' labhairt an so. Ach thuit eaglais Ephesus. (a) Tha na briathran, uime sin, ag àicheadh no dìteadh, an ait a bhi 'dearbhadh neo-mhearachdas na h-eaglais Ròmanaich.

a Taisb. 2. 1. Chum aingil eaglais Ephesus, sgrìobh; R. 5. Cuimhnich uime sin cia uaith a thuit thu, agus gabh sìthreachas, agus dean na ceud oibre.

C. 53. Am bheil aobhar maith agad airson a bhi 'diùltadh na baraile de'n goirear *neo-mhearachdas na h-eaglais?*——F. Tha sin agam, araon o nàdur na cùise, agus o'n Sgriobtuir.

C. 54. Cionnus o nàdur na cùise?——F. 'Nuair a rànnsaichear tagradh na Pàpanachd, chithear an-deigh a h-uile car, gur gle bheag de na Pàpanaich féin a's urrainn a ràdh le ùghdarras ceart, càit am bheil neo-mhearachdas air a shuidheachadh, agus arìst, air a' char a's feàrr, nach measar neo-mhearachdas ach do bheagan dhaoine mearachdach!

C. 55. Ciamar a tha iad ann an imcheist mu 'n chùis so? ——F. Tha iad air an roinn 'n am barail. (1.) Cuid ag ràdh gu'm bheil am Pàp neo-mhearachdach *air a' chathair*, (is è sin ri ràdh, 'nuair a tha è a' toirt òrduighean, mar cheànn na h-eaglais.) (2.) Cuid ag ràdh gu'm bheil an eaglais sgaoilte neo-mhearachdach, (is è sin, na h-uile dhaoine a bhuineas d'ì anns gach àit.) (3.) Cuid, Comhairlean ás éugais a' Phàpa. (4.) Agus cuid, comhairlean, no coinneamhan an uair a tha am Pàp air an ceànn.

C. 56. Co aig a tha a' cheud bharail dhiubh sin, neo-mhearachdas a' Phap' *air a' chathair*, agus ciod iad na h-argumaiden leis am bheil iad a' dìon am barail?——F. Thà St Liguori, Bonabhenture, agus feachd de dhiadhairean Eadailteach. Tha iad so ag ràdh mur 'eil am Pàp—neach a tha na Pàpanaich ag aideachadh mar charraig, no bunait na h-eaglais,—neo-mhearachdach, gu'm faod an eaglais, no an aitreabh a tha air a togail air, tuiteam.

C. 57. Gabhamaid am briathran féin; agus faiceamaid am bheil an argumaid aca ceart?——F. Gun teagamh tha ì. Ma tha an aitreabh cinnteach, seasmhach, féumaidh am bunait a bhi cinnteach, neo-ghluasadach. Cha n-urraim na Pàpanaich a ràdh le ceartas gu'm bheil an eaglais neo-ghluasadach, gun a ràdh gu'm bheil a bunait—am Pàp neo-ghluasadach. Ach is è Criosd ar carraig agus ar bunait-ne, eadhon Criosd amhàin.

C. 58. Cionnus anis a chithear nach 'eil am Pàp neo-mhearachdach?——F. Bha Pàpa 'n an baath-chreidmhidh (*heretics*;) B' Arianach Pàp Liberius, bu Mhonotelitach Pàp Honorius; theagaisg Pàp Adrian IV. gu'm bheil na Pàpa mearachdach; agus is ì sin barail nan Gallicanach agus na cuid a's mò de na diadhairean Ròmanach.—(Faic *Manual App.* No. 2.)

C. 59. Am bheil fìor fhéum air-bith anns an dara barail, a tha 'cumail amach gu'm bheil an eaglais sgaoilte neo-mhearachdach, eadhon geda b' fhìor sin, ni nach eadh?——F. Cha n-'eil; oir bu nì do-dheante barail gach duine, gach mnà 'us leinibh ann an eaglais na Ròimh, a chruinneachadh, no 'fhaotuinn amach.

C. 60. Nis, ciod mu'n treas barail? Dearbh o'n gnìomh-raibh féin nach 'eil comhairlean neo-mhearachdach?——F. Tha iad ag àicheadh a chéile 's a' labhairt an aghaidh a chéile. (1.) Tha 'chomhairle Arianach a shuidh ann an Arminium, ag àicheadh ceud chomhairle Nice. (2.) Tha comhairlean Chonstantinople, Fhrancfort, agus Elleberis a' dìteadh aoraidh ìomhaighean, agus ag àicheadh dara comhairle Nice! (3.) Tha comhairlean Chonstance, Bhasil agus Phìsa, ag ràdh gur lugha am Pàp na comhairle, agus mar sin, ag àicheadh comhairle Laterain. (Faic *Manual* t. 21.)

C. 61. Am bheil féum anns a' cheathramh barail, a ta ag ràdh gu'm bheil comhairle leis a' Phàp 'n a shuidhe air a ceànn, neo-mhearachdach?——F. Cha n-'eil; oir faodaidh cùisean a bhì ànn, air am bi è eu-comasach do'n Phàp agus do'n chomhairle còrdadh:—(1.) 'Nuair a bhitheas baath-chreidimh air a chur às leth a' Phàpa; (2.) 'Nuair a bhitheas cònsachadh mu thaghadh a' Phàpa; (3.) 'Nuair a bhitheas, mar a bha, dà Phàp, no trìuir Phàp ànn aig aon àm.

C. 62. Geda b' i barail nan uile dhaoine, no ged theireadh na h-uile gu'm bheil comhairle, leis a' Phàp air a ceànn, neo-mhearachdach, cionnus a chithear amaideachd na baraile sin?——F. Is amaideach a smuaineachadh gu'm b' urrainn àireamh air-bith de chréutairean mearachdach, gnìomh neo-mhearachdach a dheanamh, no toradh neo-mhearachdach a thoirt amach.

C. 63. Am bheil gealladh air teagasg neo-mhearachdach an Spioraid air a thoirt do Ard Chomhairlibh?——F. Cha n-'eil. Cha n-'eil comhairlean air an ainmeachadh idir anns an Sgriobtnuir! Cha robh comhairlean air an cumail gu ceànn thrì cheud bliadhna an-deigh là Chrìosd, agus a bhàrr air sin, cha robh Ard Chomhairle, is è sin ri ràdh comhairle air a h-òrduchadh leis an eaglais gu léir, riamh ànn.—(Faic *Comhairle*, Iuchair.)

C. 64. Tha thu ag ràdh nach robh Ard Chomhairle riamh

ànn. Nach b' Ard Chomhairlean na ceud cheithir chomhairlean a shuidh ann an *Nice, Ephesus, Constantinople*, agus *Calcedon*?——F. Cha b' eadh. Bha 'chòir a b' fheàrr aca sin air a bhi fo ainm Ard Chomhairle, no air na bha aig feadhain eile, ach gidheadh, cha robh 's an làthair aig na coinneamhan sin, ach trì no ceithir easbuigean o eaglaisibh na h-Aird-an-iar, agus is cinnteach nach b' urrainnear a ràdh, gu'n seasadh trìuir no ceathrar airson *uile* eaglaisean na h-Aird-an-iar.

C. 65. Faodar 'fhaicinn, mar sin, nach robh còir idir aig an dà chomhairle dhéug mu-dheireadh, air a bhi air am meas 'n an Ard Chomhairlean.——F. Cha robh idir. Cha robh aon easbuig o eaglaisibh lìonmhor na h-Aird-an-ear, a làthair aig aon diubh, ach aig Comhairle F'hlorence amhàin. Cha robh anns an dà Chomhairle dhéug mu-dheireadh sin, ach leth-chomhairlean Pàpanach, (*Papal cabals*), a chruinnicheadh leis na Pàpaibh amhàin.

C. 66. A' faicinn, matà, gu'm b' àill le eaglais na Ròimh a thoirt òirnn géilleadh do theagasg chomhairlean, ciod ì a' cheist anis?——F. Seo a' cheist anis. Co dhiubh a tha sinn gu géilleadh do theagasg, no do òrduighean dà cheud de 'n Chléir cruinn ann an Comhairle, mar nithe neo-mhearachdach. Air an dòigh so, faodaidh buidheann air-bith a ràdh gu'm bheil iad-féin neo-mhearachdach. Tha na Mòrmonaich ag ràdh sin.

C. 67. Nach 'eil thu ag ràdh gur urrainn thu 'dhearbhadh o'n Sgrìobtuir gu'm bheil na h-eaglaisean uile buailteach do mhearachdan?——F. Thà; ach ceadaich dhomh a chuimhneachadh dhuit, anns a' chéud àit, gur mòr an dearbhadh an aghaidh barail an neo-mhearachdais, nach 'eil guth idir air a leithid anns an Sgrìobtuir. Na'n d'òrduich Dia neo-mhearachdas mar fhear-treòrachaidh do'n eaglais, is cinnteach gu'n innseadh è dhuinn m'a thimchioll, anns an Leabhar naomh anns am bheil a thoil air a foillseachadh dhuinn.

C. 68. Dearbh le'n gnìomhraibh gu'm bheil eaglaisean mearachdach.——F. Thuit eaglais nan Iudhach ann am mearachd, ann an diùltadh Chrìosd—Mata 26. 65–66. Thuit seachd eaglaisean na h-Asia ann am mearachd—Taisb. 2 agus 3. Agus tha è soilleir o labhairt dhìleis an Abstoil 'n a Lìtir a chum eaglais na Ròimh, gu'm faodadh ise tuiteam ann am mearachd mar-an-céudna.(a)

a Ròm. 11. 17. Agus ma tha cuid do na géugaibh air am briseadh dheth, agus gu'm bheil thusa, a bha a'd' chrann-oladh fiadhaich, air do shuidheachadh 'n am measg, agus maille riu a' faotainn comh-pàirt do fhrèimh agus do reambrachd a' chroinn-oladh; R. 18. Na dean uail an aghaidh nan géug; ach ma ni thu uail 'n an aghaidh, cha tusa a dh'iomchaires an fhreumh, ach an fhreumh thusa. R. 19. Their thu uime sin, Bhriseadh dheth na géuga, chum gu'n suidhichteadh mise 'n an àit. R. 20. Ro mhaith; air son am mi-chreidimh bhriseadh iadsan dheth, agus a ta thusa a' seasamh tre chreidimh. Na bi àrd-inntinneach, ach fo eagal. R. 21. Oir mur do chaomhain Dia na géuga nàturra, biodh eagal ort nach caomhain e thusa mar an ceudna. R. 22. Feuch uime sin maithreas agus géur-cheartas Dé: géur-cheartas d'an taobh-san, a thuit; ach do d' thaobh-sa, maithreas, ma bhuaanaicheas tu 'n a mhaithreas; agus mur buanaich, gearrar dheth thusa mar an ceudna.

Tha an rabhadh so leis an Abstol, a' làn-dearbhadh gu'm faodadh an Ròimh dol 'am mearachd—gu'm bheil i mearachdach.

BACADH-SLAINTE.

Eaglais na Roimh ag radh nach 'eil tearnadh aig anam amach aisde-fein.

C. 69. Ciod è teagasg na Ròimh mu bhacadh-slainte, no slaint troimpe-féin amhàin?—F. Tha i ag ràdh nach urrainn duine sam-bith a bhì air a theàrnadh nach 'eil “gu treibh-dhireach a' creidsinn” anns an nì ris an abair i “am fìor chreidimh Caitligeach,” mar tha è air a nochdadh ann an Créud Phìuis IV.—EAR. 12.

C. 70. Ciod è am mearachd air am bheil a' bhaoth bharail so air a suidheachadh?—F. Air a' bheachd sin a tha ag ràdh gur i eaglais na Ròimh, 'n a h-aonar, eaglais Chrìosd.

C. 71. Ciamar a dhearbhas tu gur teagasg fìor mhearachdach an teagasg sin?—F. Le fìrinn a' Bhìobuill o'm bheil è soilleir gu'n robh mòran eaglaisean ànn, a bhàrr air eaglais na Ròimh—eaglaisean Chorint, Ephesus, Philippi, agus mòran eile, chum an robh Litrichean nan Abstol air an sgrìobhadh; agus le sealltuinn ann an eachdraidhean a ta 'g ìnnseadh nach b' i eaglais na Ròimh amhàin, an aon eaglais, ann an linn air-bith de'n Chrìosdachd.

C. 72. Ciamar tha am peacach air a theàrnadh? An ann le bhì ceangailte ri eaglais air-bith?—F. Cha n-ànn. Faodaidh eaglais ìnnseadh dhuinn mu'n t-slighe gu Nèamh, ach cha n-urraim i ar teàrnadh. Is ann tre chreidimh ann an Chrìosd, (a) a tha slaint ri 'faotuinn. Faodaidh neach a

bhi air a bhaisteadh, agus a bhi fathast ann an domblas na seirbhe, mar bha Sìmon Mâgus.(b) Faodaidh an Spiorad Naomh a bhi aig neach, gun è bhi air a bhaisteadh.(c)

a Eòin 3. 36. An ti a chreideas anns a' Mhac, tha a' bheatha mhaireannach aige; ach an ti nach 'eil a' creidsinn anns a' Mhac, cba'n fhaic e beatha; ach a ta fearg Dhé a' gabhail còmhnnidh air.

Gnòmh. 16. 31. Agus thubhairt iadsan, Creid anns an Tighearn Iosa Crìosd, agus tèarnar thu féin, agus do thigh.

Ròm. 5. 1. Uime sin air dhuinne bhi air ar fireanachadh tre chreidimh, tha sìth againn ri Dia, tre an Tighearn Iosa Crìosd.

b Gnòmh. 8. 23. Oir a ta mi 'ga d' fhaicinn ann an domblas na seirbhe, agus fo chuibhreach na h-eucorach.

c Gnòmh. 10. 47. Am feud neach sam bith uisge a thoirmeasg, chum nach rachadh iad so a bhaisteadh, a fhuair an Spiorad naomh, co maith ruinne.

RIAGHAILT A'CHREIDIMH—Beul-eachdraidh (*Tradition.*)

C. 73. Ciod ì an riaghailt creidimh a ta an Ròimh a' gabhail? ———F. An Sgriobtuir agus Béul-eachdraidh.—(Créud Phùis IV. EAR. 1, 2.)

C. 74. Ach nach 'eil ì 'n a cleachdadh ag aideachadh riaghailt eile? ———F. Thà ì. Ach fo eagal a pobull earbsadh ris an Sgriobtuir, tha ì a' cur teagasg na h-eaglais ri bèul-eachdraidh, agus mar sin, is ì an eaglais féin, do rìreadh, a riaghailt-stiùraidh.

C. 75. Ciod è seadh an fhocail "*Tradition,*" (béul-eachdraidh, no béul-aithris?) ———F. Tha am focal so "*tradition,*" air a thoirt o'n Laidiun agus a' ciallachadh ni a ta air a thoirt seachad; eachdraidh no teagasg air 'ìnnseadh, no air 'aithris o bhéul gu béul, ann an linn an-deigh linn'. Tha am Bìobull air a thoirt seachad le Dia, do'n duine, eadhon o ghinealach gu ginealach, agus anns an t-seadh sin, faodar "*tradition,*" no béul-eachdraidh a ràdh ris a' Bhìobull féin.

C. 76. Ciod a tha an Ròimh, matà, a' ciallachadh le béul-eachdraidh (*tradition*)? ———F. Tha ì ag ràdh gu'n do labhair na h-Abstoil tuilleadh air na sgrìobh iad. Tha ì ag ràdh gu'n robh na labhair na h-Abstoil co-ionann ann an ùghdarras, ris na sgrìobh iad; agus maille ri sin, tha ì ag ràdh gur è béul-eachdraidh an nì a bha air a theagasg leis na h-Abstoil, a thuilleadh air, no os-ceànn na tha sgrìobhte.

C. 77. Am bheil thusa ag ràdh, matà, gu'n robh 's gu'm

bheil na bha air a thoirt seachad le béul nan Abstol, co-ionann ann an ùghdarras ris na sgrìobh iad?——F. Thà mì; agus na'n robh na h-Abstoil beò an diugh, ghabhainn ri'n teagasg beòil, a cheart cho toileach 's a ghabhas mì am Bìobull.

C. 78. Carson, matà, nach gabh thu béul-eachdraidhean na Ròimh?——F. Tha dìreach, do bhrìgh nach urrainn ì a dhearbhadh gu'n robh na béul-eachdraidhean a tha ise 'teagasg, air an toirt seachad riamh leis na h-Abstoil. Is è am Bìobull amhàin an aon eachdraidh fhìor air teagasg nan Abstol.

C. 79. Cionnus a chithear nach urrainn Eaglais na Ròimh a béul-eachdraidh a dhearbhadh?——F. A-réir ariaghailt-sa, bha béul-eachdraidhean air an toirt air tùs, le focal beòil, agus ùin an-deigh sin air an sgrìobhadh sìos ann an oibribh nan Aithrichean. Nis, co is urrainn earbsadh a chur ann an iomradh mar sin, no ann an ùr-sgeul amhàin!

C. 80. Co a tha thu a' ciallachadh leis na h-Aithrichean? ——F. Mar a's trice, sgrìobhadairean Criosdail nan ceud linn—iadsan a bha anns a' cheud, 's an dara, agus anns an treas linn, no mar tha cuid ag ràdh, iadsan a bha ànn o'n cheud gus an t-seathamh linn.

C. 81. Am bheil sgrìobhaidhean nan Aithrichean a bhuineadh do'n dara, agus do'n treas linn, a làthair fathast?——F. Cha n'eil, ach gle bheag dhiubh. Tha iomadh leabhar mealltach ànn, ach ro bheag de fhìor obair nan Aithrichean.

C. 82. Co iad na daoine de'n goirear na h-Aithrichean Abstolach?——F. Tha Clemens, Ignatius, Barnabas, Hèrmas, agus Policarp.

C. 83. Am bheil dearbhadh gur iad na h-Aithrichean féin a sgrìobh gach focal anns na leabhraichean a ta fo'n ainm—am bheil na leabhraichean sin glan?——F. Tha mòr theagamh mu'n timchioll. Tha daoine ionnsuichte, gu tric, a' diùltadh na cuid a's mò dhiubh, mar oibre mealltach.

C. 84. Am bheil na leabhraichean a ta fo ainm nan ùghdairean sin, a' labhairt air cùisibh mu 'm bheil cònsachadh eadar Pròtastanaich 'us Pàpanaich?——F. Cha n'eil. Is ann air nithibh eile, béus 'us cleachdaidhean dhaoine a tha iad a' teagasg, gun chònsachadh air puing sam-bith.

C. 85. Co iad na sgrìobhadairean, no na h-Aithrichean a thainig an-deigh nan daoine sin?——F. Is iad na sgrìobhaidhean a tha saor o theagamh, na h-oibre aig Iustin Martir, Irenéus, Clemens-Alecsandrinus, Ciprian, Tertullian, Origen,

agus cuid eile nach 'eil cho ainmeil riutha sin. Tha caochladh oibre mealltach ann, a ta air an diultadh leis na h-uile.

C. 86. Ciod an t-àm air an do sgrìobh na h-Aithrichean sin?—F. Sgrìobh Iustin mu'n bhliadhna 150. Sgrìobh Irenéus beagan bhliadhnachan 'n a dheigh. Clemens-Alexandrinus mu'n bhliadhna 190. Tertullian mu'n àm chéudna. Dh'-fhuilig Ciprian am bàs' mar mhartarach anns a' bhliadhna 261. Bha Origen beò anns an linn chéudna.

C. 87. Am bheil na sgrìobhadairean sin a' labhairt air pùngaibh mu'm beilear a' cònsachadh?—F. Gle bheag. Agus anns na tha iad ag ràdh, cha n-ann air taobh nam Pàp-anach a gheibhear am fianuis.

C. 88. Ciod an linn anns an robh Augustine, Ierome, Crisostom agus Ambrose, beò?—F. Anns a' cheathramh linn, àm anns an robh saobh-chreidimh air meudachadh gu mòr anns an eaglais.

C. 89. Ciod anis a tha thu ag ionnsuchadh o'n fhìrinn so, gu'n robh na sgrìobhadairean do'n ainm na h-Aithrichean beò, aimsir cho fad o làithean nan Abstol?—F. Tha nach urrainnear amharc orra mar luchd-gleidhidh sàbhailt air teagasg nan Abstol. Cha n-'eil iad-féin ag ràdh gu'm faodar an gabhail mar luchd-gleidhidh sàbhailt air an teagasg sin.

C. 90. An urrainn thu cùis air-bith ainmeachadh anns an robh labhairt Chrìosd air a mì-thuigsinn le 'dheisciobuil féin?—F. Is urrainn mì. Ann an Eòin 21, tha è sgrìobhte gu'n robh iomradh amearg nan deisciobul, nach faigheadh Eòin bàs, ged nach robh stéidh air-bith aig a' bheachd sin ann am briathraibh Chrìosd féin.

Eòin 21. 20. An sin air do Pheadar tionndadh, chunnaic e an deisciobul a b' ionmhuinn le Iosa, a' leantuinn; an ti mar an ceudna a luidh air uchd Iosa air a shuipeir, agus a thubhairt ris, A Thighearn, cò e a bhrathas thu? R. 21. Air do Pheadar esan fhacinn, thubhairt e ri Iosa, A Thighearn, ciod a ni am fear so? R. 22. Thubhairt Iosa ris, Ma 's àill leam-sa e dh' fhanuinn gus an tig mi, ciod e sin duitse? Lean thusa mise. R. 23. Uime sin chaidh an ràdh so mach am measg nam bràithre, nach faigheadh an deisciobul sin bàs: gidheadh cha dubhairt Iosa ris, nach faigheadh e bàs: ach, Ma 's i mo thoil-sa e dh' fhanuinn gus an tig mi, ciod e sin duitse?

C. 91. Geda b' airidh béul-eachdraidh air creideas, am b' urrainnear a ràdh gu'm b' eachdraidh fhìrinneach a tha ann am béul-eachdraidhean nan Aithrichean?—F. Gu dearbh cha b' urrainn; oir tha na h-Aithrichean a' labhairt an

aghaidh a chéile ; ag eadar-dhealachadh 'n am beachd 'us 'nan aithris. Cha n-'eil maith ann am fianuisean mearachdach. A bhàrr air sin, tha fianuis nan Aithrichean, ann an iomadh cùis chud-thromaich, a' dol an aghaidh na Ròimh.—(*Faic Manual t. 6.*)

C. 92. Nach 'eil an àithn ann an 2 Tes. 2. 15. a' toirt barantais do bhéul-eachdraidh na Ròimh?

2 Tes. 2. 15. Uime sin, a bhràithre, seasaidh gu daingean, agus cumaibh na teagasgan a thugadh dhuibh, co dhiubh is ann le focal, no le ar litir-ne.

F. Cha n-'eil idir. Cha n-'eil an àithn sin ach a' dearbhadh, gu'm bheil na theagaisg na h-Abstoil le focal beòil, cho brìghmhor ris na theagaisg iad anns an fhocal sgrìobhte. Tha a' chùis fathast mar bha ì roimhe,—is è sin, nach urrainn na Pàpanaich a dhearbhadh gu'm bheil am béul-eachdraidh aca-san o bhéul aoin de na h-Abstoil.

C. 93. Am bheil Crìosd anns an Sgrìobtuir, a' dìteadh a' ghnàthachaidh de'n goirear béul-eachdraidh an so?——F. Thà. Tha è 'labhairt air mar mhàthair do mhearachdan mòra.

Mata 15. 3. Ach fhreagair esan agus thubhairt e riu, C' ar son a ta sibhse a' briseadh àithne Dhé le bhur gnàthachadh féin?

Tha “Gnàthachadh” an so, agus ann an àitibh eile de'n Sgrìobtuir, mar ainm air “béul-eachdraidh,” no “béul-aithris.”

C. 94. Càit am bheil Pòl a' toirt rabhaidh dhuinn an aghaidh béul-eachdraidh?——F. Anns na briathraibh so,

Col. 2. 8. Thugaibh an aire nach dean neach air bith fòirneart oirbh tre fheallsanachd agus mealltaireachd dhìomhain, a réir *beul-aithris* dhaoine, a réir ceud-thoiseacha an t-saoghail, agus cha'n ann a réir Chrìosd.

C. 95. Ciod è nis suim d' argumaidean an aghaidh béul-eachdraidh?——F. (1.) Nach airidh iomradh, no ùr-sgeul 'n a aonar, air creideas, eadhon, ann an gnothuchaibh aimsir-eil na beatha so féin; is lugha na sin matà, is airidh air creideas, iomradh gun dearbhadh, gun chòmhdach, anns na nithibh a bhuineas do 'n auam. (2.) Is gle bheag a sgrìobh na Prìomh-aithrichean—iadsan a bhuineadh do'n cheud, do'n dara, agus do'n treas linn. (3.) Is mi-réusanach a smuain-eachadh gu'm b' urrainnear béul-eachdraidh a shìneadh anuas gun mhearachd, o bhéul gu béul, fad linntean, no iomadh ceud bliadhna. (4.) Tha na h-Aithrichean a' toirt dearbhaidh, le bhì 'labhairt an aghaidh a chéile, nach 'eil béul-eachdraidh o

Dhia, air a h-earbsadh riutha-san. Tha Crìosd agus an t-Abstol Pòl a' toirt rabhaidh dhuinn an aghaidh béul-eachdraidh. (5.) Is è béul-eachdraidh a b' àrd aobhar do chlaonadh na h-eaglais Iudhaich.

AM BIOBULL AMHAIN RIAGHAILT A' CHREIDIMH.

C. 96. Air dhuinn anis béul-eachdraidh agus an teagasg de'n goirear *neo-mhearachdas* eaglais na Ròimh àicheadh, ciod ì riaghailt a' chreidimh?—F. Freagraidh mì a' cheist so ann am briathraibh *Chillinguort*, “Is è am Bìobull agus am Bìobull amhàin, creidimh nam Pròtastanach.”

C. 97. Ach nach robh lagh sgrìobhte ànn ròimh làithean Mhaois?—F. Cha robh, agus an lorg sin, thruaill gach feòil a sligh, air an talamh.—Gen. 6. 12. A bhàrr air sin, bha aois gach aoin de na Prìomh-aithrichean cho fad air an talamh, agus riaghailtean a' chreidimh cho tearc anns na làithibh sin, 'us nach robh féum cho mòr air focal sgrìobhte, 's a tha air anis.*

C. 98. Nach 'eil Pàpanaich ag ràdh nach urrainnear atharrachadh na Sàbaid o'n t-seachdamh gus a' cheud là de'n t-seachdain, agus baisteadh naoidhean a dhearbhadh leis an Sgrìobtuir, agus air an aobhar sin, nach riaghailt iomlan am Bìobull?—F. Tha iad; ach is mearachdach a ràdh nach

* Bha mu dhà mhìle bliadhna cóig cead leth-cheud 's a trì (2553,) eadar an là air an robh Adamh air a chruthachadh agus bàs Mhaois, an neach a fhuair an lagh o làimh Dhia. Anns a' chuairt aimsir so, bha ceithir ginealacha fichead, ach o'n ùin mhòir a bha na h-aithrichean beò, bha làithean beatha gach aoin diubh air an sìneadh thairis air iomadh ginealach. Mar sin bha beatha Adhaimh a bha beò naodh cead agus deich bliadhna fichead, air a sìneadh thairis air ochd ginealachaibh do'n robh comas aige teagasg a thoirt, agus mar sin bha comas aig Noah agus aig a mhic, a bha beò mu dhà mhìle bliadhna, ceud gu leth 's a h-ochd, an-deigh là cruthachaidh Adhaimh, a bhì air an teagasg leo-san a bha air an teagasg le Adhamb féin; agus mar sin, bha comas aig Isaac a bha beò ann an làithibh Noah agus Sheim mac Noah, a bhì air a theagasg le Noah agus le Sem, cho maith as le Abraham, agus na naodh ginealachaibh a bha eadar Noah agus Isaac: o sin faodar a ràdh, ma bha àm riabh ànn, air am faodadh eòlas na diadhachd a bhì air a ghleidheadh glan, le béul-eachdraidh, agus air am faodadh an saoghal a bhì air a ghleidheadh o chlaonadh, le liubhairt lagh Dhia o bhéul gu béul, b' è sin làithean nam Prìomh-aithrichean. Ach ciod a thachair? Tha sinn a' léughadh gu'n do “thruaill gach uile fheòil a slighe air an talamh,” Gen. 6. 11-13, ionnus gu'n robh an saoghal air a sgrios leis an dìle, an lorg truaillidheachd an t-sluaigh.

urrainnear na nithe sin a dhearbhadh leis an Sgriobtuir. (1.) Tha è soilleir gu'n robh sàbaid nan Iudhach air a cur air chùl.(a) (2.) Tha è dearbhta gu'n robh an cheud là de 'n t-seachduin air a choimhead, mar shàbaid, leis na h-Abstoil.(b) (3.) Arìst, tha è soilleir gu'm bheil baisteadh naoidhean, laghail; oir bha teaghlaichean iomlan air am baisteadh, agus cha n-'eil còir againn a ràdh gu'n robh an t-òrdugh so air a dhiùltadh do chloinn nan teaghlaichean sin.(c) (4.) Thatar a' labhairt ri cloinn mar mhuintir bhaiste 'measg nan Ephésianach.(d) (5.) Bha an Timchioll-ghearradh air a fhrithealadh do naoidheanaibh agus o'na bha è air òrduchadh leis an lagh, gu'm biodh naoidheanan air an gabhail astigh do'n eaglais Iudhaich tre òrdugh an Timchioll-ghearraidh, mar sin, féumaidh sinn a chreidsinn gu'm b'e rùn Chrìosd, gu'm biodh naoidheanan air an gabhail astigh do'n eaglais Chrìosdail, tre òrdugh a' Bhaistidh a tha nis air a chur an àit an Timchioll-ghearraidh.(e) (6.) Cha n-'eil ùghdarras againn naoidheanan a chumail amach, mur urrainnear a dhearbhadh gu'n d'-àithn Chrìosd le lagh suidhichte, soilleir, an t-òrdugh so a chumail uatha. (7.) Cha n-'eil è onorach do na Pàpanaich a ràdh nach urrainnear baisteadh naoidhean a dhearbhadh o'n Sgriobtuir, agus iad-féin a' gabhail an Sgriobtuir, anns a' Chòrr-sgrìobhadh (*Appendix*,) a ta air a chur ris a' Bhìobull aca-féin, (*Douay Bible*,) mar dhearbhadh air baisteadh naoidhean.(f)

a Col. 2. 16. Uime sin na tugadh aon neach breth oirbh air son bìdh, no dibhe, no thaobh là féille, no gealaich nuaidhe, no shàbaide.

b Eòin 20. 19. Agus air teachd do'n fheasgar an là sin féin, air a' cheud là do'n t-seachduin, agus na dorsa dùinte far an robh na deisciobuil crunn air eagal nan Iudhach, thàinig Iosa agus sheas e 's a' mheadhon, agus thubhairt e riu, Sìth dhuibh. R. 26. Agus an ceann ochd làithean 'n a dhéigh sin, bha a deisciobuil a ris a stigh, agus Tómas maille riu: thàinig Iosa, agus na dorsa dùinte, agus sheas e 's a' mheadhon, agus thubhairt e, Sìth dhuibh.

Gnòmh. 20. 7. Agus an *ceud* là do'n t-seachduin, air do na deisciobluibh cruinneachadh an ceann a chéile a bhriseadh arain, shearmonaich Pòl doibh.

1 Cor. 16. 2. Air *ceud* là gach seachduin, cuireadh gach aon agaibh ni leis féin anns an ionmhas, a réir mar a shoirbhich leis.

Eabh. 10. 25. Gun bhi leigeadh dhìnn sinn féin a chruinneachadh an ceann a chéile, mar is gnàth le dream àraidh.

Taisb. 1. 10. Bha mi 's an Spiorad air là an Tighearn.

c Gnòmh. 15. 15. Agus an uair a bhaisteadh i, agus a teaghlach, ghuidh i oirnn, ag ràdh, Ma mbeas sibh mise bhi dìleas do'n Tighearn, thigibh a steach do m' thigh, agus deanaibh còmhnuidh ann. Agus cho-éignich i sinn.

Gnòmh. 16. 33. Agus air dhà an toirt leis air an uair sin féin do'n oidhele,

nigh e an créuchdan ; agus bhaisteadh e féin, agus a mhuinntir uile, gun dàil.

1 Cor. 1. 16. Agus bhaist mi mar an ceudna *teaghlach* Stephàuais : a thuilleadh air so, cha'n fhios domh an do bhaist mi aon neach eile.

d Ephes. 6. 1. A chlann, bithibh ùmhal do bhrù pàrantaibh féin 's an Tighearn : oir a ta so ceart.

e Gen. 17. 12. Agus am mac 'n'ur measg a bhios ochd làithean a dh' aois, timchioll-ghearrar e.

f " Airson baisteadh naoidhean, Faic Lùcas 18. 16. maille ri Eòin 3. 5." Agus an *Clàr-amais* ann am Bìobull Dhouidh, (Douay Bible.)

C. 99. Ciamar a dhearbhas tu gu'm b'è an lagh sgrìobhte 'bu riaghailt do'n eaglais ann an làithibh Mhaois?——F. Le caochladh earrannaibh a ta, mar-an-céudna, a' nochdadh cionnus is còir do lagh Dhia a bhi air a theagasg, agus air a choimhead ann ar là féin.

Dent. 6. 6. Agus bithidh na briathra so, a tha mi ag àithneadh dhuit an diugh, ann ad chridhe ; R. 7. Agus teagasgidh tu iad do d' chloinn, agus labhraidh tu orra 'nuair a shuidheas tu a'd' thigh, agus an uair a dh'imicheas tu air an t-slighe, agus an uair a luidheas tu sìos, agus an uair a dh'éireas tu suas. R. 8. Agus ceanglaidh tu iad mar chomharadh air do làimh, agus bithidh iad mar eudanain eadar do sbùilibh. R. 9. Agus sgrìobhaidh tu iad air ursainnibh do thighe agus air do gheataibh.

Deut. 31. 12. Cruinnich an sluagh r'a chéile, fir, agus mnà, agus clann, agus do choigreach a tha 'n taobh a stigh do d' gheataibh, a chum gu'n cluinn iad, agus gu'm fòghlum iad, agus gu'm bi eagal an Tighearna bhrù Dé orra, agus gu'n toir iad fainear nìle bhriathran an lagha so a dheanamh ; R. 13. Agus gu'n cluinn an clann do nach b'aithne bheag, agus gu'm fòghlum iad eagal an Tighearna bhrù Dé a bhi orra, am fad 's is beò dhuibh 's an fhearann d'am bheil sibh 'dol thar Iordan g'a shealbhachadh.

Ios. 1. 8. Cha téid leabhar an lagha so às do bhéul ; ach beachd-smuainichidh tu air a là agus a dh'oidhche, chum gu'n toir thu 'n aire gu'n dean thu a réir gach nì a ta sgrìobhta ann : oir an sin bheir thu air do shlighe soirbheachadh leat, agus an sin nì thu gu glic.

2 Eachd. 17. 9. Agus theagasg iad ann an Iudah, agus leabhar lagha an Tighearn aca, agus chaidh iad mu'n cuairt air feadh uile bhailtean Iudah, agus theagasg iad an sluagh.

2 Eachd. 34. 30. Agus chaidh an rìgh suas do thigh an Tighearn, agus fir Iudah uile, agus luchd-àiteachaidh Ierusalem, agus na sagairt agus na Lebhithich, agus an sluagh uile eadar bheag agus mhòr ; agus léugh e 'n an éisdeachd nìle bhriathran leabhair a' choimh-cheangail, a fhuaradh ann an tigh an Tighearn.

Isà. 8. 20. Iarradh iad chum an lagha agus chum na fianuis : mur labhair iad a réir an fhocail so, 's ann a chionn nach 'eil solus anna.

Isà. 34. 16. Fiosraichibh do leabhar an Tighearn, agus léughaidh.

C. 100. Dearbh gu'n do ghabh Criosd an Sgrìobtuir mar riaghailt a' chreidimh.——F. Thilg è Sàtan air ais le

ràdh, “Tha è sgrìobhta.”(a) Thubhairt è gur ànn an lorg an aineolais air an Sgrìobtuir a bha mearachd nan Sadusach.(b) Labhair è do ghnàth mu Mhaois agus na fàidhean, mar fhianuisean a ta ’foillseachadh firinn Dhé, ach cha dubhairt è guth riamh mu na leabhraichean de’n goirear na h-Apocripha;(c) leabhraichean a tha Eaglais na Ròimh a’ meas co-ionann ris a’ Bhìobull.—(Faic *Apocripha*,—IUCHAIR.)

a Mata 4. 4. Ach fhreagair esan agus thubhairt e, *A ta e sgrìobhta*, Cha’n ann le h-aran a mhàin a bheathaichear duine, ach leis gach uile fhocal a thig o bhéul Dé.— (Deut. 8. 3.)

b Mata 22. 29. Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, A ta sibh air seacharan, *gun eòlas* agaibh air na sgrìobtuiribh, no air cumbachd Dhé.

c Lùc. 16. 31. Agus thubhairt e ris, Mur éisd iad ri Maois agus ris na fàidhibh, cha mhò a chreideas iad, ged éireadh neach o na marbhaibh.

C. 101. Carson a tha thu ’diùltadh nan leabhraichean sin de’n goirear na h-*Apocripha*?——F. (1.) Do bhrìgh nach robh iad air an gabhail leis na h-Iudhaich, mar leabhraichean naomha; agus tha an sluagh sin ’n an làn ùghdarras air a’ chùis; oir, “is ann riutha-san a dh’-earbadh briathran Dhé.” Ròm. 3. 2. (2.) Do bhrìgh nach ’eil Crìosd agus a chuid Abstol ag ràdh focail idir mu na h-Apocripha. (3.) Do bhrìgh gu’n robh iad air an diùltadh leis na prìomh eaglaisean Crìosdail. (4.) Do bhrìgh gu’m bheil dearbhadh anns na leabhraichean sin féin nach ’eil iad air an deachdadh leis an Spiorad Naomh. Tha coslas molaidh air féin-mhortadh anns an aon diubh do’n ainm dara Maccabées 14. 41–42, agus tha an sgrìobhadair an sin, a’ gabhail a leisgeil féin airson mhearachd-an, 2 Maccab. 15. 39.

C. 102. An urrainn thu ’dhearbhadh gu’n do labhair na h-Abstoil o ’n Sgrìobtuir agus gu’n do theagaisg iad gur leòr è?——F. Is urrainn mì. B’ è an Sgrìobtuir an stéidh air an robh uile theagasg, agus uile shearmonachadh nan Abstol, air a shuidheachadh.

Gnìomh. 17. 2. Agus mar bu ghnàth le Pòl, chaidh e steach d’an ionnsuidh, agus air trì làithibh sàbaid réusonaich e riu às na *sgrìobtuiribh*.

Gnìomh. 18. 24. Agus thàinig gu h-Ephesus Iudhach àraidh d’am b’ ainm Apollos, a rugadh an Alecsandria, duine deas-bhriathrach, agus cumhachdach anns na sgrìobtuiribh. R. 28. Oir le mòr-dhìchioll rinn e deasboireachd ris na h-Iudhaich gu follaiseach, a’ dearbhadh leis na *sgrìobtuiribh*, gur e Iosa an Crìosd.

Gnìomh. 26. 22. Uime sin air dhomh còmhnuadh fhaotainn o Dhia, bhuanach

mi gus an là'n diugh, a' deanamh fianuis do'n bheag agus do'n mhòr, gun ni air bith a' labhairt ach na nithe sin a thubhairt na fàidhean agus Maois a bha gu teachd.

2 Tim. 3. 15. Agus o bha thu a'd' leanabh gu'm b' aithne dhuit na sgrìobtuire naomha, a tha comasach air do dheanamh glic chum slàinte tre'n chreidimh a ta ann au Iosa Crìosd. R. 16. Tha an sgrìobtuir uile air a dheachdadh le Spiorad Dé, agus tha e tarbhach chum teagaisg, chum spreige, chum leasachaidh, chum oilein ann am fireantachd: R. 17. Chum gu'm bi òglach Dhé coimhlionta, làn deas chum gach uile dheadh oibre.

Taisb. 1. 3. Is beannaichte an tì a léughas, agus iadsan a dh'éisdeas ri briathraibh na fàidheadaireachd so, agus a choimhideas na nithe a tha sgrìobhta innte.

C. 103. Nach 'eil na Pàpanaich a' gabhail nam briathran a ta ann an dara Litir Pheadair 3. 16., gu dhearbhadh gu'm bheil an Sgrìobtuir do-thuigsinn, no ro chruaidh ri 'thuigsinn?

2 Pead. 3. 16. Amhuil mar 'n a litricibh uile, a' labhairt àunta mu na nithibh so: anns am bheil cuid do nithibh do-thuigsinn, a tha an dream a tha neo-fhòghlumta agus neo-sheasmhach a' fiaradh, amhuil mar na sgrìobtuirean eile, chum an sgrios féin.

F. Tha iad; ach tha an rànn sin a' dìteadh an teagaisg aca-féin. (1.) Tha è soilleir gu'n robh na Sgrìobtuirean ann an làmhan an t-sluaigh, oir mur bitheadh, cha b'urrainn iad "am fiaradh." (2.) Cha n-'eil an t-Abstol ag àithneadh dhoibh sgur de bhi 'léughadh a' Bhìobuill, ni a dheanadh è, na'n robh è de bharrail nam Pàpanach. (3.) Tha è soilleir nach robh mìneachadh neo-mhearachdach an Sgrìobtuir ànn, na'm biodh, dh'-earalaicheadh è do'n t-sluagh an aire thoirt dà. (4.) Cha b' iad "an dream neo-fhòghlumta, agus neo-sheasmhach," sluagh neo-fhòghlumta anns an t-saoghail so, oir 's an t-seadh so, bu daoine neo-fhòghlumta agus aineolach na h-Abstoil féin.(a) (5.) Is ann a bha an t-Abstol, an àit a bhi 'bacadh do 'n t-sluagh a bhi 'léughadh nan Sgrìobtuir, 'g an earalachadh gu "fàs ann an gràs," &c.; agus a chum am fàs sin a chur air aghaidh, tha è ag ràdh riu, "Mar naoidheanan air an ùr-bhreith, iarraibh bainne fìor-ghlan an fhocail, chum gu'm fàs sibh leis."—1 Pead. 2. 2.

a Gnìomh. 4. 13. A nis an nair a chunnaic iad dànachd Pheadair agus Eoin, agus a thuig iad gu'm bu daoine gun fhòghlum agus cumanta iad, ghabh iad iongantais; agus dh'aithnich siad iad gu'n robh iadsan maille ri Iosa.

C. 104. Ach ciod bu riaghailt mu'n robh an Tiomnadh Nuadh air a sgrìobhadh?—F. An Seànn Tiomnadh, agus an-deigh teachd Chrìosd, teagasg Chrìosd féin agus nan Abstol.

C. 105. Ciamar anis a chithear gur ì a' cheart riaghailt a ta againn-féin, a bha aig na Crìosduidhean ann an làithibh nan Abstol?—F. Bha aca-san an Seànn Tiomnadh agus béul-theagasg nan Abstol. Tha againn-ne an Seànn Tiomnadh agus dearbh theagasg nan Abstol, air an cur ann an sgrìobhadh.

C. 106. Ciamar a chithear gur éiginn gur è am Bìobull amhàin an aon riaghailt?—F. A chionn gur è am Bìobull amhàin an t-aon leabhar a ta air a dheachdadh le Spiorad Dhia. Tha gach leabhar eile bho dhaoine. Air an aobhar sin, is è am Bìobull an aon riaghailt a ta o Dhia.

C. 107. Am bheil Eaglais na Ròimh an aghaidh a bhi 'saor-sgaoileadh an Sgrìobtuir ameasg an t-sluaigh?—F. Thà ì; tha ì gu soilleir ag àithneadh, anns a' cheathramh riaghailt a ta ann an Clàr (*Index*) Comhairle Thrent, nach faod aon neach gabhail air-féin na Sgrìobtuirean a léughadh, gun òrdugh sgrìobhte bho'n t-sagart.

C. 108. Ciod am peanas a nithear air an neach a bhriseas an riaghailt so?—F. Tha è air àithneadh do'n t-sagart maitheanas a chumail o'n chiontach sin, nì a ta 'tighinn gu bhì cho cruaidh ri ascaoin-eaglais, no 'bhì air a chur amach á comunn nan Crìosduidhean.

C. 109. Ach nach ann amhàin an aghaidh a bhi 'léughadh Bìobull nam Pròtastanach a tha an riaghailt so?—F. Cha n-ànn; tha ì ag ainmeachadh eadar-theangachaidh Chaitligich, no am Bìobull mar tha è eadar-theangaichte le eaglais na Ròimh.

C. 110. Ciamar, matà, 'tha na Bìobuill aca-féin (*Douay Bibles*,) air uairibh, air an cur ann am bùthaibh nam Pàpanach, gu bhì air an reic?—F. Do bhrìgh, mar tha *Dens*, Pàpanach ainmeil, ag ràdh, nach 'eil an riaghailt air a coimhead cho teànn, ann an dùthchaibh Pròtastanach, ach cha n-'eil teagamh nach ann air sgàth seallaidh amhàin a tha na Bìobuill air an nochdadh anns na bùthaibh aca.

C. 111. Am bheil riaghailtean eile aca, a tha 'toirmeasg a bhi 'sgaoileadh nan Sgrìobtuirean ameasg an t-sluaigh?—F. Thà; achdan nam Pàp, agus Comhairle Thoulouse.

C. 112. Dearbh gur ì còir phrìseil nan uile dhaoine na Sgrìobtuirean a léughadh?—F. Tha na Sgrìobtuirean air an cur a dh-ionnsuidh nan uile.—Isàiah 1. 2; Ròm. 1. 7;

1 Cor. 1. 2. Tha briathran-toisich, no roi'-ràdh na mòr chuid de Litrichibh nan Abstol, a' dearbhadh so. Tha è air àithneadh dhuinn na Sgriobtuirean a léughadh.(a)—Deut. 6. 6-9; Iosua 1. 8; Isàiah 34. 6; Eòin 5. 39; 1 Tes. 5. 27; 1 Pead. 2. 2; Taisb. 1. 1.

a Eòin 5. 39. Rànnaichibh na sgrìobtuirean.

1 Tes. 5. 27. Tha mi a' sparradh oirbh á h-uchd an Tighearna, gu'n léughar an litir so do na bràithribh naomha uile.

Taisb. 1. 3. Is beannaichte an tì a léughas.

C. 113. Am bheil è ceart a cheadachadh do shagartaibh Eaglais na Ròimh, an còir air a' Bhìobull, a thoirt bho 'n t-sluagh?——F. Cha n-'eil; bu cho maith a cheadachadh dhoibh solus na gréine, agus àile nan spéur, agus tiodhlacan lionmhor eile Dhia, a thoirt o dhuine, ri seasamh eadar è 's am Bìobull. Is còir do gach neach Bìobull a bhi aige, agus a bhi comasach a léughadh.—(*Faic Laoidh II.*)

URNUIGHEAN ANN AN CAINTT CHOIMHICH, NO ANN AN TEANGAIDH NEO-AITHNICHTE.

C. 114. Ciod è cleachdadh na Ròimh anns a' chùis so? ——F. Tha a h-aoradh follaiseach air a dheanamh ann an teangaidh neo-aithnichte, agus tha Comhairle Thrent ag ràdh, “Matheir neach air-bith gur còir an aifrionn (*mass,*) an t-ainm a th' aca-san air a' chomànachadh, a fhrithealadh amhàin anns an teangaidh chumanta, bitheadh è mallaichte.”*

C. 115. Ciod a thàtar a' ciallachadh leis an teangaidh chumanta? ——F. A' chainnt mhàtharail ann an dùthaich, no a' chainnt a thuigear leis an t-sluagh uile.

C. 116. Agus marso tha an Ròimh a' mallachadh na muinntir a their gur còir ùrnuigh a chur suas anns a' chainnt a thuigear leis an t-sluagh. ——F. Thà ì; agus anns a' chùis so, mar ann an cùisibh eile de 'cuid mallachaidh, tha ì 'briseadh lagh' an t-soisgeil,—“Beannaichibh an dream a ta 'deanamh géur-leanmhuinn oirbh; beannaichibh, agus na mallaichibh.”—Ròm. 12. 14.

C. 117. Carson a tha thu 'cur an aghaidh ùrnuigh a dheanamh ann an teangaidh neo-aithnichte? ——F. Do

* The Canons of Trent, Can. 9, de sac Mis. p. 150, Paris, 1832.

bhrìgh gu'm bheil è mi-réusanta, an aghaidh an t-seànn chleachdaidh, agus neo-sgrìobtuireil.

C. 118. Ciamar a tha è mi-réusanta?—F. Tha réusan a' teagasg gur còir ùrnuigh fhollaiseach a chur suas anns a' chainnt a's aithne do'n t-sluagh.

C. 119. Ciamar a tha è 'dol an aghaidh an t-seànn chleachdaidh?—F. Anns na céud linntibh, bha aoradh follaiseach air a dheanamh ann an cainnt aithnichte.

C. 120. Ciamar a dhearbhas tu sin?—F. Tha Pàpanaich ionnsaichte iad-féin 'g a aideachadh—is iad cuid dhiubh sin Lira, Cassander, agus feadhain eile.

C. 121. Am bheil dearbhadh o'n Sgrìobtuir air a' chùis?—F. Thà; is soilleir a tha an t-Abstol Pòl a' labhairt air a' chùis.

1 Cor. 14. 19. Ach b'fhearr leam cùig focail a labhairt 's an eaglais le mo thuigse, chum gu'n teagasginn daoine eile mar an ceudna, na *deich mìle focal ann an teangaidh choimhich*.

C. 122. Ciod ì a' chainnt anns am bheil aoradh follaiseach eaglais na Ròimh air a dheanamh?—F. Anns an Laidinn—cainnt mharbh—nach 'eil anis air a labhairt ann an dùthaich air-bith, mar chainnt chumanta.

AN T-EADAR-DHEALACHADH EADAR PEACADH EUTROM AGUS PEACADH BASMHOR.

C. 123. Ciod è an t-eadar-dhealachadh a tha an Ròimh a' deanamh mu pheacadh?—F. Tha ì ag amharc air cuid mar pheacaidhean bàsmhor, no 'leithid 's a mharbhas an t-anam, agus air cuid eile mar pheacaidhean eutrom, no beag, nach 'eil toilltinneach air bàs.

C. 124. Am bheil aon pheacadh na's an-tromaichte na aon eile?—F. Thà; faodaidh cionta a bhi air 'an-tromachadh, ach tha gach uile pheacadh bàsmhor; oir tha è 'fàgail an anama buailteach do 'n bhàs.

C. 125. Ciod è peacadh?—F. "Is è peacadh briseadh an lagha."—1 Eòin 3. 4. Nis, is ì a' bhìnn an aghaidh gach brisidh—"Is mallaichte gach neach nach buanaich anns na *h-uile nithibh* a ta sgrìobhta ann an leabhar an lagha, chum an deanamh."—Gal. 3. 10. Air an aobhar sin, buinidh am mallachd do gach uile bhriseadh.(a) "Is è tuarasdal a' pheac-

aidh am bàs.”—Ròm. 6. 23. Bu bheag an cionta ann an sùilibh cuid, itheadh a' mheas thoirmisgte, agus gidheadh, thug è am bàs agus ar truaighean uile, 'stigh do'n t-saoghal.

a Séumas 2. 10. Oir ge b'e neach a choimhideas an lagh uile, agus a thuislicheas ann an aon àithne, tha e ciontach do'n iomlan.

RUNACHADH.

C. 126. Ciod è teagasg na Ròimh mu rùnachadh?——F. Thug Comhairle Thrent seachad an t-òrdugh so a leanas:—“Ma their neach air-bith nach 'eil rùn a dheanamh na tha an Eaglais a' deanamh, air iarraidh ann am ministearaibh, am feadh a tha iad ag ullachadh, agus a' tabhairt nan sàcramaid-eau, bitheadh è mallaichte.”*

C. 127. Am bheil so air a ràdh mu na sàcramaidean uile? ——F. Thà, mu gach aon de na seachd.—(Faic Créud Phùis—EAR. 3.)

C. 128. Ciod a nis a chithear o'n teagasg so?——F. Tha nach urrainn neach air-bith a bhi cinnteach gu'm bheil fìor shàcramaid aige idir, do bhrìgh nach urrainn è rùn an t-sagairt 'fhaicinn, no fios a bhi aige air. Faodar amaideas na cùise a rùsgadh marso,—Mur bi rùn aig an t-sagart ann am frithealadh a' bhaistidh do leanabh, gu'm bi am baisteadh éifeachdach, tha am baisteadh faoin; agus cha n-'eil an leanabh air a ghabhail idir astigh do'n eaglais Chrìosdail. Gabhar an leanabh sin, abair, a ta fo ainm a bhi air a bhaisteadh, ach gidheadh a ta às engais fìor bhaistidh, an-deigh sin, astigh do dhreuchd na sagartachd, ach an lorg na ceud easbhuidh a bha 'n a bhaisteadh féin, is faoin 'òrduchadh anns an dreuchd sin, agus is faoin, neo-fhéumail, gach sàcramaid a fhrithealar leis. Théid è tre 'n riaghailt a' coisrìgeadh na gearraige, an abhlain, no na breacaig' arain, ach cha choisrìgeadh idir è; agus cromaidh am pobull sìos agus ni iad aoradh ambhàin do ghearraig, no do bhreacaig. Fa dheòidh, faodaidh an sagart so a bhi air a dheanamh 'n a easbuig, no 'n a phàp, ach bithidh a ghnìomhran uile, mar a ghnìomhran-san, *faoin* gun stà—bithidh iad uile *faoin* a-rèir beachd na Ròimh féin, an lorg na ceud ghaoid', no easbhuidh rùnachaidh aig a bhaisteadh féin.

C. 129. Ainmich cuid de nithibh a ta gle luachmhor do Phàpanach treibh-dhireach, agus a dh'-fhéumas mòr iomcheist a chur air, fo'n teagasg rùnachaidh so?——F. Cha

* Canon 10, de sacramentis.

n-urraimn è bhi cinnteach, (1) gu'm bheil è air a bhaisteadh ann an Eaglais na Ròimh, agus amach áiste cha n-'eil teàrnadh, mar tha e-féin a' creidsinn. (2.) No, gu'm bheil è air a shaoradh o na peacaidhean a dh'-aidich è, agus mar sin, an-deigh gach uile ni, gu'm faod è 'dhol do ifrinn gu sìorruidh. (3.) No, gur fìor aifrinnean na h-aifrinnean a rinneadh, a chum 'anam a thoirt amach às a' Phurgadair. (4.) No, gur fìor ùngadh-crìche, an t-ùngadh deireannach a fhuair è. (5.) No, ma's fear-pòsd' è, cha n-urraimn è 'bhi cinnteach co dhiubh a tha è air a' phòsadh, no beò ann am peacadh. (6.) No, nach 'eil è ciontach 'an iodhol-aoradh, 'nuair a tha è a' deanamh aoraidh do'n ni ris an abair è " an t-Abhlan coisrigte," (*wafer.*)

C. 130. Ach ma ghabhas am Pàpanach sagart onorach, nach faod è, an sin, earbsa 'bhi aige gu'm bi a' chùis ceart? ———F. Cha n-fhaod; do bhrìgh nach urraimn rùn onorach anns an t-sagart a ta 'frithealadh, a' ghaoid a thainig àn-féin o easbhuidh rùnachaidh air tùs, a leigheas; ma bha easbhuidh rùnachaidh sam-bith ann an sagart air-bith de 'n àireamh shagart a chaidh òrduchadh, an-deigh a chéile, o thoiseach na sagartachd Pàpanaich.

C. 131. Ciamar a tha an teagasg so a' nochdadh neo-sheasmhachd eaglais na Ròimh? ———F. Tha, le ì a bhi ag agairt còir air neo-mhearachdas, agus an-deigh sin, cha n-urraimn ì a pobull a dheanamh cinnteach, eadhon air a bonnachairibh féin, gu'm bheil aon sàcramaid aca, no gu'm bheil eaglais Chrìosdail idir aca.—(Faic *Rùnachadh* 's an IUCHAIR.)

NA SEACHD SACRAMAIDEAN.

C. 132. Cìod ì sàcramaid? ———F. Comharradh o'n taobh muigh, air 'òrduchadh le Crìosd féin, mar mheadhon gràis.

C. 133. Am bheil na sàcramaidean gu cinnteach a' buileachadh gràis air na h-uile a ghabhas iad? ———F. Cha n-'eil; féumar an gabhail air mhodh iomchuidh, air-neo meudaichidh iad dìteadh a' pheacaich. Ghabh Sìmon Màgus am baisteadh, agus gidheadh, cha robh è air 'ath-nuadhachadh leis.(a) Tha an t-Abstol a' teagasg gu soilleir, nach leòr, mar ghnìomh leis-féin amhàin, Suipeir an Tighearna a ghabhail.(b)—(*Ceist 72.*)

a Gnìomh. 8. 23. Oir a ta mi 'g ad' fhaicinn ann an domblas na seirbhe, agus fo chuibhreach na h-éucorach.

b 1 Cor. 11. 29. Oir ge b'e dh'itheas agus a dh'òlas gu neo-iomchuidh, tha

e 'g itheadh agus ag òl breitheanais dha féin, do bhrìgh nach 'eil e a' deanamh aithne air corp an Tighearn.

C. 134. Ciod ì an t-sochair a tha gabhail na sàcramaid a' buileachadh a-réir teagaisg eaglais na Ròimh?——F. Is è teagasg neo-sgriobtuireil na Ròimh gu'm bheil gabhail na sàcramaid, leis-féin amhàin, a' buileachadh gràis air gach neach a ghabhas ì. Tha eaglais na Ròimh ag ràdh:—

“Cò-air-bith a their nach 'eil gràs air a' bhuileachadh le sàcramaidibh so an lagha nuaidh, an lorg a' ghnòmh' a ta air a' choimhlionadh, ach a' their gur è creidimh ann an gealladh Dhia amhàin a ta féumail a chum gràs 'fhaotuin, bitheadh è mallaichte.”—(*Comhairle Thrent, Sess. 7, Can. 8.*)

C. 135. Cia lìon sàcramaid a tha aig an Eaglais Phròtast-anaich, no agad-sa?——F. Dà shàcramaid. Am Baisteadh agus Suipeir an Tighearna, no an Comànachadh.

C. 136. Cia lìon sàcramaid a tha aig eaglais na Ròimh?——F. Seachd, na dhà a chaidh ainmeachadh roimhe so, eadhon Baisteadh agus Suipeir an Tighearna, no'n Comànachadh, agus maille riutha sin, cóig sàcramaidean mealltach eile, is ìad sin Daingneachadh, (no dol fo làimh an easbuig) Peanas, Ungadh-crìche, Orduighean, (no òrduchadh dhaoine gu dreuchd na sagartachd), agus Pòsadh.—(*Créud Phàis, EAR. 3.*)

C. 137. Carson a tha thu 'diùltadh nan cóig sàcramaidean ùra so?——F. Do bhrìgh nach 'eil ùghdarras sàcramaid aca, cha n-'eil a-réir nochdadh na Ròimh féin.

C. 138. Ciod ìad na nithe anns am bheil fìor shàcramaid a' co-sheasamh?——F. Ann ì bhì air a' h-òrduchadh le Dia agus maille ri sin, sàmhladh faicsinnseach air a' ghràs a tha e-féin a' gealltuinn ìnte.

C. 139. Ciamar a tha am Baisteadh agus Suipeir an Tighearna a' freagairt do na nithibh a ta féumail do shàcramaid?——F. Tha ìad a' freagairt do na nithibh sin, do bhrìgh gu'n robh ìad araon air an òrduchadh le Criosd agus gu'm bheil sàmhlaidhean ànnta. Is è uisge sàmhladh a' Bhaistidh, “aran agus fìon” sàmhladh Suipeir an Tighearna.

C. 140. Dearbh anis, matà, ciamar nach fìor shàcramaidean na cóig sàcramaidean ùra.——F. (1.) Cha robh *Daingneachadh* air a' shuidheachadh le Criosd. Is òrdugh cléir amhàin è anns an eaglais Shasunnaich. (2.) Cha robh *Peanas* air a' shuidheachadh le Criosd. Cha n-'eil ùghdarras air-bith air a' shon anns a' Bhìobull. (3.) Cha robh *Ungadh-crìche* air a'

shuidheachadh le Criosd, mar chì sìnn na's soilleir' an-deigh so. (4.) Bha *òrduighean* air an suidheachadh le Criosd, ach cha d'òrduich è sàmhladh o'n taobh muigh, cosmhuil ris a' chupan-chomànachaidh no cupan na sàcramaid, mar tha è air a thoirt do shagartaibh ann an eaglais na Ròimh. (5. Bha am *Pòsadh* air 'òrduchadh o shean ann an gàradh Edein. Air an aobhar sin, cha shàcramaid de'n lagh nuadh è.

C. 141. Cuin a bha na cóig sàcramaidean ùra so air an gabhail, no air an aideachadh mar shàcramaidean leis an Ròimh?——F. Air tùs, ann an Comhairle Fhlorence, anns a' bhliadhna 1439.

AM PURGADAIR.

C. 142. Ciod è Purgadair a-réir beachd na Ròimh?——F. Aite pìanaidh anns am bheil a' mhuinntear a bhàsaicheas ann am peacadh eutrom, no iadsan nach do phàidh peanas aimsireil a' pheacaidh, a' dìoladh an cionta, mu'n gabhar astigh do nèamh iad.—(*Créud Phàis* IV. EAR. 6.—Faic *Purgadair*—IUCHAIR.)

C. 143. Ciod iad an dà phosta mhealltach air am bheil am Purgadair air a shuidheachadh?——F. (1.) An t-eadar-dhealachadh eadar peacadh eutrom agus bàsmhor. (2.) Sìneadh peanas aimsireil a' pheacaidh gu taobh thàll na h-uaigne; no sùil ri maitheanas peacaidh an-deigh a' bhàis.

C. 144. Leig ris nach urrainnear a dhearbhadh leis na briathraibh ann am Mata 5. 25–26, gu'm bheil Purgadair ànn.

Mata 5. 25. Bi réidh ri d' eascaraid gu luath, am feadh a bhios tu maille ris 's an t-slighe; air eagal gu'n toir an t-eascaraid thairis thu do'n bhreitheamh agus gu'n toir am breitheamh thu do'n mhaor, agus gu'n tilgear am prìosan thu. R. 26. A ta mi ag ràdh riut gu frinneach nach téid thu mach as a sin, gus an òc thu an fheadhainn dheireannach.

F. (1.) Tha am peacach an so air a nochdadh leis an fhéichnear aig nach 'eil *ni sam-bith* leis am pàidh è a chuid fiachan. Air an àobhar sin, féumaidh è fantuinn anns a' phrìosan gu bràth. (2.) Tha cìnn-theagaisg air an gabhail ann am Bìobull Dhoidh (Bìobull nam Pàpanach,) a chum a dhearbhadh gu'm faodar am focal "gus" (*till*) a chur roimh ùin air nach tig crìoch, agus an lorg sin, nach 'eil è an còmhnuidh air a chur roimh ùin shònruichte. Chithear o sin, gu'm faod am féichnear, a tha gu fantuinn anns a' phrìosan

“*gus an ìoc è an fheòrling dheireannach,*” fantuinn ànn gu sìorruidh.(a)

a “Tha, mise ànn, *gus* am fàs thu sean. Co a tha cho an-dàna 's a ràdh o sin, deir Eòbull Dhonidh ann am focail-mhineachaidh air Mata 1. 25, gu'n tig crìoch air Bith Dhé?”

C. 145. Ciod a tha thu ag ràdh ri Mata 12. 32?

Mata 12. 32. Agus ge b'e neach a labhras focal an aghaidh Mhic an duine, maithear dha e : ach ge b'e neach a labhras an aghaidh an Spioraid Naoimh, cha mhair dha e, anns an t-saoghal so, no anns an t-saoghal a ta ri teachd.

F. Tha Crìosd an so a' labhairt air a' pheacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh, peacadh nach faigh maitheanas a chaoidh,(a) agus cha n-'eil anns a' chainnt ach amhàin aithris làidir air an fhìrinn sin. Cha n-urrainn so a dhearbhadh gu'm bheil peacadh air a mhaitheadh anns an ath shaoghal ; do bhrìgh nach urrainn am peacach tighinn amach às a' phrìosan “*gus an ìoc è an fheòrling dheireannach.*”(b) Ma tha ìocadh ri bhì air a dheanamh anns a' phurgadair, cha n-'eil nì sam-bith gu bhì air a mhaitheadh anns an t-saoghal ri teachd !

a Marc. 3. 29. Ach ge b'e labhras toibhenm an aghaidh an Spioraid Naoimh, cha'n fhaigh e maitheanas a chaoidh, ach a ta e an cunnart peanais shìorruidh.

b Mata 5. 25. Faio an Ceànn-teagaisg so fo Cheist 144.

C. 146. Ciod a tha thu ag ràdh mu na briathran so a leanas ?

1 Cor. 3. 13. Nithear obair gach aoin duine follaiseach : oir nochdaidh an là i, do bhrìgh gu'm foillsichear i le teine ; agus dearbhaidh an teine obair gach aoin, ciod is gné dhith. R. 14. Ma dh'fhanas obair neach sam bith a thog e air, gheibh e duais. R. 15. Ma loisgear obair neach sam bith, fuilgidh e call : ach saorar e-féin ; gidheadh mar tre theine.

F. (1.) Na'm b' ann air purgadair a bha an Sgrìobtuir sin a' labhairt, dhearbhadh è gu'm féum “*gach aon*” duine dol do'n àit sin, nì nach 'eil Eaglais na Ròimh féin a' teagasg. (2.) Tha an teine mar thàtar ag ràdh, a' *dearbhadh*, cha n-ànn a' glanadh, ach is è teagasg na Ròimh gu'm bheil an teine a' glanadh. (3.) Tha an t-Abstol a' labhairt 'an so air obair mhinistearan, agus cha n-ànn air oibrìbh nan Crìosduidhean uile. “Ma dh'fhanas obair” a' mhinistear ; ma gheibhear treibhdhireach a' mhuintear a rinn esan a ghabhail astigh do'n eaglais, nì è gàirdeachas air là a' chùntais, 'nuair a bhitheas iad air an dearbhadh le teine a' bhreitheanais, ach mur faigh-

ear treibh-dhireach iad, fuiligidh è càll—caillidh è an gàird-eachas a ghabh è ànnta.

C. 147. Ciod è seadh nam briathran so ann an 1 Peadar 3. 18-20?

1 Pead. 3. 18. Oir dh'fhuiling Criosd féin aon uair air son pheacanna, am firean air son nan neo-fhìrean, (chum gu'n tugadh e sinne gu Dia,) air dha bhi air a chur gu bàs 's an fhèil, ach air a bheothachadh tre an Spiorad : R. 19. Leis an deachaidh e mar an ceudna, agus an do shearmonaich e do na spioradaibh ann am prìosan ; R. 20. A bha o shean eas-ùmhhal, 'nuair a dh'fheith fad-fbulangas Dé aon uair ann an lùthibh Noah, am feadh a bha àire 'g a h-ulluchadh, anns an robh beagan, sin r'a ràdh, ochd anaman, air an tèarnadh tre uisge.

F. (1.) Cha n-ànn air a' phurgadair a tha na briathran sin a' labhairt idir ; oir air do na *Cùl-dìlich*, (no muinntear an t-seànn saoghail,) a bhi eas-ùmhhal, no “neo-chreidmheach,” mar tha eadar-theangachadh Dhouidh ag ràdh, bhàsaich iad ann am peacadh bàsmhor. Théid iadsan a tha ciontach de neo-chreidimh, no de pheacadh bàsmhor, a-réir na Ròimh, do phrìosan na *h-ifrinn*. (2.) Bha Criosd “air a bheothachadh tre an spiorad leis an deachaidh è mar-an-céudna, agus an do shearmonaich è do na spioradaibh ann am prìosan.” Is ann leis an Spiorad Naomh ann an Noah a shearmonaich Criosd dhoibh. Bho sin goirear “searmonaiche fireantachd” de Noah.(a) (3.) Tha am prìosan so a' ciallachadh an dara cuid, prìosain a' pheacaidh anns an robh na cùl-dìlich air an cumail, am feadh bu bheò iad, 'nuair a bha Noah a' searmonachadh dhoibh, no prìosan na *h-ifrinn* anns an robh iad 'nuair a sgrìobh Peadar na briathran so.

a 2 Pead. 2. 5. Agus nach do chaomhain e an seann saoghal, ach gu'n do sbaor e Noah an t-ochdamh pearsa, searmonaiche fireantachd, air dha an dìle a thoirt air saoghal nan daoine mi-dhiadhaidh.

C. 148. Ciod an tagradh a tha aig eaglais na Ròimh mu fhuasgladh anaman anns a' phurgadair?—F. Tha i a' teagasg gur urrainn i am peanas a ghiorrachadh le litrichean-maitheanais (*indulgences*) agus le ìobairt na *h-aifrinn*.

C. 149. Ciamar a gheibh Pàpanaich litir-mhaitheanais? —F. Le gnìomhran àraid a dheanamh—ùrnuighean àraid a chur suas, agus le bhi ann an co-chomunn ri bràthaireachas, no ri cuideachdaibh àraid, mar tha comunn “an Scapular,” “an Còrd aig Naomh Francis,” “an Cridhe Naomh,” agus le

saothrachadh a chum Pròtastanaich a dheanamh 'n am Pàpanaich.—(*Faic Manual, t. 185.*)

C. 150. Ciamar a gheibhear ìobairt na h-aifrinn a chur suas?—F. Le airgid. Mar is mò an t-suim airgid, is ann is mò an t-sochair; agus mar so, a-réir eaglais na Ròimh, tha mòr chothrom aig daoine saibhir thairis air daoine bochda.

C. 151. Ciamar a chithear an-ìochdmhorachd nan sagart anns a' chùis so?—F. Tha ìad a gabhail orra-féin comas a bhì aca air anamanaibh 'fhuasgladh às a' phurgadair, agus gidheadh, cha chuir ìad suas aifrinn, ach ambhàin a-réir an tomhais airgid a phàidhear dhoibh.

Nis ma tha an sagart a' làn-chreidsinn gu'm bheil anam a cho-chréutair air a phlanadh anns a' phurgadair, nach an-ìochdmhor an duine è a dh'-fhàgadh an t-anam sin ann am pian fad chòig mionaidean, ma tha comas aige 'fhuasgadh às an dòruinn? Ma's duine an sagart aig am bheil gràdh idir do anamanaibh dhaoine, nach bu chòir dhà am fuasgladh á pian, gun dàil air-bith, ma tha comas aige sin a dheanamh, agus tha eaglais na Ròimh ag ràdh gu'm bheil? Carson mata, nach fuasgail è ìad mar bì airgid air a phàidheadh air an son? Mo thruaighe ìadsau aig nach 'eil caraid a phàidheas air an son! Bithidh ìad sin air am planadh gu sìorruidh, agus an sagart ag ràdh gu'm bheil comas aige am fuasgladh á prìosan a' phlanaidh! An-ìochdmhor! An-ìochdmhor!—EADAR.

C. 152. Ciamar a tha daoine bochd' a' feuchainn ri aifrinnean 'fhaotuinn airson an càirdean a chaochail?—F. Tha ìad a' dol astigh ann an "comunnaibh purgadarach" do'm bheil ìad a' pàidheadh suim àraid air gach seachduin, a' smuaineachadh, fo dhòchas faoin, gu'n seas gach suim a phàidheas ìad, air an son ann am banca spioradail a' phurgadair air 'fhosgladh leis na sagartaibh.—(*Faic Manual, t. 24.*)

C. 153. An urrainn na sagairt a ràdh le cinntean, ciod an àireamh aifrinnean a nì an gnothach, no a's leòr a chum anamanan 'fhuasgladh às a' phurgadair?—F. Cha n-urraimn. Cha n-'eil ìad idir a' gabhail os-làimh sin a deanamh. Cha n-urraimn ìad innseadh ciod an t-àm air am fàg an t-anam am purgadair.

C. 154. Ciamar, mata, 'tha thu-féin ag amharc air an innleachd so?—F. Mar innleachd a tha 'deanamh malairt air anamanaibh, agus mar chuilbheart ro mhealltach, aindiadhaidh.

C. 155. Air dhuinn 'fhaicinn anis nach 'eil ùghdarras air-bith aig a' phurgadair anns an Sgriobtuir, dearbh cionnus a tha è

'dol calg-dhìreach an aghaidh an Sgriobtuir.——F. Anns a' cheud àit, tha è a' labhairt an aghaidh teagaisg an Sgriobtuir a ta 'foillseachadh gu'm bheil teàrnadh iomlan ann an Criosd.

Eòin 5. 24. Gu deimhin deimhin a ta mi ag ràdh ribh, An ti a dh'éisdeas ri m' fhocal-sa, agus a ta 'creidsinn anns an ti a chuir uaith mi, tha a' bheatha mhaireannach aige, agus cha tig e chum dìtidh; ach chaidh e thairis o bhàs gu beatha.

Ròm. 8. 1. Air an aobhar sin cha'n 'eil a nis dìteadh sam bith do'n dream sin a tha ann an Iosa Criosd, a tha 'glusad cha'n ann a réir na fèla, ach a réir an Spioraid.

Ròm. 8. 33. Cò a chuireas coire sam bith á leth daoine taghta Dhé? Is e Dia a dh'fhèreanaicheas, R. 34. Cò a dhìteas? Is e Criosd a fhuair bàs, seadh tuilleadh fòs, a dh'èirich a ris, agus a ta air deas làimh Dhé, neach a ta mar an ceudna a' deanamb eadar-ghuidhe air ar son-ne.

Ephes. 1. 7. Anns am bheil againne saorsa tre 'fhuil-san, maitheanas nam peacadh, a réir saobhbheis a ghràis.

Ephes. 4. 32. Agus bithibh caoimhneil teò-chridheach d'a chéile; a' toirt maitheanas d'a chéile, eadhon mar a thug Dia maitheanas dhuibhse ann an Iosa Criosd.

Col. 2. 13. Agus sibhse a bha marbh 'n 'ur n-euceartaibh agus ann an neo-thimchioll-ghearradh bhur fèla, bheothaich e maille ris, a' maitheadh dhuibh nan uile euceart.

Eabh. 1. 3. Neach air bli dha 'n a dhealradh a ghlòire-san, agus 'n a fhìor òmhaigh a phearsa, agus a' cumail suas nan uile nithe le focal a chumhachd, 'nuair a ghlan e ar peacanna troimh féin, shuidh e air deas làimh na mòrachd anns na h-àrdaibh.

1 Eòin 1. 7. Ach ma ghluaiseas sinn anns an t-solus, mar a tha esan 's an t-solus, tha comunn againn r'a chéile, agus glanaidh fuil Iosa Criosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh.

Taisb. 7. 14. Agus thubhairt mi ris, A Thighearn, tha fhios agadsa. Agus thubhairt e rium, is iad so iadsan a tháinig á h-àmghar mòr; agus nigh iad an trusgain, agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain.

C. 156. Ciod tuilleadh anns am bheil am purgadair an aghaidh an Sgriobtuir?——F. Tha è 'cur an aghaidh teagaisg an Sgriobtuir a tha 'foillseachadh, 'nuair a gheibh an creidmheach bàs, gu'n téid 'anam air bàll do nèamh.

Lùc. 23. 43. Agus thubhairt Iosa ris, Gu deimhin a ta mi ag ràdh riut, gu'm bi thu maille riumsa an diugh ann am pàrras.

2 Cor. 5. 1. Oir a ta fios againn, n'an sgaoilteadh o chéile ar tigh talmhaidh a' phàilluin so, gu'm bheil againn aitreabh o Dhia, tigh nach do thogadh le làmhaibh, siorruidh anns na nèamhaibh.

2 Cor. 5. 8. Tha deadh mhisneach againn, agus bu ròghnuiche leinn gu mòr a bhì air choigrich ás a' choluinn, agus a bhì làthair maille ris an Tighearn.

Philip. 1. 21. Oir dhomh-sa bhì bed is e sin Criosd, agus bàs fhaotainn is buannachd dhomh so. R. 23. Oir tha mi air mo theannachadh eadar dhà ni,

air dhomh bhi togarrach air siubhal, agus a bhi maille ri Criosd ; oir is e so a's ro fhèarr.

Taisb. 14. 13. Agus chuala mi guth o nèamh, ag ràdh rium, Sgrìobh, Is beannaichte na mairbh a gheibh bàs 's an Tighearn, á so a mach : Seadh, a ta an Spiorad ag ràdh, chum gu'm faigh iad fois o'n saothair ; agus leanaidh an oibre iad.

CATHAIR A' PHEANAIS.

C. 157. Ciod è teagasg na Ròimh mu pheanas?—F. Tha ì a' teagasg gu'n do shuidhich Dia cathair air thalamh airson maitheanas peacaidh—cathair, no cùirt anns am bheil è fiachaichte air a' pheacach mar chiontach, no mar fhear-aithreachais, 'uile pheacaidhean *bàsmhor* aideachadh, a chum maitheanas 'fhaotuinn, agus anns am bheil comas aig an t-sagart mar bhreitheamh, air saoradh, no maitheanas a thoirt dà gu laghail.

FAOSAID.

Thigeamaid anns a' cheud àit, air *faosaid* ; 's an dara h-àit air *saoradh* ; agus anns an treas àit, air *riarachadh*.

C. 158. Anns a' cheud àit, tha thu ag àicheadh gur è dleasan a' phobuill am peacadh aideachadh do'n t-sagart, no faosaid a dheanamh ris. Ciod a tha thu ag ràdh ris na briathraibh so ann an Litir Shéumais 5. 16 ?

Séum. 5. 16. Aidichibh bhur lochdan d'a chéile, agus deanaibh ùrnuigh air son a chéile, chum gu'n tèarnar sibh : tha mòr-éifeachd ann an ùrnuigh dhùrachdaich an fhèin.

F. Tha an Sgrìobtuir sin a' labhairt—(1.) Air na lochdan a ni aon duine air duine eile agus a's còir dhuinn aideachadh do chach a chéile.—(2.) Tha è 'cur an aghaidh aideachadh, no faosaid a dheanamh do shagart agus mòran na's mo na sin, an aghaidh aideachadh *cagarach* no dìomhair a dheanamh, is è sin ri 'ràdh, cagar na cùise ann an cluais an t-sagairt. Na'm b' è aideachadh a dheanamh do'n t-sagart, a bha air 'àithneadh anns na briathran sin, cha n-abradh an t-Abstol "aidichibh bhur lochdan d' a chéile," ni a ta 'cìallachadh gu'm bheil è cho mòr mar dhleasan air an t-sagart aideachadh a dheanamh do aon de 'n phobull, agus a tha è air aon de'n phobull aideachadh a dheanamh do'n t-sagart.

C. 159. Ciamar a mhìnicheas tu na cìnn-theagaisg so a leanas, agus a ta air an gabhail leis na Pàpanaich a neartachadh barail so na Ròimh ?

Mata 3. 5. Chaidh Ierusalem a mach d'a ionnsuidh an sin agus Indea uile, agus luchd-àiteachaidh na dùthcha timchioll Iordain uile. R. 6. Agus bhaist-eadh iad leis-san ann an Iordan *ag aideachadh* am peacanna.

Gnìomh. 19. 18. Agus thàinig mòran diubh-san a chreid, *ag aideachadh*, agus ag innseadh an gnìomhara. R. 19. Agus thug mòran diubhsan a bha gnàthachadh dhroch innleachda, an leabhraiche leo, agus loisg siad iad *am fianuis nan uile*.

F. Cha n-'eil na briathran sin a' labhairt idir air aideachadh cagarach no dìomhair do shagart, ach air aideachadh follais-ach an làthair nan uile.

C. 160. An saoil thu am bheil è laghail do Chrìosduidh, air àm deuchainn, a chomhairle a chur ris a' mhinistear aige, no ri bràthair anns an tréud?———F. Tha sin, cha n-è mhàin laghail, ach féumail. Ach tha eadar-dhealachadh mòr eadar sin agus an obair-aideachaidh a gheibhear aig Pàpanaich, Pusaich agus Irbhingich, far am bheil an sagart a' gabhail air-féin a ràdh, gu'm bheil ùghdarras aige bho Dhia làn aideachadh iarraidh o gach neach—agus a' cumail amach gur e-féin fear-ionaid Chrìosd, agus gu'm bheil comas aige, le “*Absolvo te,*” (is è sin ri ràdh, tha mì 'toirt maitheanas dhuit,) maitheanas a thoirt do'n anam an làthair Dhé, agus ag ràdh gur ànn troimhe-féin amhàin a gheibhear teàrnadh, mur cùis àraid no anabarrach a bhitheas ànn.

C. 161. Am bheil an obair-aideachaidh so a' toirt comais nach 'eil dligheach do shagartaibh?———F. Thà; leis an obair so, gheibh iad fios air uile rùnaibh dìomhair theaghlachan agus eadhon rìghrean. Innsidh seirbhisich gnothaichean am maighstearan, mnathan gnothaichean am fear-pòsda agus luchd-riaghlaidh 'us rìghrean gnothaichean na rìoghachd. B' àbhaist do shagart-faosaid Rìgh na Fraing' a ràdh,

“Le mo Dhia ann mo làimh 'us mo Rìgh aig mo ghlàin,
Co a's àirde na mise 'an cumhachd no 'n cliù?”

C. 162. Càit am bheil an fhaosaid air a deanamh?———F. Anns an àit a's goireasaiche. Thatar a' cleachdadh a deanamh ann an crannaig-na-faosaid a tha air a cur suas ann an eaglaisibh, ach gu tric ann an seòmar uaigneach—seòmar an t-sagairt féin, no ann an tigh an neach a ta ag aideachadh, no 'g a fhaosaid féin ris an t-sagart.

C. 163. Ciamar a tha an fhaosaid air a deanamh?———F. Bithidh an sagart 'n a shuidhe agus am fear-aithreachais a ta

ag aideachadh, air a ghlùinibh ri 'thaobh, a' cagar a chuid peacaidhean ann an cluais an t-sagairt.

C. 164. Ciod è nàdur a' chòmhradh a bhitheas aig an fhaosaid?——F. Ciod ach nàdur gle thruaillidh, salach, faodaidh tu bhi cinnteach; oir is è am peacadh cùis-labhairt na faosaid. Aig an aideachadh so, théid gach smuain rapach, gràineil a thainig ann au cridhe neach, agus gach droch gnìomh a rinn è, no 'b' àill leis a dheanamh fad na bliadhna, a thaomadh astigh ann an cluais an t-sagairt.

C. 165. An è do bheachd anis gu'm bheil an cleachdadh so a' treòrachadh gu mi-bhéus?——F. Is è. Tha ìntinn an t-sagairt air a truailleadh le bhi air a deanamh 'n a h-àit-gleidhidh do sbalchar a thréuda, agus arist faodaidh è fàth a ghabhail o'n fhios a fhuair è, chum a dhroch-bheairtean féin a chur air aghaidh. Faodaidh sagart sanas a thoirt gu Pròtastanach a mhortadh, agus an-deigh sin, am mortair a shaoradh, no maitheanas a thoirt dà aig stòl na faosaid.

C. 166. Carson a tha thu an aghaidh faosaid, no aideachaidh chagaraich?——F. (1.) Tha do bhrìgh gu'm bheil è gun ùghdarras. (2.) Is briseadh è air còir Dhia: Is còir dhuinn aideachadh do Dhia agus Dhà-san amhàin.(a) (3.) Tha so a' toirt cumhachd chronail do'n t-sagart; 'nuair a bhitheas flos aige air na h-uile rùnaibh dìomhair, bithidh làn chomas aige thairis air a luchd-faosaid. (4.) Tha an obair so mi-bhéusach 'n a h-aomadh 'us 'n a deanadas: Labhraidh an sagart, agus tha è gu h-àraid air a theòrachadh agus air a theagasg gu labhairt air nithibh nach buin dà, ri firionnaich 'us boirionnaich. —(Faic *Liguori, Dens, &c.*)

a Salm 51. 4. A'd' aghaidh, a'd' aghaidh féin a mhàin pheacaich mi, agus rinn mi olc a'd' shealladh.

Salm 32. 5. Dh'aidich mi mo pheacadh dhuit, agus cha do cheil mi m'euceart: thubhairt mi, Aidichidh mi m'eusaontais do'n Tighearn; agus mhaith thusa cionta mo pheacaidh.

Salm 130. 4. Ach agadsa tha maitheanas; agus uime sin bithidh eagal air daoibh romhad.

Dan. 9. 4. Agus rinn mi ùrnuigh ris an Tighearn mo Dhia, agus rinn mi m' aidmheil, agus thubhairt mi, O Thighearn, an Dia mòr, agus uamhasach, a ta 'cumail coimhcheangail agus trècair ruisan a ghràdhaicheas e, agus do'n dream a choimhdeas 'àitheantan.

1 Eòin 1. 9. Ma dh'aidicheas sinn ar peacanna, tha esan fìrinneach agus ceart, chum ar peacanna a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhèantachd.

SAORADH, no Maitheanas Sagairt.

C. 167. Ciod è teagasg na Ròimh mu shaoradh?——

F. Tha ì a' teagasg gu'm bheil an sagart a' maitheadh, cionta, no 'saoradh mar bheir breitheamh làn mhaitheanas.

Tha Comhairle Thrent ag ràdh:—"Ma their neach air-bith nach gnòmh laghail, saoradh sàcramaideil an t-sagairt, ach gur lom ghnìomh ministeireil a ta ànn, ag ràdh 's ag ìnnseadh do'n neach a ta 'g aideachadh, gu'm bheil a pheacaidhean air am maitheadh, amhàin ma tha è 'creidsinn gu'm bheil è-féin air a shaoradh; no mur 'eil an sagart 'g a shaoradh gu fìor, ach amhàin ann an fala-dhà, no ma their è nach 'eil aideachadh an aithreachain air 'iarraidh a chum saoradh, bitheadh è mallaichte."—(*Comhairle Thrent, t. 102, Paris 1832.*)

C. 168. Am bheil eaglais na Ròimh ag ìarraidh buaidh-ìntinn

sam-bith, a chum an saoradh a dheanamh éifeachdach?——

F. Tha ì ag ìarraidh *spiorad brùite* 'bhi aig neach, no an car a's lugha, *duilichin*,—tha 'bhruiteachd so leis am beilear a' ciallachadh bròin airson peacaidh, a' sruthadh o ghràdh Dhia; duilichin, o eagal na h-ifrinn.

C. 169. Ciod anns am bheil an teagasg so mearachdach?

——F. Ann a bhi 'g ràdh gu'n dean saoradh le sagart cionta agus peanas sìorruidh a' pheacaidh a mhaitheadh, agus mur cùis ro chomharraichte a bhitheas ànn, nach urrainnear maitheanas 'fhaotuinn às éugais an t-saoraidh so.

C. 170. Ciamar a mhìnicheas tu na briathran so ann an Eòin 20. 23, a tha eaglais na Ròimh a' gabhail a neartachadh a barail mu shaoradh, no mu fhuasgladh o pheanas?

Eòin 20. 23. Cò air bith iad d'am maith sibh am peacanna, tha iad maithte dhoibh; agus cò air bith iad d'an cum sibh am peacanna gun am maitheadh, tha iad air an cumail.

F. (1.) Tha na Pàpanaich, mar is àbhaist doibh, ag ràdh gu dìan gur ann umpa-féin amhàin a tha am focal "sìbh," anns a' cheànn-theagaisg so, air a labhairt, ged tha é air a labhairt ris na h-eaglaisibh Criosdail uile. (2.) Cha n-'eil na Pàpanaich féin a' gabhail nam briathran so ann an seadh litireil. Ma ghabhar iad ann an seadh litireil, bha comas aig na h-Abstoil maitheanas a thoirt do neach air-bith, no neach air-bith a dhìtheadh, mar a b' àill leò. Ach tha na Pàpanaich ag ìarraidh *brùiteachd* spioraid, no *duilichin* a bhi anns an fhear-aithreachais. (3.) Eadhon, ged robh comas peacadh a mhaith-eadh air a thoirt le Criosd do na h-Abstoil, cha n-'eil dearbhadh ànn gu'n d'-fhàgadh an comas sin an-deigh am bàis

aig neach air-bith eile. (4.) Tha è soilleir nach robh comas peacadh a mhaitheadh air a thoirt do na h-Abstoil; oir cha do ghabh iad os-làimh, an àit air-bith, peacadh a mhaitheadh; gidheadh, tha Eaglais na Ròimh a' sìor-ghabhail oirre-féin peacadh a mhaitheadh. (5.) Tha seadh nam briathran so gle shoilleir. Bha Criosd a' cur amach nan Abstol a shearmonachadh an t-soisgeil do gach créutair; agus a chum am misneachadh, tha è ag ràdh.—“Cò-air-bith iad d' am maith sibh am peacanna, tha iad maithte dhoibh; agus cò-air-bith iad d' an cum sibh am peacanna gun am maitheadh, tha iad air an cumail.” Mar gu'n abradh è, cò-air-bith d' am maith sibhse am peacanna le searmonachadh an t-soisgeil, mar mheadhon fò mo làimh-sa, tha iad maithte dhoibh, ach cò-air-bith do nach dean searmonachadh an t-soisgeil leibh-se, mar mheadhon, am peacanna a mhaitheadh, agus cò-air-bith mu'm faodar a ràdh mar so, gu'm bheil am peacanna air an cumail leibh-se, tha iad air an cumail; oir an soisgeul, am feadh is “boltrach beatha chum beatha” do chuid è, is “boltrach bàis chum bàis” è do chuid eile. (6.) Tha è soilleir, eadhon o theagasg nan Abstol gur è sin seadh nam briathran. Dh'-àithn Criosd dhoibh an soisgeul a shearmonachadh, ag innseadh dhoibh gu'm bitheadh na bha air a dheanamh agus air 'fhoillseachadh leo-san ann an searmonachadh an t-soisgeil, air a dhaingneachadh air nèamh. Lean na h-Abstoil àithn Chriosd. Shearmonaich iad an soisgeul do pheacaich, gu dìleas; agus a mheadh 's a chreid ann an Criosd fo shearmonachadh nan Abstol, thugadh maitheanas dhoibh: ach iadsan uile nach do chreid, dh'-fhàgadh fo'n dìteadh iad. Cha dubhairt aon de na h-Abstoil riamh, “*Absolvo te,*” is è sin air eadar-theangachadh, “tha *mise* 'g a do shaoradh,” no tha *mis'* a' toirt maitheanais dhuit. Is ann le Dia(a) féin amhàin a tha fuasgladh agus maitheanas air a thoirt tre chreidimh ann an Criosd.(b)

a Isà. 43. 25. Is mise, mise-féin, esan a dhubhas d'èu-ceartan ás, air mo sgàth féin; agus do lochdan cha chum mi air chuimhne.

b Gnìomh. 4. 12. Agus cha'n 'eil slàint ann an neach air bith eile: oir cha 'n 'eil ainm air bith eile fo nèamh air a thoirt am measg dhaoine, tre am feud sinn bhi air ar tèarnadh.

Gnìomh. 13. 38. Uime sin biodh fhios agaibh-sa, fheara agus a bhràithre, gur ann tre'n duine so a ta maitheanas pheacanna air a shearmonachadh dhuibh; R. 39. Agus trìd-san a ta gach neach a chreideas air a shaoradh o na h-nìle nithibh, o nach robh e'n comas dhuibh bhi air bhuir saoradh le lagh Mhaois.

Gnìomh. 16. 31. Agus thubhairt iadsan, Creid anns an Tighearn Iosa Criosd, agus tèarnar thu-féin agus do thigh.

C. 171. Ciamar a tha thu 'tuigsinn nam briathran so ann am Mata 18. 18, mu cheangal agus mu fhuasgladh?

Mata 18. 18. Ge b'e air bith nithe a cheanglas sibhse air talamh, bitheadh iad ceangailte air nèamh; agus ge b'e air bith nithe a dh' fhuasglas sibhse air talamh, bitheadh iad fuasgailte air nèamh.

F. Tha na briathran sin a' labhairt ambhàin air a' chomas a thugadh do na h-Abstoil mar luchd-suidheachaidh agus mar luchd-riaghlaidh na h-Eaglaise Criosdail. Bha ùghdarras aca-san, mar luchd-teagaisg o Dhia, nithe féumail a theagasg, 'fhuasgladh, no 'theadachadh do'n t-sluagh, agus nithe mifhéumail a cheangal, no 'thoirmeasg* ameasg an t-sluaigh. Mar sin, is è brìgh nam briathran, gu'm bitheadh gach nì a dheanadh iadsan, ann an riaghladh na h-Eaglais a-réir toil Dé agus a-réir teagaisg an t-soisgeil, taitneach do Dhia, agus air a cheangal, no air a dhaingneachadh leis air nèamh. Ach cha tugadh an comas, no an gealladh so do neach sam-bith, no do chomunn sam-bith an-deigh nan Abstol, agus geda bheirt-eadh, bhuineadh è do na h-eaglaisibh uile co-ionann. (a)—*Faic CEIST 34-37.*

a Gnìomh. 15. 24. Do bhrìgh gu'n cuala sinne, gu'n do chuir dream àraidh a chaidh uainne mi-shuaimhneas oirbh le briathraibh, ag atharrachadh bhur n-inntinn, ag ràdh, Gur còir dhuibh bhì air bhur timchioll-ghearradh, agus an lagh a choimhead; do nach d'thug sinne a leitbid sin a dh' àithne: R. 25. Chunnacas iomchuidh duinne, air dhuinn bhì cruinn a dh'aon toil, daoine taghta a chuir do 'ur n-ionnsuidh-sa, maille ri ar bràithribh gràdhach Barnabas agus Pòl; R. 26. Daoine a thug an anama féin air son ainme ar Tighearna Iosa Criosd. R. 27. Chuir sinn uime sin Iudas agus Silas uainn, a dh'innsas dhuibh na nithe cendna le cainnt bheoil. R. 28. Oir chunnacas iomchuidh do'n Spiorad naomh, agus dhuinne, gun nì air bith tuilleadh a chur oirbh a dh'uallaich ach na nithe féumail so; R. 29. Sibh a sheachnadh nithe a chaidh iobradh do iodholaibh, agus fola, agus nì tachdta, agus strìopachais: uatha so ma choimh-ideas sibh sibh-féin, nì sibh gu maith. Slàn leibh.

C. 172. Tha thu ag àicheadh gu'm bheil comas aig an t-sagart peacadh a mhaithheadh; am bheil tuilleadh dearbhaidh agad air a' chùis?—F. Tha sin agam. Tha maitheanas

* Bha na focail "*Ceangal*" agus "*Fuasgladh*" air an gnàthachadh gu tric leis na h-Indhaich, anns an t-seadh so. *Ceangail* nì, b' è sin, *toirmisg* è. *Fuasgail* nì, b' è sin, *ceadaich* è. A-réir sin, is è nì a *thoirmeasg* a tha air a chiallachadh an so, le nì a *cheangal*; agus nì a *theadachadh* a tha air a chiallachadh le nì *'fhuasgladh*.—*Faic BARNES air Mata 16. 19.*

peacaidh, anns gach àit 's an Sgriobtuir, ceangailte ri creidimh, no tre chreidimh ann an Crìosd, agus cha n-ànn, an àit air-bith, ri "*Absolvo te.*"

Eòin 3. 36. An tì a chreideas anns a' Mhac, tha a' bheatha mhaireannach aige; ach tì nach 'eil a' creidsinn anns a' Mhac, cha 'n fhaic è beatha; ach a ta fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh air.

Ròm 5. 1. Uime sin air dhuinn a bli air ar fireanachadh tre chreidimh, tha sìth againn ri Dia, tre ar Tighearn Iosa Crìosd.

Gal. 2. 16. Fios a bli againn nach 'eil duine air fhèranachadh o cibribh an lagha, ach tre chreidimh Iosa Crìosd, chreid sinne-féin ann an Iosa Crìosd; chum gu'm bitheamaid air ar fireanachadh o chreidimh Chriosd, agus cha'n ann o oibribh an lagha: oir o oibribh an lagha, cha bli fedil sam bith air a fireanachadh.

1 Eòin 2. 1. Agus ma pheacaicheas neach air bith, tha fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Crìosd am firean.

RIARACHADH.

C. 173. Ciod a tha eaglais na Ròimh a' ciallachadh le riarachadh?——F. Peanasan àraid a tha duine 'deanamh air-féin, fo òrdugh an t-sagairt ann an obair na faosaid, mar nithe deadh-thoillteanach 'am fianuis Dé.

C. 174. Ciod iad na peanasan a bhitheas na Pàpanaich a' deanamh orra-féin?——F. Tha caochladh seòrsa dhiubh ànn. Gle thric tha cuairt ùrnuighean air a deanamh mar riarachadh. Tha trasgadh, sgiùrsadh agus eadhon giùlan le salchar coluinn air am meas mar nithe a tha riarachadh ceartais Dhia airson peacaidh.

C. 175. Ciod ì an t-sochair a gheibhear o na peanasaibh a thàtar ag òrduchadh mar sin?——F. Thàtar a' smuaineachadh gu'm bheil iad a' maitheadh peanais aimsircil a' pheacaidh.

C. 176. Co ambàin is urrainn peacadh a thoirt air falbh, no 'mhaitheadh?——F. Crìosd; "ar n-anmhuinneachd ghiùlain è agus ar doilghiosan dh'-iomchair è."—Isàiah 53. 4.

C. 177. Am bheil thu a' smuaineachadh gu'm bheil a' chathair-pheanais so mealltach, olc anns gach cùis?——F. Thà mì; agus is uamhasach an ìnnleachd ì 'an làimh eaglais na Ròimh gu bhi 'deanamh thràillecan de'n chinne-daoine.

UNGADH-CRICHE—"An ola bhais."

C. 178. Ciod a tha an Ròimh a' ciallachadh le *Ungadh-criche*?——F. A bhi ag ùngadh, le ola, na muinntir a ta

ri uchd a' bhàis. Tha ì a' teagasg gu'm bheil peacadh eutrom air a mhaitheadh leis an ùngadh so, no smal peacaidh air-bith a ta ceangailte ris an anam aig an àm.

C. 179. Tha ì a' gabhail an Sgriobtuir sin ann am Marcus 6. 13, mar dhearbhadh air ùngadh-crìche. Ciod è seadh nam briathran sin ?

Marc. 6. 13. Agus thilg iad a mach mòran dheamhan, agus dh'ung iad le h-oladh mòran a bha tinn, agus leighis siad iad.

F. Cha n-ann idir air ùngadh-crìche nam Pàpanach a tha na briathran sin a' labhairt. Tha an t-àrd easbuig Bellarmine, an deasbair mòr, ag aideachadh so, agus tha è 'toirt nan aobhar so a leanas air a' chùis.—(1.) Buinidh an t-ùngadh le oladh, air am bheil Marcus a' labhairt, do leigheas a' *chuirp*; ach buinidh ùngadh-crìche do'n *anam*. (2.) Cha bu shagairt na h-Abstoil aig an àm ud, agus air an aobhar sin, cha b'ur-rainn iad ùngadh a dheanamh air an dòigh a tha na Pàpanaich a' teagasg. (3.) Dh'-ùng na h-Abstoil mòran nach robh ann an cunnart bàis: Frithealar ùngadh-crìche dhoibh-san a tha ann an cunnart bàis. Marso, thàtar ag aideachadh leis na Pàpanaich a's ionnsuichte, nach faighear dearbhadh o na briathraibh sin air ùngadh-crìche.—(Faic *Manual*, t. 38.)

C. 180. Ciod a thàtar a' ciallachadh leis na briathraibh so ann an Litir an Abstoil Shéumais 5, 14–15?

Séum. 5. 14. Am bheil neach sam bith tinn 'n'ur measg? cuireadh e fios air seanairibh na h-eaglais; agus deanadh iad ùrnuigh os a cheann, 'g a ungradh le h-oladh ann an ainm an Tighearna: R. 15. Agus slànuichidh ùrnuigh a' chreidimh an t-euslan, agus togaidh an Tighearn suas e; agus ma rinn è peacanna, maithear dhà iad.

F. Cha n-ann idir air cleachdadh na Ròimh a tha iad sin a' labhairt. (1.) Bha an t-ùngadh so air a dheanamh a chum slainte cuirp aiseag a-réir a' chleachdaidh a ta ann dùthchaibh na h-Aird-an-ear: Tha ùngadh na Ròimh air a dheanamh ambhàin 'nuair a shaoilear gu'm bheil an neach a ta tinn ri uchd a' bhàis. (2.) Buinidh an t-ùngadh so do'n chorp: ùngadh na Ròimh do'n anam *ambhàin*. Tha an t-àrd easbuig Caiétan ag aideachadh nach 'eil dearbhadh anns na briathraibh sin air ùngadh nam Pàpanach.—(Faic *Manual*, t. 39.)

C. 181. Ciod is nàdur do'n teagasg so?—F. Gun teagamh is cuilbheart shàtanach a ta ànn, a chum am peacach

bochd 'us è 'bàsachadh, a thoirt gu earbsa a chur, aig a' mhionaid mu-dheireadh, ann an dìdean bréige, agus cha n-ànn anns an t-Slànuighear amhàin.

FATHAMAS, (Indulgence) AGUS CORR-OBAIR.

C. 182. Ciod a tha an Ròimh a' teagasg mu fhàthamas, cead-peacachaidh, no comas maitheanas a thoirt leis an t-sagart?——F. Tha ì ag ràdh gu'm bheil comas aig an eaglais peanas aimsireil a' pheacaidh a mhaithheadh, eadhon an uair a tha am peacach anns a' phurgadair.—(*Créud Phìuis IV. EAR. 9.*)

C. 183. Ciod air am bheil teagasg an fhàthamais so air a shuidheachadh?——F. Air còrr-obair, agus a-réir sin, thàtar a' smuaineachadh gu'm bheil còrr thoillteanais Chrìosd agus nan Naomh air an gleidheadh ann an ionmhas na h-eaglais, fo làimh a' Phàp' agus a chuid easbuigean.

C. 184. Ciod am féum gus am bheillear a' cur an ionmhais spioradail so?——F. Maitheadh pìantan a' phurgadair leis an achd ris an abrar "Fàthamas," (*indulgence.*)

C. 185. Cionnus a gheibhear am fàthamas so?——F. Gheibhear è, mar tha Leabhar-cheist Bhutleir ag ràdh, le "ùrnuigh, trasgadh, agus gnìomhran-déirce." A bhàrr orra sin, tha am Pàp o àm gu àm, ag ainmeachadh fhàthamas àraid a dh-fhaodar fhaotuinn, ma nìtear gnìomhran cràbhaidh sòn-ruichte air an son.

C. 186. Ciod ì do bhairil air an teagasg ris an abrar *peanas aimsireil a' pheacaidh*?——F. Gun teagamh, tha an Tighearn gu tric a' smachdachadh a phobuill féin; ach cha n-eil an smachdachadh so mar pheanas dìolaidh, ni mò thàtar 'g a shìneadh gu taobh thàll na h-uaigne, ach tha è chum naomhachadh a' chreidmhich.

Eabh. 12. 6. Oir an ti a's ionmhuinn leis an Tighearn, smachdaichidh se e, agus sgiùrsaidh e gach mac ris an gabh e.

C. 187. Ciamar a dhearbhas tu nach 'eil na creidmhich air an smachdachadh anns a' bheatha a ta ri teachd?——F. Tha an Sgrìobtuir a' teagasg gu'm bheil iad a' dol a chum fois aig a' bhàs.

Lùc. 23. 43. Agus thubhairt Iosa ris, Gu deimhin a ta mi ag ràdh riut, gu'm bi thu maille rium-sa an diugh ann am pàrras.

Taisb. 14. 13. Agus chuala mi guth o nèamh ag ràdh rium, Sgrìobh, is beannaichte na mairbh a gheibh bàs 's an Tighearn á so a mach: seadh a ta

an Spiorad ag ràdh, chum gu'm faigh iad fois o'n saothair; agus leanaidh an oibre iad.

C. 188. Am bheil toillteanas anabarrach air-bith, no tuilleadh 's a' chòir de dh-airidheachd aig na Naoimh?——F. Cha n-'eil. Tha iad air an ainmeachadh, 's a' char a's feàrr, mar “sheirbhisich neo-tharbhach.” Cha n-'eil deadh thoillteanas idir aca.

Isà. 64. 6. Agus tha sinne uile mar ni truailidh agus ar n-uile fhùreantachd mar luideig shalaich.

Lùc. 17. 10. Mar sin sibhse, 'nuair a ni sibh na *h-uile* nithe a dh'àithneadh dhuibh, abraibh, Is seirbhisich *neo-tharbhach* sinn: oir rinn sinn a *mhàin* an ni bu dligheach dhuinn a dheanamh.

C. 189. Cionnus anis a chithear gur teagasg mealltach teagasg nam fãthamas so (*indulgences?*)——F. Do bhrìgh gu'm bheil an dà bheachd air an bheil è air a shuidheachadh—eadhon, peanas aimsireil an-deigh a' bhàis, agus còrr-obair, calg-dhìreach an aghaidh an Sgrìobtuir. Air do'n bhunait (a' chlach-bhuinn) a bhi air a toirt air-falbh, tuitidh an aitreabh. Is mòr an eas-onoir so do Chrìosd a rinn gach uile nì air ar son, ach tha an teagasg so ag ràdh, gu'm bheil sinn, ann an tomhas, 'g ar teàrnadh féin.

FIREANACHADH.

C. 190. Ciod è beachd na Ròimh mu fhìreanachadh?——F. Tha a h-innleachd lùbach, dorch, ioma-shnaimeach an so. Tha i a' tegasg gu'm bheil na sochairean a ta anns an réite a rinn Crìosd, air an compàirteachadh ris a' pheacach anns a' bhaisteadh far am bheil, a-réir a beachd-sa, an t-anam air 'aiseag a dh-ionnsuidh an ionracais a bha aige roimh an leagadh. Ach gu'm faod staid shona sin an ionracais a bha air a compàirteachadh leis a' bhaisteadh, a bhi air a cãll le peacadh bàsmhor, no air a lughdachadh le peacadh eutrom. Ach tha ullachadh air a dheanamh airson so. Thèid am peacach a dh-ionnsuidh na cathrach-peanais mu'n do labhair sinn cheana, nì è 'fhaosaid ris an t-sagart, agus gheibh è a shaoradh, agus aisigear è a dh-ionnsuidh na staid ionracais anns an robh è air a chur leis a' bhaisteadh, cho fad 's a tha gnothach aig peanas *siorruidh* a' pheacaidh ris a' chùis; ach faodaidh peanas aimsireil a' pheacaidh a bhi roimhe fathast; agus a chum am peanas sin a thoirt air falbh, tha fãthamais air am moladh dha. Faodar peacadh eutrom a thoirt air-falbh a dh-easbhuidh faosaid, le deadh oibrìbh agus le ùngadh-crìche.

Cho tric 's a nithear peacadh, teichidh am peacach gus a' chathair-pheanais agus aisigear è. Ma bhitheas peacadh eutrom, no peanas aimsireil ànn an-deigh a bhàis, bheirear air falbh è anns a' phurgadair! Sin anis innleachd ioma-lùbach eaglais na Ròimh airson fireanachadh an anama.

C. 191. Ainmich gach aon fa leth de na mearachdan air am bheil an teagasg so air a shuidheachadh.—F. (1.) Gu'm bheil am baisteadh a' fireanachadh agus ag aiseag an anama 'dh-ionnsuidh a' cheud ionracais. (2.) Gu'm beil peacadh ànn nach 'eil bàsmhor, eadar-dhealaichte o pheacadh bàsmhor. (3.) Gu'm bheil deadh oibrean an duine toillteanach air duais o Dhia, no 'deanamh réite airson a chionta. (4.) Gu'm faodar fireanachadh a chäll. (5.) Gu'n toir fàthamas o'n t-sagart air falbh peanas aimsireil a' pheacaidh. (6.) Gu'm bheil peanas aimsireil a' pheacaidh a' dol gu taobh thäll na h-uaighe, no air 'fhulang le neach an-deigh a' bhàis.

C. 192. Cionnus a chithear nach 'eil am baisteadh a' fireanachadh?—F. Is è tha an Sgriobtuir a' teagasg dhuinn gur ann tre chreidimh a tha fireanachadh.

Ròm. 5. 1. Uime sin air dhuinne bhì air ar fireanachadh tre chreidimh, tha sìth againn ri Dia tre ar Tighearn Iosa Crìosd.

C. 193. Am bheil deadh oibrean toillteanach air duais o Dhia?—F. Cha n-'eil.(a) Is iad deadh oibrean toradh agus cha n-è màthair-aobhair fireanachaidh.(b)

a Isà. 64. 6. Agus tha sinne uile mar ni truaillidh agus ar n-uile fhìreantachd mar luideig shalaich.

b Mat. 7. 20. Air an aobhar sin is ann air an toraibh a dh'aithnicheas sibh iad.

Ròm. 11. 6. Agus ma's ann tre ghràs, cha'n ann o oibrìbh ni's mò; no cha ghràs gràs ni's mò. Ach ma's ann o oibrìbh, cha'n ann o ghràs á sin suas: no cha'n obair á sin suas obair.

2 Tim. 1. 9. A shaor sinne agus a ghairm sinn le gairm naomh, cha'n ann a réir ar n-oibre, ach a réir a rùin féin, agus a ghràs a thugadh dhuinne ann an Iosa Crìosd, roimh thoiseach an t-saoghail.

Tit. 3. 5. Cha'n ann o oibrìbh fhìreantachd a rinn sinne, ach a réir a thròcair féin shaor e sinn, tre ionnlad na h-ath-ghineamhuinn, agus ath-nuadhachadh an Spioraid naoimh.

C. 194. Nach 'eil an t-Abstol Séumas (caib. 2. 20.) ag ràdh gu'm bheil creidimh ás éugmhais oibre marbh?—F. Thà; agus cha n-urraim an creidimh marbh sin teàrnadh. Thà na deamhain a' creidsinn mar-an-céudna, agus tha iad a criothnachadh. Séum. 2. 19. Is iad oibre maith an toradh a tha

'dearbhadh ionracais a' chreidimh. Ma their duine gu'm bheil creidimh aige, agus ma tha a chuid oibrean a' còrdadh ri sin, fireanaichidh a chuid oibrean 'aidmheil,—tha iad a' dearbhadh a threibh-dhireis. Is ann mar sin a bha 'chùis a thaobh Abraham. Bha è air 'fhìreanachadh 'am fianuis dhaoine tre oibrìbh—'am fianuis Dé, tre chreidimh. Tha am peacach air a theàrnadh gu h-ìomlan tre Chrìosd.

C. 195. An urrainnear fireanachadh a chàll?——F. Cha n-urrainn. “Cha sgriosar am fìor chreidmheach am feasd.”

Eòin 10. 28. Agus bheir mi a' bheatha mhaireannach dhoibh; agus cha sgriosar iad am feasd, ni mò a sponas neach air bith as mo làimh iad. R. 29. M'Àthair a thug dhom! -sa iad, is mò e na na h-uile; agus cha'n urrainn neach air bith an sponadh á làimh m' Àthar.

Ròm. 8. 38. Oir a ta dearbh-bheachd agam nach bi bàs, no beatha, no aingil, no nachdaranachda, no cumhachda, no nithe a ta làthair, no nithe a ta ri teachd, R. 39. No àirde, no doimhne, no crentair sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a ta ann an Iosa Crìosd ar Tighearn.

Philip. 1. 6. Air dhomh bhì dearbhtha as an ni so féin, eadhon an ti a thòisich deadh obair annaibh, gu'n coimhlion e i gu là Iosa Crìosd.

C. 196. Ciod ì sligh na slainte matà?——F. Tha ì amhàin agus gu h-ìomlan tre chreidimh ann an Crìosd a bhàsaich a chum réite a dheanamh airson cionta. Thug è air-falbh ar peacaidhean. Dh'-ullaich è, le 'ùmhlachd, fireantachd air ar son. Tha sinn air ar teàrnadh tre chreidimh ànn-san.

Gnìomh. 16. 31. Agus thubhairt iadsan, Creid anns an Tighearn Iosa Crìosd agus teàrnar thu-féin, agus do thigh.

Ròm. 3. 28. Tha sinn uime sin a' meas gu'm bheil duine air 'fhìreanachadh tre chreidimh as eugmhais oibre an lagha.

Ròm. 5. 1. Uime sin air dhuinne bhì air ar 'fireanachadh tre chreidimh, tha sìth againn ri Dia tre ar Tighearn Iosa Crìosd.

Ephes. 2. 8. Oir is ann le gràs a ta sibh air bhur tèarnadh, tre chreidimh: agus sin cha'n ann uaibh féin: is e tiodhlac Dhé e. R. 9. Cha'n ann o oibrìbh, chum nach deanadh neach air bith uaill.

C. 197. Am bheil deadh thoillteanas ann an creidimh? ——F. Cha n-'eil. Is è tiodhlac Dhé è. Tha sinn air ar teàrnadh tre chreidimh, cha n-ànn air sgàth creidimh. Tha creidimh air a thabhairt duinn o Dhia, agus tha sinne, le làimh a' chreidimh, a' deanamh greim air teàrnadh. Is le Crìosd an deadh thoillteanas uile; dhà-san bitheadh a' ghlòir uile.

Taisb. 7. 10. Agus ghlaodh iad le guth àrd, ag ràdh, Slàinte do ar Dia-ne a ta 'n a shuidhe air an rìgh-chaitir, agus do'n Uan.

C. 198. Ciod a' chrìoch a tha aig ìnnleachd fhìreanachaidh na Ròimh? ——— F. Ardachadh an t-sagairt amuigh 's amach. Leis an ìnnleachd so bheirear air muinntir amharc air gach sochair mar shochair a tha 'tighinn d'an ionnsuidh tre 'n t-sagart ambhàin.

BRIGH-ATHARRACHADH.

C. 199. Ciod a tha Eaglais na Ròimh a' teagasg air a' chùis so? ——— F. Gu'm bheil an t-aran agus am fion uile, gu fìor, gu h-iomlan agus gu brìghmhor air an atharrachadh gu corp, fuil, anam agus diadhachd Chrìosd, agus (mar tha Leabhar-cheist Comhairle Thrent ag ràdh,) gu "cnàmhan agus fèithean Chrìosd." Tha ì a' teagasg, mar-an-céudna, ged robh an t-aran an-deigh a choisrigeadh, air a sgaradh o chéile 'n a mhàribh cho lìonmhor 's is àill leat, gur Chrìosd iomlan gach pronnag dheth: Ged robh am fion an-deigh a choisrigeadh, air a roinn 'n a bhoinnean cho lìonmhor 's is àill leat, gur Chrìosd iomlan gach boinne dheth.—(Créud Phìuis IV. EAR. 5.)

C. 200. Ciod iad na h-earrannan de 'n Sgrìobtuir air am bheil ì a' stèidheachadh na barail eagalaich so? ——— F. Air Eòin 6. 51–56, agus focail an òrduigh féin, mar tha iad air an sgrìobhadh ann am Mata 26. 28–29; Marc. 14. 22–25; Lùcas 22. 14–20; 1 Cor. 11. 23–28.

C. 201. Am bheil an teagasg a ta anns an t-seathamh caibdeil de Eòin, a' labhairt idir air sàcramaid Suipeir an Tighearna?

Eòin 6. 51. Is mise an t-aran beò, a thàinig a nuas o nèamh: ma dh'itheas neach air bith do'n aran so, bitheadh e beò gu sìorruidh: agus an t-aran a bheir mise nam, is e m'fheòil e, a bheir mi air son beatha an t-saoghail. R. 52. Air an aobhar sin bha connsachadh aig na h-Iudhaich r'a chéile, ag ràdh, Cionnus a dh'fheadas an duine so 'fheòil a thoirt duinn r'a itheadh. R. 53. An sin thubhairt Iosa riu, Gu deimhin deimhin a ta mi ag ràdh ribh, mur ith sibh fèid Mhic an duine, agus mur òl sibh 'fhuil, cha'n 'eil beatha agaibh annaibh. R. 54. Esan a dh'itheas m'fheòil-sa, agus a dh'òlas m'fhuil-sa, a ta a' bheatha shìorruidh aige; agus togaidh mise suas e air an là dhèireannach. R. 55. Oir is biadh gu fìrinneach m'fheòil, agus is deoch gu fìrinneach m'fhuil. R. 56. Esan a dh'itheas m'fheòil-sa, agus a dh'òlas m'fhuil-sa, tha e 'gabbail còmh-nuidh annam-sa, agus mise ann-san.

F. Cha n-'eil. Bha na briathran sin air an labhairt, an car a's lugha, trì mìosan déug, mu'n do shuidhicheadh Suipeir an Tighearna. Chaidh dà chàisg seachad eadar na cùisean a

ta sgrìobhte anns a' chaibdeil so, agus an t-Suipear mu-dheireadh.(a) Ach tha Criosd an so, a' labhairt air an àm a bha làthair, no air an àm a bha rompa—"Mur ith sibh;" cha n-urrainn na briathran sin a bhi 'labhairt mu Shuipeir an Tighearna, oir cha robh ì ànn aig an àm air an deachaidh an labhairt.

1 Eòin 6. 4. Agus bha a' chàisg, féill nan Iudhach, am fagus.

Eòin 12. 1. An sin thàinig Iosa, sè làithean roimh an chàisg, gu Betani, far an robh Lasarus a bha marbh, neach a thog esan o na marbhaibh.

C. 202. An ann 'an seadh litireil, a tha na Pàpanaich féin a' tuigsinn nam briathran ann an Eòin 6. 51-56?——F. Cha n-ànn. Na'n tuigteadh iad gu litireil, *dh'iteadh* iad firinnean a ta air an aideachadh le Pàpanaich 'us Prötastanaich faraon. Thigeadh na teagasgan mearachdach so a leanas àsda:—(1.) Gu'n tàinig corp Chriosd anuas o nèamh, nì nach 'eil fìor. "Is mise an t-aran beò a thàinig a nuas o nèamh," (r. 51.) (2.) Gu'm bheil na h-uile a ghabhas Suipeir an Tighearna air an teàrnadh. "Esan a dh'itheas m' fheòil-sa agus a dh'òlas m' fhuil-sa, a ta a' bheatha shìorruidh aige; agus togaidh mise suas è air an là dheireannach," (r. 54.) (3.) Nach urrainn neach air-bith nach gabh Suipeir an Tighearna, a bhi air a theàrnadh. "Mur ith sibh feòil Mhic an duine, agus mur òl sibh 'fhuil, cha n-'eil beatha agaibh annaibh," (r. 53.) (4.) Cha n-'eil Pàpanaich a' gabhail a' chupain, air an aobhar sin, ma's ann air Suipeir an Tighearna tha an Sgrìobtuir so a' labhairt, cha n-urrainn iad a bhi air an teàrnadh.

C. 203. O nach 'eil na briathran so air an gabhail gu litireil le Pàpanaich, no le Prötastanaich, ciamar anis is còir dhoibh a bhi air an gabhail, no air an tuigsinn?——F. Tha Criosd féin a' mìneachadh na cùise anns an dara agus 's an treas rànn thar an trì fichead, "Agus ciod na'm faicheadh sibh Mac an duine a' dol suas do'n àit anns an robh è roimhe? Is è *an Spìorad a bheothaicheas*; cha n-'eil tairbhe air-bith 's an fheòil; na briathran a tha mise a' labhairt ribh, is *spìorad* agus is *beatha* iad." Mar gu'n abradh è, O sibhse Iudhacha, tha sibh a' smuaineachadh gu'm bheil mis' a' labhairt ribh, ann an seadh litireil mu itheadh de m' fheòil agus òl de m' fhuil. Ged chì sibh mo chorp a' dol suas gu nèamh, an lean sibh fathast a' gabhail a' bheachd so mu itheadh dheth? Bithidh m' fheòil-sa fad às, far nach ruig duine air itheadh dh'ì. Na

briathran a ta mise a' labhairt ribh, is briathran iad a tha 'toirt beatha, agus tha iad gu bhi air an tuigsinn gu spioradail. Thigibh do m' ionnsuidh-sa agus creidibh annam-sa, oir is è sin na tha mis' a' ciallachadh le itheadh de m' fheadh agus le òl de m' fhuil; oir, "an tì a thig do m' ionnsuidh-sa cha bhi ocras gu bràth air, agus an tì a chreideas annam-sa, cha bhi tart gu bràth air." Gheibh sibh gach sochair a ta 'sruthadh o mo chorp-sa, chum bhur n-ocras a shàsachadh agus uile shochairan m' fhola, chum bhur tart a chasgadh.

C. 204. An è do bheachd, matà, gur è tha anns na briathraibh so, dòigh dhruigheach air nochdadh na firinn a ta ag ràdh, gu'm féum sinn creidsinn ann an Crìosd agus teachd d'a ionnsuidh?—F. Is è. Tha sin gu soilleir air 'fhilleadh anns a' chòigeamh rànn déug thar fhichead.

Eòin 6. 35. An tì a thig a m' ionnsuidh-sa, cha bhi ocras gu bràth air; agus an tì a chreideas annam-sa, cha bhi tart gu bràth air.

C. 205. Thigeamaid anis gu briathraibh an òrduigh. Gabhamaid eachdraidh an òrduigh féin, mar tha ì air a toirt dhuinn leis an t-Soisgeulach Lùcas agus leis an Abstol Pòl. Ciod a bha è a' ciallachadh le ràdh, "is è so mo chorp-sa?"

Lùc. 22. 14. Agus an tràth thàinig an uair, shuidh e sìos, agus an dà abstol deug maille ris. R. 15. Agus thubhairt e riu, Le mòr-thogradh mhiannaich mi a' chàisg so itheadh maille ribh roimh dhomh fulang: R. 16. Oir a ta mi ag ràdh ribh, nach ith mi dhith tuilleadh, gus an coimhlionar i ann an rìoghachd Dhé. R. 17. Agus ghlac e cupan, agus air dha buidheachas a thabhairt, thubhairt e, Gabhaibh so, agus roinnibh eadaraibh féin e. R. 18. Oir a ta mi ag ràdh ribh, nach òl mi do thoradh na fionain, gus an tig rìoghachd Dhé. R. 19. Agus ghlac e aran, agus an déigh buidheachas a thabhairt, bhris e, agus thug e dhoibh-san e, ag ràdh, Is e so mo chorp-sa a ta air a thoirt air bhur son-sa: deanaibh so mar chuimhneachan orm-sa. R. 20. Agus mar an ceudna an cupan, an déigh na suipeir, ag ràdh, Is e an cupan so an tiomuadh nuadh ann am fhuil-sa, a dhòirteadh air bhur son-sa.

1 Cor. 11. 23. Oir fhuair mise o'n Tighearn an ni mar an ceudna a thug mi dhuibh-sa, Gu'n do ghlac an Tighearn Iosa aran, anns an oidheche an do bhrathadh e: R. 24. Agus air tabhairt buidheachais, bhris se e, agus thubhairt e, Gabhaibh, ithibh; is e so mo chorp-sa, a ta air a bhriseadh air bhur son-sa: deanaibh so mar chuimhneachan orm-sa. R. 25. Agus air a' mhòd cheudna an cupan, an déigh na suipeir, ag ràdh, Is e an cupan so an coimhcheangal nuadh ann am fhuil-sa: deanaibh-sa so, cia minic as a dh'òlas sibh e, mar chuimhneachan orm-sa. R. 26. Oir cia minic as a dh'itheas sibh an t-aran so, agus a dh'òlas sibh an cupan so, tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an tig e. R. 27. Uime sin, ge b'e neach a dh'itheas an t-aran so, agus a dh'òlas cupan so an Tighearna gu neo-iomchuidh, bithidh e ciontach do chorp

agus do fhuil an Tighearna. R. 28. Ach ceasnuicheadh duine e-féin, agus mar sin itheadh e do'n aran so, agus òladh e do'n chupan so.

F. Is sàmhlachadh, no briathran sàmhlach iad sin. Tha sin soilleir (1.) o'n àm air an deachaidh an labhairt. Bu chuilm shàmhlach, no féisd shàmhlachaidh a' chàisg aig an robh Suipeir an Tighearna air a h-òrduchadh. Cha b' urrainn na briathran "a' chàisg so" (dol-thairis, *passover*,) a bha air an gnàthachadh leis an t-Slànuighear, a bhí air an tuigsinn gu litireil; oir cha robh anns a' chuilm, ach amhàin cuimhneachadh air "dol-thairis" an Tighearna air ceud-ghin Israeil anns an Eiphit. (2.) Tha Crìosd a' gairm "toradh na fìonain"—de'n fhìon. (Lùc. 22. 18.) (3.) Gu soilleir is gnìomh cuimhneachaidh Suipeir an Tighearna, "Deanaibh so mar *chuimhneachan* orm-sa." (4.) Tha an t-Abstol trì uairean, a' gairm arain de na comharraidhean coisrigte. 1 Cor. 11. Tha Crìosd ag ràdh "is è an cupan so an coimhcheangal nuadh." 1 Cor. 11. Ach bho sin cha n-urrainnear a dhearbhadh gu'n robh an cupan air a bhrìgh-atharrachadh gus a' choimhcheangal nuadh. (6.) Tha cainnt shàmhlach air a gnàthachadh gu tric anns an Sgriobtuir, mar sin theirear gur cuilean leòmhain Iudah, no sàmhlaichear Iudah ri cuilean leòmhain.(a)

a Gen. 49. 9. Is cuilean leòmhain Iudah; o'n chobhartaich, a mhic, chaidh thu suas; chrom se e-féin sìos, chrùb e mar leòmhan, agus mar sheann leòmhan; cò dhùisgeas suas e.

Gen. 49. 14. Is asal làidir Isachar, a' crùbadh sìos eadar dhà eallaich.

Ròm. 3. 13. Is uaigh fhosgailte an seòrnach; labhair iad cealg le'n teangaibh; tha nimh nan nathracha nimhe fo 'm bilibh.

Isa. 40. 6. Tha guth ag ràdh, Eigh; agus thubhairt mise, Ciod a dh'éigheas mi? Is fear gach uile fheòil, agus tha a h-òirdheirceas uile mar bhlàth na macharach:

Eòin 10. 9. Is mise an dorus; ma theid neach air bith steach tromham-sa, teàrnar e, agus theid e steach agus amach agus gheibh e ionaltradh.

Eòin 15. 1. Is mise an fhìonain fhìor, agus is e m' Athair an treabhaiche.

1 Cor. 10. 4. Agus gu'n d'òl iad uile an aon deoch spioradail; (oir dh'òl iad do'n charraig spioradail sin a lean iad, agus b'i a' charraig sin Crìosd.)

C. 206. Am bheil an Sgriobtuir an aghaidh brìgh-atharrachaidh?—F. Thà è. (1.) Tha corp Chriosd air nèamh, cha n-ànn air an talamh.(a) (2.) 'Nuair a thig Crìosd air an là dheireannach, is ann 'an glòir a thig è.(b) (3.) Ma tha teagasg na brìgh-atharrachaidh ceart, tha Crìosd anis air 'isleachadh, air 'itheadh agus air a mheirbheadh; 'nuair a tha an Sgriobtuir ag innseadh na fìrinn, gu'm bheil è nis air a ghlàrachadh.(c) (4.) Tha an t-abhlan buailteach do ghrodadh,

air an aobhar sin, ma tha brìgh-atharrachadh fìor, tha corp Chrìosd buailteach do ghrodadh, nì a tha an aghaidh an Sgrìobtnuir.(d) (5.) Tha am Bìobull a' dearbhadh nach urrainnear Dia a dheanamh le làimh duine. Tha a' ghearrag (*host*) air a deanamh agus air a fuineadh.(e) (6.) Tha crìoch mhòr Suipeir an Tighearna air a cur air chùl; suipeir a tha chum cuimhne 'chumail air Chrìosd is é às an làthair. Ma tha corp Chrìosd gu litireil a làthair anns an t-sàcramaid, cha n-urrainn an t-òrdugh so a bhì 'n a cho-chuimhneachadh air Chrìosd.(f)

a Eòin 14. 1. Na biodh bhur cridhe fo thrioblaid: tha sibh a' creidsinn ann an Dia, creidibh annam-sa mar an ceudna. R. 2. Ann an tigh m'Àthair-sa tha iomadh àite-còmhnuidh: mur biodh e mar sin, dh'innisinn-sa dhuibh. Tha mi 'dol a dh'ulluchadh àite dhuibh.

Gnìomh. 3. 20. Agus a chuireas e Iosa Chrìosd d'ur ionnsuidh, a chaidh roimh-òrduchadh. R. 21. Neach is éigin do nèamh a *ghabhail gu aimsiribh aisig nan uile nithe*, air an do labhair Dia le beul 'fhàidhean naomha uile, o thoiseach an t-saoghail.

Gnìomh. 20. 56. Agus thubhairt Stephen, Feuch, tha mi faicinn nan nèamh fosgailte, agus Mac an dnine 'n a sheasamh air deas làimh Dhé.

Ròm. 8. 34. Cò a dhètas? Is e Chrìosd a fhuair bàs, seadh tuilleadh fòs, a dh'éirich a rìs, agus a ta *air deas làimh Dhé*, neach a ta mar an ceudna a' deanamh eadar-ghuidhe air ar son-ne.

b Mata 24. 30. Agus chi iad Mac an duine a' teachd air neulaibh nèimh, le cumhachd agus glòir ro-mhòir.

Gnìomh. 1. 11. Agus thubhairt iad, Fheara Ghalile, c'ar son a ta sibh 'n'ur seasamh ag amharc gu nèamh? An t-Iosa so a thogadh suas uaibh gu nèamh, is amhuil sin a thig e, mar a chunnaic sibh e a' dol gu nèamh.

Taisb. 1. 7. Feuch, tha e teachd le neulaibh; agus chi gach sùil e, agus iadsan mar an ceudna a lot e: agus ni uile threubha na talmhainn caoidh air a shon-san: gu ma h-amhluidh bhitheas. Amen.

c Philip. 2. 8. Agus air dha bhì air fhaghail ann an cruth mar dhuine, dh'ìrioslaich se e-féin, agus bha e ùmhal gu bàs, eadhon bàs a' chroinn-chéusaidh. R. 9. Air an aobhar sin dh'àrdaich Dia e gu ro àrd mar an ceudna, agus thug e dha ainm os ceann gach uile aiume. R. 10. Chum do ainm Iosa gu'n lùbadh gach glùn, do nithibh a ta air nèamh, agus do nithibh a ta air thalamh, agus do nithibh a ta fo 'n talamh.

Gnìomh. 2. 33. Uime sin air dha bhì air 'ardachadh le deas làimh Dhé, agus gealladh an Spioraid naomh fhaotuinn o'n Athair, dhòirt e mach an nì so, a tha sibhse nis a' faicinn agus a' cluinntinn. R. 36. Uime sin biodh fios gu cinnteach aig tigh Israeil uile, gu'n d'rinn Dia 'n a Thighearn agus 'n a Chrìosd an t-Iosa so féin, a chéus sibhse.

d Salm 16. 10. Cha leig thu le t'aon naomh truailleidheachd fhaicinn.

e Salm 135. 15. Is airgiod agus òr ìodhoil nan cinneach, obair làmhan dhaoine. R. 16. Tha beul aca, ach cha labhair iad; sùilean aca, ach cha'n fhaic iad. R. 17. Tha cluasan aca, ach cha chluinn iad: ni mò a tha anail 'n am béul. R. 18. Cosmhuil riu-féin tha iadsan a ni iad, gach neach a dh'earbas asda.

Isà. 44. 16. Cuid dheth loisgidh e san teine ; le cuid eile dheth deasaichidh agus ithidh e fèil ; ròstaidh e biadh, agus sàsuichear e ; an sin garaidh se e fèin, agus their e Aha, rinn mi mo gharadh ; dh'aitlìnich mi an teine. R. 17. Agus do'n chuid eile dheth ni e dia, eadhon dealbh snaidhte dha-fèin ; cromaidh e sìos dha, agus bheir e aoradh dha ; agus ni e ùrnuigh ris, agus their e, teasairg mi, oir is tu mo dhia.

f 1 Cor. 11. 26. Oir cia minic as a dh'itheas sibh an t-aran so, agus a dh'òlas sibh an cupan so, tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an tig e.

C. 207. Am bheil dearbhadh eile agad an aghaidh brìgh-atharrachaidh?——F. Thà ; na cóig càilean, no ceudfàthan a' chuirp—fradharc, claisteachd, blasad, faireachadh agus boltanas no fàileadh.

C. 208. Am bheil na càilean (*senses*) airidh air làn chreideas ? ——F. Thà. As an easbuidh cha b'urrainn fios a bhi againn air ni sam-bith. Mur bitheadh na càilean so—fradharc agus clàisteachd aig na h-Abstol, cha b'urrainn iad Crìosd 'fhaicinn, no 'chluinntinn.

C. 209. Am bheil an creidimh Crìosdail air a shuidheachadh air fianuis nan càilean?——F. Thà è. Bha uile mhior-bhuilean Chrìosd air an dearbhaidh leò, agus cha b' urrainnear an dearbhadh air dòigh eile. Ann an gnìomhraibh nan Abstol thàtar a' labhairt air na càilean mar ùghdarras neomhearachdach,(a) agus tha an t-Abstol Eòin 'g an toirt mar dhearbhadh ann am briathraibh cosmhuil ri càch.(b)

a Gnìomh. 1. 3. D'an d'rinn e mar an ceudna e-fèin a nochdadh beò an déigh 'fhulangais, le mòran do chomharaibh fìrinneach, air dha bhi air fhaicinn leo feadh dhà fhichead là, agus e 'labhairt mu na nìibh sin a bhuineadh do rìoghachd Dhé.

b 1 Eòin 1. 1. An ni a bha ann o thùs, an ni a chuala sinn, a chunnaic sinn le ar sùilibh, air an d'amhaire sinn, agus a làimhsich ar làmhtha thaobh focail na beatha ; R. 2. (Oir dh'fhoillsicheadh a' bheatha, agus chunnaic sinn i, agus tha sinn a' deanamh fianuis, agus a' cur an céill dhuibhse na beatha maireannaich ud a bha maille ris an Athair, agus a dh'fhoillsicheadh dhuinne ;) R. 3. An ni a chunnaic agus a chuala sinn, tha sinn a' cur an céill dhuibhse, chum gu'm bi agaibh-sa mar an ceudna comunn ruinne : agus gu fìrinneach tha ar comunn-ne ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Crìosd.

C. 210. Ciamar a tha na càilean a' deanamh fianuis an aghaidh brìgh-atharrachaidh?——F. (1.) Chì fradharc na sùla nach corp duine a ta anns an abhlan-arain, no anns a' ghearraig. (2.) Tha claisteachd na cluais' a' dearbhadh dhuit, ma leigeas tu leis an abhlan tuiteam air an làr, nach 'eil aige fuaim cuirp air tuiteam. (3.) Tha blasad na teanga ag

innseadh dhuit nach 'eil blas feòla no fola air. (4.) Ni faireachadh nan làmh a phronnadh, agus a dhearbhadh nach corp è, agus nach 'eil cudthrom cuirp duine ànn. (5.) Tha boltanas a' toirt an dearbhaidh chéudna. Tha dearbhadh a' chreidimh Chriosdail, marso suidhichte air fianuis dà chàil—fradharc agus clàisteachd. Tha mealladh na brìgh-atharrachadh air a dhètheadh le fianuis nan còig càilean. Labhraidh na Pàpanaich air neo-mhearachdas; ach le fìrinn, tha dearbhadh neo-mhearachdach againn-ne, an aghaidh brìgh-atharrachaidh.—(Faic *Neo-mhearachdas*—IUCHAIR.)

C. 211. Air dhuit a dhearbhadh gu'm bheil brìgh-atharrachadh an aghaidh an Sgriobtuir agus an aghaidh gach uile chomas mothachaidh ann an duine; tha sinn anis a' faighneachd an urrainn am Pàpanach féin a bhi làn-chinnteach mu fhìor choisrigeadh an abhlain?——F. Cha n-urrainn idir; do bhrìgh, mar chunnaic sinn cheana, gu'm bheil Eaglais na Ròimh ag iarraidh *rùnachadh* a bhi anns an t-sagart aig àm frithealaidh nan sàcramaid: Cha n-urrainn neach a bhi cinnteach gur fìor shagart è, no abair gu'm bheil *rùnachadh* anns an t-sagart, co is urrainn a ràdh le cinnteach, gu'm bheil è iomchuidh, no deasaichte gu choisrigeadh.—Faic *Ceist* 126–131.

C. 212. Ciod a leanas, matà, mur sagart fìor an sagart, no mur 'eil *rùnachadh* ànn?——F. Cha n-'eil an choisrigeadh fìor, agus an lorg sin, tha an sluagh a' deanamh aoraidh do ni anns nach 'eil, a-réir teagasg na h-eaglais aca-féin, ach plùr agus uisg amhàin.

C. 213. Cia liuthad deireas eile a dh-fhaodas tachairt leis am bi an choisrigeadh air a dheanamh 'n a ni gun bhrìgh?——F. Mur bi am plùr air a dheanamh de chruithneachd glan, no ma bhitheas am fìon air a mheasgachadh, no air a thruaillleadh le ni sam-bith, tha leabhar-aifrinn na Ròimh a' teagasg nach 'eil éifeachd anns a' choisrigeadh. Faodaidh gaoidean eile a bhi ànn cuideachd, mar tha an leabhar-aifrinn céudna ag ràdh, gun fhios air-bith a bhi aig an t-sluagh air aon diubh.—(Faic *Manual*, t. 91.)

C. 214. Ciamar a tha an t-abhlan air a ghabhail leis na Pàpanaich?——F. Air an teangaidh, far am bheil è air a chur le làmh an t-sagairt, agus tha è air iarraidh air an neach a ghabhas è a leaghadh 'n a bhéul, ach gun 'itheadh, no chagnadh le 'fhiaclaibh.

C. 215. Ciamar a tha an t-abhlan air a dheanamh, agus cò dheth?——F. Tha è air a dheanamh de phlùr agus uisg; an-deigh sin, air a ghearradh, air a chomharrachadh le dealbh, no stàmp agus air a bhruich air an teine ann an inneal a ta air a dheanamh air a shon, agus a tha gle chosmhuil ri clobha-teallaich.

C. 216. Am bheil na Pàpanaich ag aideachadh gu'm faod an t-abhlan grodadh, no fàs truailidh?——F. Thà iad. Tha leabhar-aifrinn nam Pàpanach ag innseadh gu soilleir, 'nuair a thachaireas do'n t-sagart an t-sàcramaid (*eucharist*) a sgeith amach, mur ceadaich a stamag dhà a h-imleach suas, gu'm bheil na pronnagan coisrigte gu bhi gu cùramach air an dealachadh o'n chuid eile de'n sgeith, agus air an tasgadh suas ann an àit coisrigte air-chor-eigin, gus an grod iad.—(Faic *Manual*, t. 94.)

C. 217. Tha eaglais na Ròimh marso, a' teagasg gu'm faod corp Chrìosd crìonadh, no fàs truailidh; ciamar a tha sin a' dol an aghaidh labhairt shoilleir an Sgrìobtuir?——F. Tha è sgrìobhte mu chorp Chrìosd “Ni mò a dh-fhuilingeas tu do d' naomh Aon féin gu'm faic è truailidheachd.”—Gnìomh. 2. 27.

C. 218. Tha eaglais na Ròimh ag àithneadh d' a pobull an t-abhlan a ghabhail an uair a bhitheas iad 'n an trasgadh. Ciamar tha so mì-fhreagarrach do chleachdadh ar Tighearna agus a chuid Abstol?——F. Shuidhich agus fhritheal Crìosd an t-òrdugh so an-deigh féisd na Càisge. Air an aobhar sin, cha robh na deisciobuil 'n an trasgadh 'nuair a ghabh iad an t-aran agus am fìon.

C. 219. Am bheil eaglais na Ròimh ag iarraidh aoradh diadhaidh a bhi air a dheanamh do'n ghearraig choisrigte, no do'n abhlan?——F. Thà. Tha i a' bagradh a mallachd an aghaidh gach neach a their nach 'eil aoradh gu bhi air a dheanamh dhà le *Latria*, sin ri 'ràdh, an t-aoradh a's àirde.—(Faic *Manual*, t. 81.)

C. 220. Ciod ì nis do bharail mu bhrìgh-atharrachadh?——F. Is innleachd shàtanach ì, air a sònruachadh a chum dreuchd nan sagart àrdachadh, agus a ghldìr féin a spùinneadh o Dhia, le bhi gu riochdail a' teagasg gur è an créutair cruithear a' Chruithair. Agus is tobar eagalach ì às am bheil baath-chreidimh agus iodhol-aoradh a' sruthadh.

IOBAIRT NA H-AIFRINN.

C. 221. Ciod a tha an Ròimh a' teagasg mu ìobairt na h-aifrinn?—F. Air dh'ì a theagasg gu'm bheil an t-abhlan air a bhrìgh-atharrachadh gu corp agus fuil, anam agus diadhachd Chrìosd, no air a dheanamh 'n a Chrìosd; tha ì ag ràdh gu'm bheil è air a thoirt suas anns an aifrinn, 'n a " ìobairt fhìor, cheart, agus réite air a deanamh airson nam beò agus nam marbh."—(*Créud Phàruis* IV. EAR. 5.)

C. 222. Ciod an dòigh, a tha ì ag ràdh, air am bheil an ìobairt air a deanamh?—F. Tha ì a' teagasg gu'n robh, mar ann an aoradh nan Iudhach, an ìobairt air a tabhairt suas do Dhia, air a marbhadh agus air a caitheamh le teine air an altair; mar sin tha Chrìosd a tha làthair gu cinnteach anns a' ghearraig, no anns an abhlan, air a thabhairt suas do Dhia, 'n a ìobairt gun fhuil, air 'ìobradh agus air a chaitheamh leis an t-sagart.—(*Ceist* 199.)

C. 223. Ciod am meadhon a tha na Pàpanaich a' gnàthachadh, a chum sochair àraid 'fhaotuinn o ìobairt na h-aifrinn?—F. Bheirear ainm an neach airson am bheil an aifrinn gu bhì air a deanamh, co dhiubh a tha è beò no anns a' phurgadair, do'n t-sagart le pàidheadh freagarrach 'n a' chois, agus ainmichidh an sagart an t-ainm anns an àireamh aifrinn a ta 'freagairt do'n t-suim a chaidh phàidheadh.

C. 224. Am bheil iad a' gabhail Sgriobtuir a dhearbhadh so?—F. Thà. Tha iad ag ràdh gu'n tug Melchisedec amach aran agus fìon, mar ìobairt, 'n an sàmhladh air ìobairt na h-aifrinn.(a)

a Gen. 14. 18. Agus thug Melchisedec rìgh Shaleim a mach aran agus fìon: agus b'esan sagart an Dé a's ro-àirde.

C. 225. Ciamar a dhearbhas tu gur mearachd a bhì 'g ràdh sin?—F. (1.) Tha eadar-theangachadh mearachdach ann am Bìobull nam Pàpanach. Am focal "*vau*" anns a' Bhìobull Eabhrach a tha sinne ag eadar-theangachadh gu "and" (*agus*), tha na Pàpanaich a' deanamh "for" (*oir*) dheth, chum a dhearbhadh gu'n robh Melchisedec an so, a' coi-lionadh oifig sagairt. Gidheadh, a cheart fhocal so a tha iad, mar so gu mearachdach, ag eadar-theangachadh gu "for" (*oir*), tha iad a' deanamh "and" (*agus*) dheth anns a' cho-theagasg. (2.) Tha è soilleir gu'n tug Melchisedec amach aran agus fìon, a

chum Abraham agus a dhaoine ùrachadh. Tha Ioséphus ag ìnnseadh sin.—(*Faic Manual t. 112.*) (3.) Tha è soilleir nach tug è suas ìobairt, aig an àm; oir tha an t-Abstol, anns an t-seachdamh caibdeil de 'n Litir chum nan Eabhruidheach, a' labhairt air Melchisedec mar shàmhladh, cha n-'eil è ag ainmeachadh gu'n tug è suas ìobairt idir. (4.) Eadhon ged bheireadh è suas aran agus fion mar ìobairt, bu shàmhladh sin air ìobairt mhòir a' chroinn-chéusaidh, agus cha n-ànn air Suipeir an Tighearna.

C. 226. Nach 'eil na Pàpanaich a' gabhail nam briathran a ta ann am Malachi 1, 11. a dhearbhadh na cùise?

Mal. 1. 11. Oir, o éirigh na gréine gu ruig a dol sìos, bithidh m' ainm-sa mòr am measg nan cinneach; agus anns gach àite tairgear tùs do m' ainm-sa, agus tabhartas fìor-ghlan: oir bithidh m' ainm mòr am measg nan cinneach, deir Tighearn nan sluagh.

F. Thà iad; ach tha am fàidh, an sin, a' labhairt air ìobairt ùrnuigh agus molaidh.(a) Is ì an argumaid aca-san gur è ìobairt litireil a ta air a ciallachadh an còmhnuidh, leis an fhocal Eabhreach "*mincha*"; ach cha n-è, oir tha ìobairt spioradail air a ciallachadh gu tric, leis an fhocal sin anns an Sgriobtuir.(b)

a Salm 141. 2. Cuirear m'urnuigh a'd' làthair, mar thùis; togail suas mo làmh, mar an ìobairt fheasgair.

Salm 51. 17. Is iad ìobairtean Dhé spiorad briste: air cridhe briste agus brùite, a Dhé, cha dean thusa tàir.

Eabh. 13. 16. Ach na dì-chuimhnichibh maith a dbeanamh, agus comb-roinn a thoirt uaibh: oir a ta an leithide sin do ìobairtibh taitneach do Dhia.

Ròm. 12. 1. Air an aobhar sin guidheam oirbh, a bhràithre, tre thròcairibh Dhé, bhur cuirp a thoirt 'n am beò-ìobairt, naomh, thaitnich do Dhia, ni a's e bhur seirbhis reusonta.

b Isà. 66. 19. Agus cuiridh mi comhara 'n am measg; agus a' mhuinntir a théid as diubh cuiridh mi dh'ionnsuidh nan cinneach, gu Tarsis, Pul, agus Lud, a thairngeas am bogha; gu Tubal agus Iabhan, na crìochan fad as; nach cuala iomradh orm, agus nach faca riamh mo ghlòir; agus cuiridh iad an céill mo ghlòir am measg nan cinneach. R. 20. Agus bheir iad 'ur bràithrean uile, as gach cinneach, mar thabhartas do'n Tighearn; air eachaibh, agus air carbadaibh, agus air uirighibh, air muilidibh, agus air ainmhidhean luath-chosach; gu mo shliabh naomh-sa Ierusalem deir an Tighearn; amhuil a bheir clann Israeil tabhartas ann an soitheach glan gu tigh an Tighearn.

C. 227. Ciod a tha agad ri ràdh an aghaidh na h-aifrinn?
 — F. (1.) Fo fhrithealadh an t-soisgeil, cha n-'eil sagart-achd airson ìobairt ànn idir. Cha n-'eil am focal Gréugach (*νεπυς*) *Iereus* leis am bheil fear-ìobraidh air a chiallachadh,

air a thoirt mar ainm do mhinistearaibh an t-soisgeil ann an àit air-bith de 'n Tiomnadh Nuadh. Goirear dhiubh *ministearan, stiùbhardan* agus *teachdairean*, cha n-è *sagairt ìobraidh*.(a) Tha na h-aobharan airson an robh sagartachd nan Iudhach air a cur air chùl, a' labhairt le dearbhadh a cheart cho soilleir an aghaidh sagartachd ìobraidh fo 'n chreidimh Chriosdail.(b) (2.) Cha n-'eil ànn ach aon ìobairt amhàin—is i sin ìobairt Chalbhari.(c) “Cha 'n fhàgar tuilleadh dhuinn ìobairt airson peacaidh.” (3.) Cha n-'eil tairbhe ann an ìobairt gun fhuil.(d)

a 1 Cor 4. 1. Biodh a shamhuil so do mheas aig duine dhinne, mar mhinistearaibh Chriosd, agus mar stiùbhardaidh rùna-dìomhair Dhé.

2 Cor. 5. 20. Uime sin is teachdairean sinn air son Chriosd, mar gu cuireadh Dia impidh leinne: tha sinne a' guidhe oirbh as uchd Chriosd, bithibh réidh ri Dia.

b Ròm. 6. 9. Air dhuinn fios a bhi againn air do Chriosd éirigh o na marbhaibh, nach bàsaich e *nì's mò*; cha n-'eil tighearnas aig a' bhàs *nì's mò* air.

Eabh. 7. 23. Agus bha gu deimhin mòran dhiubh-san 'n an sagartaibh, do bhrìgh gu'n do bhacadh dhoibh leis a' bhàs a bhi maireann. R. 28. Oir tha an lagh a' deanamh àrd-shagarta do dhaoibh aig am bheil anmhuinneachd; ach focal nam mìonnan a bha an déigh an lagha a' deanamh àrd-shagairt do'n Mhac, a tha air a dheanamh iomlan *gu sìorruidh*.

c Eabh. 7. 27. Nach feum gach là mar na h-àrd-shagairt ud ìobairtean thoirt suas, air tùs air son a pheacanna féin, agus an dèigh sin air son pheacanna an t-sluaigh: oir rinn e so aon uair 's an àm a thug se e-féin suas.

Eabh. 9. 25. No fòs chum e-féin ìobradh gu minic, mar a théid an t-àrd-shagart gach bliadhna steach do'n ionad naomh, le fuil nach leis féin. R. 28. Mar sin thugadh Chriosd suas aon uair a thoirt air falbh peacanna mhòran, ach an dara uair as engmhais peacaidh foillsichear e dhoibh-san aig am bheil sùil ris, chum slàinte.

Eabh. 10. 1. Uime sin air bhi aig an lagh sgàile nithe maithe ri teachd, agus cha'n e fìor-choslas nan nithe féin, cha'n 'eil e comasach dha an dream a thig d'a ionnsuidh a chaidh a dheanamh coimhlionta leis na h-ìobairtibh sin, a bha iad a' toirt suas o bhliadhna gu bliadhna a ghnàth. R. 2. Oir an sin nach sguireadh iad do bhi 'g an toirt suas? do bhrìgh nach biodh aig luchd deanamh na naomh-sheirbhis tuilleadh coguis air bith peacaidh, air dhoibh bhi aon uair air an glanadh. R. 3. Ach anns na h-ìobairtibh sin nìhear ath-chuimhneachadh air na peacaibh gach bliadhna. R. 4. Oir cha n-'eil e'n comas gu'n tugadh fuil tharbh agus ghabbar peacanna air falbh. R. 5. Uime sin aig teachd dha do'n t-saoghal, a ta e ag ràdh, Ìobairt agus tabhartas cha b'àill leat, ach dh'ulluich thu corp dhomh-sa: R. 6. Ann an ìobairtibh-loisgte, agus ann an ìobairtibh air son peacaidh cha robh tlachd agad: R. 7. An sin thubhairt mise, Feuch tha mi a' teachd, (ann an rola an leabhair tha sud sgrìobhta orm,) chum do thoil-sa a dheanamh, O Dhé. R. 8. Air dha a ràdh roimh sin, Ìobairt, agus tabhartas, agus ìobairte-loisgte, agus ìobairt air son peacaidh cha b'àill leat, agus cha robh do thlachd anna, (a tha air an toirt suas a réir an lagha;) R. 9. An sin thubhairt e, Feuch, a ta mi a' teachd a dheanamh do thoil-sa, O Dhé. Tha e 'cur air eòl a' chend ni, chum gu'n daingnich e an dara

ni. R. 10. Leis an toil so tha sinne air ar naomhachadh, *tre toirt suas cuirp Iosa Crìosd aon uair* R. 11. Agus tha gach uile shagart a' seasamh gach là, a' frithealadh agus a' toirt suas nan ìobairt céndna gu minic, nithe *do nach 'eil e'n comas a chaoidh peacanna thoirt air falbh*: R. 12. Ach an duine so, an déigh dha aon ìobairt a thoirt snas air son peacaidh, shuidh e a chaoidh tuilleadh air deas làimh Dhé; R. 13. A' feitheamh o sin suas gus an cuirear a naimhde 'n an stòl-chos fo 'chosaidh.

1 Pead. 3. 18. Oir dh'fhuiling Crìosd féin aon uair air son pheacanna, am fìrean air son nan neo-fhùrean, (chum gu'n tugadh e sinne gu Dia,) air dha bhì air a chur gu bàs 's an fhèidil, ach air a bheothachadh tre an Spiorad.

d Eabh. 9. 22. As éngmhais d'òrtaidh fola cha n-'eil maitheanas r'a fhaotuinn.

C. 228. Ciamar a tha an Ròimh ciontach de iodhol-aoradh anns an aifrinn?—F. Tha ì ag aoradh do chrimeig arain, no do ghearraig choisrigte, mar Dhia; ach cha n-'eil anns a' ghearraig so, mar chaidh a dhearbhadh cheana, ach amhàin min agus uisg.—Faic *Ceist* 206. (Faic *Manual*, t. 81.)

C. 229. Ciamar a tha 'bharail so ag àrdachadh na sgartachd —F. Le bhi ag ràdh gu'm beilear a' toirt cumhachd do na sagartaibh an t-aran agus am fìon atharrachadh gu corp Chrìosd,—“Tighearn na gloire” a thoirt anuas air an altair, agus an-deigh sin esan ìobradh suas airson nam beò agus nam marbh.—(*Créud Phàis* IV. EAR. 5.)

COMANACHADH ANN AN AON SEORSA.

C. 230. Ciod a tha thu a' ciallachadh le comānachadh 'an aon seòrsa?—F. Tabhairt an arain amhàin do'n phobull, agus cumail a' chupain uatha.—(Faic *Créud Phàis* IV. EAR. 8.)

C. 231. Am bheil an cleachdadh sin an aghaidh òrdugh Chrìosd?—F. Tha gu fìor shoilleir. Is è thubhairt Crìosd, “*Olaibh uile dheth.*”—Mata 26. 27.

C. 232. Ach nach robh sin air a ràdh ris na h-Abstoil amhàin?—F. Bha gun teagamh; ach bha è air a ràdh ris na h-Abstoil mar luchd-ionaid na h-eaglais uile. A bhàrr air sin, ma dh'-fhaodar an cupan a chumail o 'n phobull, do bhrìgh gu'n robh na focail “*Olaibh uile dheth,*” air an labhairt ris na h-Abstoil amhàin; dh'-fhaodteadh an t-aran a chumail uatha, mar-an-céudna; do bhrìgh gu'n robh na focail “*Gabh-aibh, ithibh,*” air an labhairt ris na h-Abstoil amhàin.

C. 233. An d'-aidich ùghdairean Pàpanach gu'n robh a' phrìomh eaglais a' gabhail an dà sheòrsa, an t-aran agus am fìon anns a' chomānachadh?—F. Dh'-aidich Comhairle

Chonstance so, agus cuid de 'n luchd-teagaisg a's àirde cliù ameasg nam Pàpanach.*

C. 234. Dearbh gun d'-fhuair am pobull an dà sheòrsa, an t-aran agus am fìon?——F. Tha an t-Abstolannan sgrìobhadh a dh-ionnsuidh muinntir Chorint, ag ràdh—

1 Cor. 11. 26. Oir cia minig as a dh'-itheas sibh an t-aran so, agus a dh'òlas sibh an cupan so, tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an tig è.

C. 235. Ciod ì a' chrìoch a ta aig eaglais na Ròimh anns a' chleachdadh so—toirt a' chomànachaidh ann an aon seòrsa?——F. Ciod ach dreuchd nan sagart àrdachadh; tha iadsan, leis a' chleachdadh so, air an deanamh 'n an luchd-compàirt de shochairibh o'm bheil am pobull air an dùineadh amach, agus gu eagal mòr, saobh-chreidmheach mu na comharraidhean coisrigte a thogail ann an ìinntinnibh an t-sluaigh.

C. 236. Ciod an réusan a tha eaglais na Ròimh a' toirt airson a' chleachdaidh so?——F. Eagal gu'n dòirtear dad de'n fhìon air an talamh, a chur eas-onoir air an t-Slànuighear, oir tha ì a' cumail amach gur Crìosd gach boinne air leth dheth: marso, tha ì a' gabhail oirre-féin a bhi ag atharrachadh an òrduigh a shuidhich Crìosd, fo ainm a bhi 'cur urraim na's mò air nithibh naomha.—Faic *Ceist* 199, 216.

C. 237. Ciod è an sàmhladh òrduichte agus a's fìor fhreagarrach air fuil Chrìosd a chaidh dhòrtadh air ar son?——F. Toradh na fìonain. Cha n-fhaca corp, no fuil Chrìosd truailidheachd.

Gnìomh. 2. 27. Ni mò a dh' fhuilingeas tu do d' naomh Aon féin gu'm faic e truailidheachd.

AORADH DO NAOIMH 'US DO AINGLEAN.

C. 238. Ciod è teagasg eaglais na Ròimh mu ùrnuigh ri naoimh agus ainglibh?——F. Tha ì a' teagasg gur còir onoir a chur air na Naoimh a ta rìgheachadh maille ri Crìosd agus ùrnuigh a dheanamh riutha, agus gu'm bheil iad a' deanamh ùrnuigh ri Dia air ar son."—(*Créud Phàis* IV. EAR. 7. Faic *Naomh*—IUCHAIR.)

C. 239. Ciod iad na h-argumaidean a tha ì a' toirt airson a' chleachdaidh so?——F. Tha ì ag ràdh mar tha è ceadaichte do na Naoimh ùrnuigh a dheanamh airson càch a chéile air an talamh; mar sin, gu'm bheil è ceadaichte do na

* Faic Col. 100, Labbe agus Cossart, 1672.

Naomh air nèamh, ùrnuigh a dheanamh airson nan Naomh a ta air an talamh.

C. 240. Ciod è do fhreagairt do sin?——F. Cha n'eil an argumaid sin a' beantuinn idir ris a' chùis, no 'dearbhadh na cùis' ann an tomhas air-bith, co aca tha sinn gu ùrnuigh a dheanamh ris na Naomh, no nach 'eil. Eadhon geda b' fhìor, gu'n robh na Naomh air nèamh a' deanamh ùrnuigh *air ar son-ne*, cha bu dearbhadh sin gu'm faod sinne ùrnuigh a dheanamh *riutha-san*.

C. 241. Am bheil aobhar a bhi 'creidsinn gu'm bheil na Naomh air nèamh ag ùrnuigh airson nan Naomh a ta air an talamh?——F. Cha n'eil. An àite sin, is ann a tha aobhar a bhi 'creidsinn, nach 'eil iad idir a' deanamh ùrnuigh no eadar-ghuidhe airson nan Naomh a ta air an talamh. Tha è soilleir o'n Litir a chum nan Eabhruidheach, (α) mar nach fhaodadh neach sam-bith frithealadh anns "an ionad a's ro naomha," ach an t-àrd shagart, mar sin, nach fhaod neach sam-bith eadar-ghuidhe a dheanamh ann an nèamh féin—am fìor ionad naomh, ach Abstol agus Ard Shagart ar n-aidmheil-ne—an t-aon Eadar-mheadhonair eadar Dia agus duine, is è sin Criosd.

α Eabh. 9. 2. Oir dheasaicheadh an ceud phàilliu, anns an robh an coinnleir, agus am bòrd, agus aran na fianuis, ris an abrar an t-ionad naomh. R. 3. Agus an taobh a stigh do'n dara roinn-bhrat, am pàilliu ris an abrar an t-ionad a's ro naomha. R. 7. Ach do'n dara pàilliu chaidh an t-ard-shagart 'n a aonar a steach aon uair 's a' bhliadhna, cha b' ann as éugmhais fola, a thug e suas air a shon féin, agus air son seacharain an t-sluaigh. R. 24. Oir cha deachaidh Criosd a steach do na h-ionadaibh naomha làmh-dheanta nithe a ta 'n an samhlauchas air an fhìor ionad; ach do nèamh féin, chum a nis e-féin a nochdadh ann am fianuis Dé air ar son-ne.

C. 242. Nach 'eil aingeal air 'ainmeachadh le Sechariah (1. 12.) mar aon a ta 'deanamh eadar-ghuidhe airson Israeil?

Sech. 1. 12. An sin fhreagair aingeal an Tighearn, agus thubhairt e; O Thighearn nan sluagh, cia fhad a bhios tu gun tràcair a dheanamh air Ierusalem, agus air bailtibh Iudah, ris am bheil thu ann an corruich a nis deich agus trì fichead bliadhna?

F. Tha; ach is è an t-aingeal sin an Tighearn Iosa, Aingeal a' chùmhaint; mar chithear arist ann an Gnìomh. 7. 30, 32.

Gnìomh. 7. 30. Agus an nair a choimhlionadh dà fhichead bliadhna, dh'fhoillsicheadh dha ann am fàsach beinne Shina, aingeal an Tighearn ann an lasair theine ann am preas. R. 32. Ag ràdh, is mise Dia t'aitriche, Dia Abraham, agus Dia Isaac, agus Dia Iacob. An sin chrìochnuich Maois, agus cha robh chridhe aige amharc.

C. 243. Am bheil na Naoimh air an ainmeachadh ann an leabhar an *Taisbeanaidh*, mar mhuinntir a tha 'deanamh eadar-ghuidhe air nèamh?

Taisb. 5. 8. Agus an uair a ghlac e'n leabhar, thuit na ceithir bheathaichean, agus na ceithir seanaire fichead sìos an làthair an Uain, agus aig gaol aon dinbh clàrsaichean, agus tùis-shoithichean òir làn do nithibh deadh-fhàile, nithe a's iad ùrnuighean nan naomh.

F. Cha n-'eil. Tha iad a' cumail nan 'tùis-shoithichean òir làn de nithibh cùbhraidh, nithe a's iad ùrnuighean nan Naomh.' Bha eadar-dhealachadh comharraichte eadar an tùis-shoitheach agus an tùisear. B'e an tùis-shoitheach an soitheach anns an robh an tùis air a cur, mu'n robh i air a tabhairt suas. B'e an tùisear an soitheach anns an d'-rinn an sagart an tùis a thabhairt suas. Tha na Naoimh ambhain a' cumail nan tùis-shoithichean 'n an làmhan. Cha n-'eil iad a' tabhairt suas na tùise, no a' cur suas na h-ùrnuigh. Tha sin air a dheanamh le Aingeal a' chùmhnaint, Ard Shagart na h-eaglais, an Tighearn Iosa. (a) A bhàrr air sin, ged tha an taisbeanadh so air 'fhoillseachadh mar nì a tha 'tachairt air nèamh, buinidh è do'n eaglais air an talamh.

a Taisb. 8. 3. Agus thàinig aingeal eile, agus sheas e aig an altair, agus tùisear òir aige; agus thugadh dha mòran tùise, chum gu'n tùgadh se e maille ri ùrnuighibh nan uile naomh air an altair òir, a bha'n làthair na rìgh-chaitheach.

C. 244. An urrainn na Naoimh ar n-ùrnuighean a chluinntinn, no éisdeachd?——F. Cha n-urrainn. Is è Dia ambhain a's urrainn ar n-ùrnuighean éisdeachd, agus cha n-'eil ànn ach aon Dia. Na'm b' urrainn na Naoimh gach ùrnuigh a thàtar a' deanamh riutha le Pàpanaich a chluinntinn, agus gach neach a tha ag aoradh dhoibh 'fhaicinn, bhiodh iad uil'-fhiosrach agus uile-làthaireach mar tha Dia féin. Ach cha n-'eil iad mar sin idir.

Isà. 63. 16. Gu deimhin is tusa ar n-Athair, ged nach aithne do Abraham sinn, agus nach 'eil Israel a' gabhail ruinn; is tusa a Thighearn ar n-Athair, ar Fear-saoraidh.

C. 245. Ciamar mata, a mhìnicheas tu na briathran so ann an Lùcas 15. 10.

† Lùc. 15. 10. Mar an ceudna a ta mi ag ràdh ribh, A ta gàirdeachas an làthair aingle Dhé, air son aoin pheacaich a nì aithreachas.

F. Rànnsaich a' chosamhlachd sin agus chì thu nach 'eil fios aig na Naoimh ciod a tha 'tachairt aineasg dhaoine. Tha

Criosd am Buachaill math, an so, a' dol an-deigh na caorach cailte, 'g a toirt leis dachaidh, agus an-deigh sin, a' gairm a chàirdean an ceànn a chéile, na naoimh agus na h-ainglean, agus ag ràdh, “Deanaibh gàirdeachas maille rium-sa, a chionn gu'n d'fhuair mì mo chaora 'bha cailte.” Tha Criosd ag innseadh so dhoibh; cha robh fios aca air roimhe; ach air dhoibh an fhìrinn bheannaichte a chluinntinn uaithe-fein, rinn iad gàirdeachas. Tha so a'dearbhadh nach 'eil fios aig na Naoimh ciod a tha 'tachairt.

C. 246. Cia lìon seòrs' aoraidh a tha aig eaglais na Roimh? —F. Tha trì àraid, (1.) *Latria*, is è sin mar their i-féin, an t-aoradh a bhuineas do Dhia amhàin; (2.) *Hiperdulia*, do'n Oigh Muire; agus (3.) *Dulia*, do na Naoimh.

C. 247. Am bheil gach seors' aoraidh dhiubh sin ceart? —F. Cha n-'eil. Tha gach aon diubh bréugach ànn-féin, agus gun mhaith air-bith ann an cleachdadh aoraidh, oir is éu-comasach tomhas freagarrach a thoirt do gach aon diubh sid. Tha *Dulia* gu tric a' ciallachadh seirbhis Dhia.

Mata 6. 24. Cha'n urrainn neach air bith seirbhis a deanamh do dhà Thighearn: oir an dara cuid bithidh fuath aige do neach aca, agus gràdh do neach eile; no gabhaidh e le neach aca, agus ni e tàir air neach eile. Cha'n urrainn sibh seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamon.

Lùc. 16. 13. Cha'n 'eil seirbhiseach sam bith comasach air seirbhis a dheanamh do dhà thighearn; oir an dara cuid fuathaichidh e aon diubh, agus bheir e gràdh do'n fhear eile; no gabhaidh e le aon diubh agus ni e tàir air an fhear eile. Cha n-'eil sibh comasach air seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamon.

Gnìomh. 20. 19. A' deanamh seirbhis (*douleuōn*) do'n Tighearn leis gach uile irioslachd inntinn.

Ròm. 12. 11. Gun bhi leasg ann an gnothuichibh: dùrachdach 'n 'ur spiorad; a' deanamh seirbhis (*douleuōn*) do'n Tighearn.

C. 248. Aithris aon de ùrnuighean iodholach na Ròimh? —F. Tha na Pàpanaich air an teagasg gu bhi ag ùrnuigh ris na Naoimh maille ri Iosa, mar a leanas:—

URNUIGH IODHOLACH NAM PAPANACH:—“O Iosa ro thaitnich! O Mhuire ro ghaolach! O Ioseiph ro ghràdhaich! dhuibh-se tha mì 'g a mo thoirt féin gu h-iomlan, gabhaibh seilbh orm gu sìorruidh. O Thrìonaid naomh, dhuibh-se tha mì 'tairgse agus a' coisrigeadh trì chumhachdan m' anama. O Iosa, a Mhuire, Ioseiph, a Thrìonaid fhìor bheannaichte! beannaichibh mì le beannachd trì fillte an Tighearna trì uairean beannaichte.”—(*Novena of St Joseph*, p. 227.)

Tha an ùrnuigh so air a deanamh ri Iosa, ri Muire, agus ri

Ioseph—an triùir uile còmhla ; an lorg sin, tha è èu-comasach do 'n Phàpanach an tomhas aoraidh air-leth a thoirt do gach aon diubh, a tha è 'n a aideachadh féin a' meas a bhi dligheach dhoibh.

C. 249. Cia lìon seòrs' aoraidh a ta thus' a' cleachdadh, no 'coimhead?—F. Cha n-'eil ach a h-aon. Tha mì 'toirt aoraidh do Dhia 'n a aonar—do Dhia ambhàin. Tha mì 'toirt urraim do dhaoine d' an dlighear urram. Agus is è so mo bharantas airson a bhi 'deanamh sin : “tha è sgrìobhte, Bheir thu aoradh do'n Tighearn do Dhia agus dhà-san 'n a aonar ni thu seirbhis”.—Mata 4. 10. “Bitheadh eagal Dé oirbh. Thugaibh urram do'n rìgh.”—1 Pead. 2. 17.

C. 250. Ciod è an t-eadar-dhealachadh a tha eadar aoradh agus urram?—F. Is è aoradh a bhi 'moladh Dhia agus ag ùrnuigh ris, fo mhothachadh air mo pheacaidhean, agus air m' eisimeil spioradail, agus a' toirt buidheachais do Dhia airson bheannachdan a ta air am faotunn leam. Is è urram aideachadh dligheach, aimsireil eadar duine 'us duine,—lùbadh a' chinn ann am fàilteachadh, lùbadh na glùine 'an làthair an rìgh, no na ban-rìgh.

C. 251. Am bheil an Ròimh a' deanamh aoraidh do na Naoimh?—F. Thà. Tha ì a' cur suas ùrnuighean riutha, agus le mòr eisimeil ag iarraidh nithe spioradail uatha, agus le bhi, mar sin, a' toirt do'n chréutair an ni a bhuineas do Dhia ambhàin, tha ì ciontach de iodhol-aoradh. Tha ì a' briseadh àithne Dhia.

C. 252. Nach dubhairt an t-aingeal ri Muire, “Is beannaichte thu am measg bhan?”—Lùcas 1. 47.—F. Thubhairt ; agus tha è sgrìobhte, mar-an-céudna, “Beannaichte os ceann bhan bithidh Iàel.” Ma tha aoradh gu bhi air a dheanamh do Mhuire, do bhrìgh gu'm bheil ì “beannaichte am measg bhan ;” cia mòr a's mò na sin is còir aoradh a dheanamh do Iàel, oir tha ise “beannaichte os ceann bhan.”

Breith. 5. 24. Beannaichte os ceann bhan bithidh Iael bean Hebeir a' Chenich ; beannaichte bithidh ì os ceann bhan anns a' bhùth.

C. 253. Am bheil ùghdarras sgrìobtuireil air-bith againn gu bhi ag ùrnuigh ris an Oigh Muire, no bhi ag aoradh dh'ì?—F. Cha n-'eil. Tha aoradh a dheanamh do neach air-bith, ach do Dhia féin 'n a aonar, air a thoirmeasg agus air a

dhìtheadh gu teànn le focal Dé.(a) Cha n-'eil an Oigh air a h-ainmeachadh, ach aon uair, ann an Gnìomhraibh nan Abstol, agus aon uair ann an Litrichibh nan Abstol, agus is ànn mar bhoirionnach amhàin, a ta ì air a h-ainmeachadh an sin.(b) Cha n-'eil aon fhocal anns an Sgriobtuir air a bhi ag ùrnuigh rithe-se, no ri créutair sam-bith.

a Mata 4. 10. An sin thubhairt Iosa ris, Imich uam, a Shatain : oir a ta e sgrìobhta, Bheir thu aoradh do'n Tighearna do Dhia, agus dha-san 'n a aonar nì thu seirbhis.

Lùc. 11. 27. Agus an uair a bha e 'labhairt nan nithe so, thog bean àraidh do'n t-sluagh a guth, agus thubhairt i ris, Is beannaichte a' bhrù a ghiùlain thu, agus na cìochan a dheoghail thu. R. 28. Ach thubhairt esan, Is mò gur beannaichte iadsan a dh'èisdeas ri focal Dé, agus a choimhideas e.

b Gal. 4. 4. Chuir Dia a Mhac féin uaith, a ghineadh o mhuaoi.

C. 254. Cìod an teagasg ùr a thug eaglais na Ròimh seachad, air an ochdamh là de'n dara Mios déug de'n bhliadhna 1854, mu'n Oigh Muire?——F. Gu'n robh ì air a gineamhuinn às éugais peacaidh, nì de'n goirear gu coitchionn "a' Ghineamhuinn Neo-thruaillidh," (*Immaculate Conception.*)

C. 255. Am bheil an teagasg so a' dol an aghaidh nan Sgriobtuir?——F. Thà. Tha è air a theagasg dhuinn, gu soilleir, gu'n do pheacaich na h-uile dhaoine. "Oir pheacaich na h-uile." Ròm. 3. 23.

C. 256. Am bheil è a' cur an aghaidh nì sam-bith a thubhairt an Oigh féin?——F. Thà. Tha an Oigh a' labhairt mu Dhia mar a Slànuighear. Nise, mur bu bhan-pheacach ì, cha bhitheadh féum aice air Slànuighear.

Lùcas 1. 47. Agus tha mo spiorad a' dheanamh gàirdeachais ann an Dia mo Shlànuighear."

C. 257. Carson a tha thu a' cur an aghaidh a bhi ag ùrnuigh ris na Naoimh?——F. (1.) Do bhrìgh gu'm bheil na Sgriobtuirean a' toirmeasg gach aoraidh do aon air-bith de na Naoimh, no do chréutair air-bith eile.(a) (2.) Tha Crìosd air 'fhoillseachadh mar an t-aon Eadar-mheadhonair, agus mar an t-slighe dh-ionnsuidh Dhia.(b)

a Gnìomh. 10. 25. Agus an uair a bha Peadar a' dol a steach, choinnich Cornelius e, agus thuit e sìos aig a chosaibh, agus rinn e aoradh dha. R. 26. Ach thog Peadar suas e, ag ràdh, *Seas suas ; is duine mise mar an ceudna.*

Gnìomh. 14. 13. An sin thug sagart Inpìteir, a bha fa chomhair an caithreach-san, tairbh agus blàth-fhleasgaidh chum nan geata, agus b' àill leis òbairt a dheanamh maille ris an t-sluagh. R. 14. Ach an uair a chuala na h-abstoil

Barnabas agus Pòl so, reub iad an endach, agus ruith iad a steach am measg an t-sluagh, ag éigheach. R. 15. Agus ag ràdh, A dhaoine, c'ar son a ta sibh a' deanamh nan nithe so? oir is daoine sinne cosmhuil ribh-féin thaobh fulangais, a' searmonachadh dhuibh-se, pilltinn o na nithibh ùmhain sin chum an Dé bhed, a rinn nèamh, agus an talamh, agus an cuan, agus ua h-uile nithe a ta anna.

Taisb. 19. 10. Agus thuit mi sìos aig a chosaibh chum aoradh a dheanamh dha: agus thubhairt e rium, *Feuch nach dean thu e*: is comb-sheirbhiseach dhuit-féin mise, agus do d' bhràithribh aig am bheil fianuis Iosa: dean aoradh do Dhia: oir is i fianuis Iosa spiorad na fàidheadaireachd.

Taisb. 22. 8. Agus chunnaic mise Eoin na nithe so, agus chuala mi iad: agus an uair a chuala agus a chunnaic mi iad, thuit mi sìos a' deanamh aoraidh roimh chosaibh an aingil, a nochd na nithe so dhomh. R. 9. An sin thubhairt e rium, *Feuch nach dean thu e*: oir is comb-sheirbhiseach dhuit mise, agus do d' bhràithribh na fàidhean agus dhoibh-san a choimhideas briathran an leabhair so: *dean aoradh do Dhia*.

b Eòin 10. 9. Is mise an dorus: ma théid neach air bith steach trombam-sa tèarnar e, agus théid e steach agus a mach, agus gheibh e ionaltradh.

Eòin 14. 6. Thubhairt Iosa ris, Is mise an t-slighe, agus an fhèrrinn, agus a' bheatha: cha tig aon neach chum an Athar ach tromham-sa. R. 13. Agus ge b'e ni a dh'iarras sibh a'm' ainm-sa, ni mise sin: chum gu'm bi an t-Athair air a ghèrrachadh anns a' Mhac.

Gnìomh 4. 12. Agus cha n-'eil slàinte ann an neach air-bith eile: oir cha n-'eil ainm air-bith eile fo nèamh air a thoirt am measg dhaoine, tre am feud sinn bhì air ar tèarnadh.

Ròm. 8. 34. Cò a dhiteas? Is e Crìosd a fhuair bàs, seadh tuilleadh fòs, a dh' éirich a rìs, agus a ta air deas làimh Dhé, neach a ta mar an ceudna a' deanamh eadar-ghuidhe air ar son-ne.

Ephes 2. 18. Oir trèid-san tha araon slighe againn gu dol a steach tre aon Spiorad chum an Athar.

1 Tim. 2. 5. Oir is aon Dia a ta ann, agus aon eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoine, an duine Iosa Crìosd. R. 6. A thug e-féin 'n a éiric air son nan uile, mar fhianuis ann an àm iomchuidh.

Eabh. 7. 25. Air an aobhar sin tha e mar an ceudna comasach air an dream a thig a' dh'ionnsuidh Dhé trèid-san a thèarnadh gu h-ìomlan, do bhàigh gu'm bheil e beò gu sìorruidh gu eadar-ghuidhe a dheanamh air an son.

1 Eòin. 2. 1. Ma pheacaicheas neach air bith, tha fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Crìosd am fìrean.

C. 258. Nach comharradh air irioslachd, a bhi 'dlùthachadh ri Crìosd tre ainglean agus tre naoimh?——F. Cha n-eadh idir. Tha an t-Abstol ag earalachadh òirnn deadh aire 'thoirt nach bi sinn air ar mealladh leis an droch bheachd so. (a) Rinneadh Crìosd 'n a dhuine chum na ceart chrìche so, gu'm bitheadh e-féin amhàin 'n a Eadar-mheadhonair agus 'n a Ard Shagart againn. (b)

a Col. 2. 18. Na mealladh aon neach bhur duais uaibh le irioslachd thoileil,

agus aoradh do ainglibh, a' foirneadh a steach gu dàna chum nan nithe nach fac e, gu dìomhain air a shéideadh suas le 'inntinn fhèidmhoir féin.

b Eabh. 4. 14. Do bhrìgh uime sin gu'm bheil againn àrd-shagart mòr, a chaidh a steach do na nèamhaibh, Iosa Mac Dhé, cumamaid gu daingean ar n-aidmheil. R. 15. Oir cha'n 'eil àrd-shagart againn nach 'eil comasach air comb-fhulangas a bhì aige ri ar n-anbhuinneachdaibh; ach a bhuaireadh anns na h-uile nithibh air an dòigh cheudna ruinne, ach as éugmhais peacaidh. R. 16. Thigeamaid uime sin le dànachd gu rìgh-chaithir nan gràs, chum gu'm faigh sinn tràcair, agus gu'n amais sinn air gràs chum cabhair ann an àm féuma.

1 Eòin 2. 1. Ma pheacaicheas neach air bith tha fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Crìosd am fìrean. R. 2. Agus is esan an ìobairt-réitich air son ar peacanna; agus cha 'n-e air son ar peacanna a mhàin, ach mar an céudna air son peacanna an t-saoghail uile.

C. 259. Ciod a' chrìoch a tha aig Sàtan 's an amharc leis an teagasg so?—F. Daoine a tharruing air-falbh o Iosa, an t-aon dòchas. Tha Crìosd làn de gach uile ghràdh, iochd, agus caomhalachd, agus tha è ag ràdh "An tì a thig am' ionnsuidh, cha tilg mì air chor sam-bith a mach è."—Eòin 6. 37. Na cuireamaid, matà, eas-onoir air-san a bhàsaich air ar son, le bhì fo theagamh gu'm bheil è toileach ar teàrnadh.

IOMHAIGHEAN.

C. 260. Ciod a tha eaglais na Ròimh a' teagasg mu ìomhaighean?—F. Tha Créud Phàp' Pìus ag ràdh, 'gu'm faod ìomhaighean a bhì aig muinntir, agus air an coimhead leòagus gu'm bheil è dligheach onoir agus àrd urram a thabhairt doibh.'—(Ear. 8.) Gidheadh, cha n-'eil na Pàpanaich a dh-aon ìntinn, no aon-sgeulach air a' cheart seòrs' aoraidh a bhùineas do ìomhaighean.

C. 261. Ciod anns am bheil am barailean ag eadar-dhealachadh?—F. Tha Acuinias ag ràdh gu'm buin *Latria*, an seòrs' aoraidh a's àirde, dhoibh; tha cuid eile a' teagasg nach còir a thoirt doibh ach amhàin *Dulia*, an t-aoradh a's ìlse. Is ì argumaid Acuinias, ma bheirear na's lugha na *Latria* no na h-ìomhaighean, gur ann air na h-ìomhaighean féin agus nach ànn air Dia, a chuirear onoir, nì a ta 'n a iodhol-aoradh: agus is ì argumaid na pàirtidh a tha 'cur an aghaidh sin, ma bheirear *Latria* do na h-ìomhaighean, gu'm bheil am peacach air a ribeadh anns a' chionta chéudna, do bhrìgh gur ann do Dhia féin amhàin a bhùineas *Latria*.

C. 262. Ach cia fad a tha an dà phàirtidh ag aontachadh

le' chéile, mu na h-ìomhaighean?——F. Ann an cumail amach gur còir aoradh de sheòrs' air-chor-eigin a thoirt do ìomhaighean.

C. 263. Cìamar tha iad a' feuchainn ri so a dheanamh amach leis na ceruban agus leis an nathair umha?

2 Eachd. 3. 10. Agus anns an tigh ro-naomh rinn e dà cherub do obair sho-ghluaiste, agus chòmhaich e thairis le h-òr iad.

Air. 21. 8. Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Dean dhuit-féin nathair loisgeach, agus cuir i air crann; agus tarlaidh, gach neach a lotar, an uair a dh'amhairceas e oirre, gu mair e beò.

F. Tha iad ag ràdh gu'n robh iad araon air an deanamh a-réir àithne Dhia. Ach tha sinne ag ràdh—(1.) Feuchadh na Pàpanaich àithn airson nan ìomhaighean aca-féin: (2.) *cha n-fhacas riamh* na ceruban leis an t-sluagh, oir bha iad anns "an ionad a's ro naomba;" agus air an aobhar sin, cha b' urrainn an sluagh aoradh a dheanamh dhoibh; (3.) 'Nuair a thòisich an sluagh air aoradh a dheanamh do'n nathair umha, tha sinn a' léughadh gu'n d'-rinn an Rìgh *maith*, Heciah, a briseadh 'n am mìribh.(a)

a 2 Rìgh 18. 3. Agus rinn e an nì a bha ceart ann an sùilbh an Tighearna, a réir nan uile nithe a rinn Daibhidh 'athair. R. 4. Chuir e air falbh na h-àitean àrda, agus blris e na dealbhan, agus ghearr e sìos na doireachan, agus mhìn-phronn e an nathair umha a rinn Maois; oir gus na làithibh sin bha clann Israeil a' losgadh tùis dhi: agus thugadh Nehustan mar ainm oirre.

Dent. 12. 2. Léir-sgrìosaiddh sibh na h-àiteachan uile anns an d'-rinn na cinnich a shealbhaicheas sibh seirbhis d'an diathaibh, air na beanntaibh àrda, agus air na cnocaibh, agus fuiddh gach craoibh ghlàis. R. 3. Agus leagaidh sibh sìos an altairean, agus brisidh sibh an carraighean, agus loisgidh sibh an doireachan le teine, agus gearraidh sibh sìos dealbhan snaidhte an dée, agus sgrìosaiddh sibh an ainm a mach às an àite sin.

C. 264. Nach 'eil na Pàpanaich ag ràdh gu'm bheil iad ag aoradh do Dhia tre na h-ìomhaighean?——F. Thà; ach bha a cheart leisgeul sin aig na Cinnich.

C. 265. Carson a tha thu 'diùltadh aoradh a thoirt do ìomhaighean?——F. Do bhrìgh gu'm bheil e air a dhìteadh leis na Sgrìobtuiribh.

Ecsod. 20. 4. Na dean dhuit-féin dealbh snaidhte no coslas sam bith a dh'aon ni, a ta 'sna nèamhaibh shuas, no air an talamh shìos, no 's na h-uisgeachaibh fuiddh 'n talamh. R. 5. Na crom thu-féin sìos doibh, agus na dean seirbhis doibh: oir mise an Tighearna do Dhia, is Dia éudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a' chloinn, air an treas, agus air a' cheathramh ginealach dhiubh-san a dh'fhuathaicheas mi.

Lebhit. 26. 1. Cha dean sibh dhuibh-féin iodholan no coslas snaidhte, agus cha chuir sibh suas lomhaigh dhuibh-féin, ni mò shuidhicheas sibh dealbh-cloiche 'n'ur fearann, gu cromadh sìos da; oir is mise an Tighearna bhur Dia.

Deut. 9. 12. Agus thubhairt an Tighearna rium, Eirich, imich sìos gu luath às a so; oir thruaill do shluagh a thug thu mach às an Eiphit iad-féin; chlaon iad gu grad o'n t-slighe a dh'àithn mise dhoibh; rinn iad dhoibh-féin dealbh leaghta.

Deut. 16. 22. Ni mò a chuireas tu suas dhuit-féin dealbh sam bith, ni a's fuathach leis an Tighearna do Dhia.

Deut. 27. 15. Mallaichte gu'n robh an duine a ni dealbh snaidhte no leaghta, gràineileachd do'n Tighearn, obair làmh an fhir-cheird, agus a chuireas e ann an ionad dlomhair: agus freagraidh an sluagh uile, agus their iad, Amen.

Ròm. 1. 21. Do bhrìgh 'unair a b' aithne dhoibh Dia, nach d' thug iad glòir dha mar Dhia, agus nach robh iad taingeil, ach gu'n d'fhàs iad dlomhain 'n an reusonachadh féin, agus gu'n do dhorchaicheadh an cridhe amaideach. R. 23. Agus chaochail iad glòir an Dé neo-thruaillidh gu dealbh a rinneadh cosmhuil ri duine truailidh, agus ri eunlaith, agus ainmhidhidh ceithir-chosach, agus bhèisdibh snàigeach.

Taisb. 19. 20. Agus ghlacadh am fiadh-bheathach, agus maille ris-san am fàidh-bréige a rinn mìorbhuilean 'n a làthair, leis an do mheall e an dream a ghabh orra comhara an fhiadh-bheathaich, agus iadsan a rinn aoradh d'a òmh-àigh. Thilgeadh iad sin 'n an dithis beò ann an loch teine a' dearg-lasadh le pronnuse.

A chum ùmhlachd do'n dara Aithn a sheachnadh, (Ecsod. 20. 4.) tha an àithn sin air a gearradh amach gu h-iomlan, le eaglais na Ròimh, às an Leabhar-cheist aice, agus tha an deicheamh àithn air a roinn 'n a dà earrainn, chum àireamh nan deich a dheanamh suas.

TOIRMEASG POSAIDH NAN SAGART; no GILLEADAS.

C. 266. Ciod è teagasg eaglais na Ròimh mu phòsadh na Cléire?—F. Tha i a' cur amach a mallachd an aghaidh na muinntir a their gu'm bheil è laghail do'n Chléir pòsadh.— (*Comhairle Thrent.*)

C. 267. Am bheil thu 'cur an aghaidh a bhi 'bacadh pòsaidh do'n Chléir?—F. Tha mì; oir is teagasg sin a tha calg-dhìreach an aghaidh nan Sgrìobtuir. Tha an t-Abstol Pòl a' labhairt gu soilleir air pòsadh na Cléire, agus ag innseadh ciod an gnàth, an caithe-beatha 's an giùlain a's còir a bhi aig mnaoi gach fir de'n Chléir.

Mata 8. 14. Agus an uair a thàinig Iosa gu tigh Pheadair, chunnaic e màthair a mhà 'n a luidhe, agus i ann am fiabhrus.

1 Cor. 9. 5. Nach 'eil againne comas piuthar, bean-phòsda a thoirt leinn mu'n cuairt, ambuil mar na h-abstoil eile, agus bràithrean an Tighearn, agus Cephas?

1 Tim. 3. 2. Uime sin is còir do easbuig bhi neo-lochdach, 'n a fhear aoin mhànà, faireil, ciallach, deadh-bhéusach, fialuidh, ealamh gu teagasg. R. 4. 'N a dhuine a riaghlas a thigh féin gu maith, aig am bheil a chlann fo smachd maille ris an uile shuidheachadh-inntinn; R. 11. Is amhuil sin is còir do na mnàibh bhi suidhichte, gun bhi 'n an luchd-tuailleis; ach bhi measarra, ionraic 's na h-uile nithibh. R. 12. Biodh na deacoin 'n am fir aoin mhànà, a' riaghladh an cloinne, agus an tìghe féin gu maith.

C. 268. An robh pòsadh na Cléire air a thoirmeasg, 'an tomhas air-bith, ann an ceud linn-tibh na h-eaglais?——F. Cha robh idir. Ann an ceud linn-tibh na h-eaglais bha a' Chléir a' pòsadh mar dhaoine eile.

TIGHEAN NAN DUBH-CHAILLEACH,—(Nunneries.)

C. 269. Cò ris a theirear “tighean nan dubh-chailleach”? ——F. So tighean uaigneach a tha aig na Pàpanaich, mar a's trice anns na bailtibh mòra, anns am bheil boirionnaich àraid a' gabhail còmhuidh,—boirionnaich a tha fo bhóid nach pòs iad gu bràth, agus a tha ag aideachadh, no fo ainm a bhi 'g an toirt féin suas, ann an uaigneas, do oibribh cràbhaidh.

270. Am bheil eaglais na Ròimh a' ceadachadh do aon air-bith dhiubh sin an tìgh-cràbhaidh, no an abaid so 'fhàgail, ma's àill leatha, agus a dhol amach arìst ameasg a càirdean? ——F. Cha n-'eil. Aon uair 's gu'n gabhar a' bhóid, cha n-fhaodar a toirt air a h-ais; agus cha n-'eil a chridhe aig aon a tha fo'n bhóid pìlltinn ris an t-saorsa a bha aice roimhe, no 'toil féin a dheanamh.

C. 271. Carson a tha thu 'cur an aghaidh a' chleachdaidh so? ——F. Do bhrìgh gu'm bheil è 'n a fhàth-truaighe, ain-tighearnail, mì-bhéusach, neo-sgriobtuireil agus mì-laghail.

C. 272. Cionnus a tha è 'n a fhàth-truaighe? ——F. Tha am boirionnach a ta fo'n bhóid, òg, sean ì, air a cur fo riaghladh na ban-aba, no ban-mhaighstir an tìghe, fo smachd nan sagart; agus air a bacadh o chòmhradh ri 'càirdean, ach amhàin air amaibh àraid 'nuair a cheadaichear dh'ì, mar fhàbhar, labhairt riutha tre challaid iarunn.

C. 273. Cionnus a tha è ain-tighearnail? ——F. Tha an òigh, is ì sin an dubh-chailleach (*nun*,) air a cur fo làn riaghladh nan uachdaran—na ban-aba agus nan sagart—agus féumaidh ì làn ùmhlachd a thoirt doibh, anns na h-uile nithibh ciod-air-bith iad.

C. 274. Cionnus a tha è mì-bhéusach?——F. Is ro mhi-cheart boirionnaich a chur, marso ann an uaigneachd, fo chumhachd shagartan 'us iad gun bhi pòsda, a bhitheas 'g am faosaid, agus a' cluinntinn an uile pheacaidhean smuain agus gnìomha.

C. 275. An robh gnìomhran mì-bhéusach a' sruthadh o'n chleachdadh so?——F. Bhà. Tha sin air a dhearbhadh le sgrìobhadairean Pàpanach féin a tha ag aideachadh 's a' caoidh nan gnìomh truailidh. Tha Brìde (St Bridget) aon de na naoimh shònruichte, a' gearan air a' mhi-bhéus a bha 'dol air aghaidh ann an tighean nan dubh-chailleach.*—Faic *Gilleadas*—IUCHAIR.

C. 276. Cionnus a tha è neo-sgriobtuireil?——F. Is è tha am Bìobull a' teagasg dhuinn gur còir dhuinn ar dleasanas a dheanamh anns gach caochladh inbhe agus staid anns am bi sinn air ar suidheachadh 's a' bheatha so, ach cha n'èil focal eadar dà cheànn a' Bhìobuill mu riaghailt nan Dubh-chailleach. Thugadh riaghailt nam ban-aonarach, no nam ban-naomh so, bho na Pàganaich a bha 'cumail mhaighdeanan a bha air an ainmeachadh air a' bhan-dia *Bhesta*. Cha n'èil bunait sam-bith aig a' chleachdadh so anns a' chreidimh Chrìosdail.

Ròm. 12. 11. Gun bhi leasg ann an gnothuichibh: dùrachdach ann bhur spiorad; a' deanamh seirbhis do'n Tighearn.

C. 277. Cionnus a tha è mì-laghail?——F. Tha è an aghaidh lagh' agus chòraichean Bhreatainn gu buileach, agus an aghaidh saorsa, a bhi 'ceadachadh bhóidean mar so, leis am bheil neach a' caille a shaorsa, fad làithean a bheatha, agus air a dheanamh 'n a thràill. Tha è mì-laghail a leithid so de thighean a bhi idir anns an tìr.

C. 278. Am biodh tighean nan dubh-chailleach laghail no ceart, na'm biodh iad fosgailte do luchd-coimhid, no na'm bìteadh a' sealltuinn thairis orra fo achd Pàrlamaid?——F. Cha bhiodh: Cho fad 's a bhios na tighean-cràbhaidh so ànn idir, mairidh buan bhóidean mì-laghail na maighdeanais agus na h-uaigneachd, maille ris gach olc a ta 'n an lòrg. Tha iad fìor olc anns gach seadh air-bith.

* The Revelations of St Bridget, chap. 43.—Cologne, 1629.

CLAONADH AGUS BINN EAGLAIS NA ROIMH.

C. 279. Cìod ìad na comharraidhean air àicheadh Chrìosd, no air tuiteam air falbh o'n chreidimh, a tha air an ìnnseadh roimh làimh ann am focal Dé, agus a tha air am faicinn ann an eaglais na Ròimh?

F. 1. A bhi 'toirmeasg pòsaidh agus ag iarraidh bìdheanna a sheachnadh: (a) agus mar sin, tha eaglais na Ròimh a' toirmeasg pòsaidh do na sagartaibh, do na manaich, do na friaraich agus do na dubh-chailleachan, no maighdeanan nam bóid aice, agus tha ì ag àithneadh d'a pobull gun fheòil itheadh air làithean àraid, fo phéin a' pheacaidh bhàsmhoir.—Faic *Ceist* 123.

2. Ag agairt comais air mìorbhuilean oibreachadh; (b) agus mar sin cluinnear mu fhuil reòta an Naoimh Ianuarius a bhi air a leaghadh le eaglais na Ròimh, agus mu iomadh mìorbhuil faoin eile, a tha ì a' gabhail oirre-féin a bhi 'deanamh leis na créutairean sin de'n goir ì na *Naoimh* aice.—Faic *Ceist* 244.

3. Ardachadh a cinn os ceànn gach uile chumhachd eile, talmhaidh agus nèamhaidh, (c) agus mar sin, tha am Pàp ag agairt còir air àrd uachdaranachd—ag ràdh gur e-féin ionad meadhoin na h-aonachd spioradail—gu'm bheil è na's àirde na rìghrean; agus is è a's ùghdair mòr do'n teagasg mhealltach sin a tha 'gabhail os làimh an Cruithear a chruthachadh le brìgh-atharrachadh.—Faic *Ceist* 199.

4. A h-ionad—baile nan seachd sliabh, (d) no nan seachd enoc agus mar sin, gheibhear baile na Ròimh a' seasamh air seachd sléibhtean.

5. Géur-leanmhuinn; (e) agus mar sin, rinn a' Phàpanachd, a tha o thùs agus a ghnàth ri géur-leanmhuinn, mìltean 'us muilleana de'n chinne-daoine a chur gu bàs airson an aidmheil dhiadhaidh; agus tha ì fathast ri géur-leanmhuinn ann an Tuscani, ann an Eirionn agus anns gach àit eile 's am bheil comas aice sin a dheanamh.—Faic *Ceist* 300.

6. Ceannachd spioradail; (f) agus mar sin, tha eaglais na Ròimh, le 'cuid aifrinnean, a' deanamh malairt air anamanaibh dhaoine.—Faic *Ceist* 152.

a 1 Tim. 4. 3. A' toirmeasg pòsaidh, agus ag iarraidh bìdheanna a sheachnadh, a chruthaich Dia chum an gabhail maille ri breith-buidheachais leo-san a ta 'creidsinn, agus aig am bheil eòlas na fìrinn.

b 2 Tes. 2. 9. Eadbon esan, aig am bheil a theachd a réir oibreachaidh Shàtain,

maille ris an uile chumhachd, agus chomharaibh, agus iongantasaibh bréugach.

c 2 Tes. 2. 3. Na mealladh neach sam bith sibh air aon chor; oir cha tig an là sin mur tig air tùs tréigeadh-creidimh, agus mur foillsichear duine sin a' pheacaidh, mac an sgrios; R. 4. A tha 'cur an aghaidh agus 'g a àrdachadh féin os ceann gach ni ris an abrar Dia, no d'an deanar aoradh; ionnus mar Dhia gu'm bheil e 'n a shuidhe ann an teampull Dhé, 'g a nochdadh féin gur Dia e.

d Taisb. 17. 9. An so a ta an inntinn aig am bheil gliocas. Na seachd cinn is seachd sléibhtean iad, air am bheil a' bhean 'n a suidhe.

e Taisb. 18. 24. Agus fhuaradh ann fuil fháidhean, agus naomh, agus nan uile dhaoine a mharbhadh air an talamh.

f Taisb. 18. 10. A' seasamh fad ás, tre eagal a peanais, ag ràdh, Mo thruaighe, mo thruaighe! a' chaithir mhòr sin Babilon, a' chaithir thréun sin! oir ann an aon uair thàinig do bhreitheanas. R. 11. Agus ni ceannaichean na talmhainn gul agus caoidh air a son; oir cha cheannaich neach sam bith am bathar ni's mò; R. 12. Bathar òir, agus airgid, agus chlach luachmhor, R. 13. * * * Agus tràillean, agus anama dhaoine.

C. 280. Ciod a tha gu tachairt do eaglais an Anacriosd, no "duine sin a' pheacaidh?"——F. Tha i gu bhi air a sgrios.(a) Is ànn, air an aobhar sin, a tha an àithn so air a toirt, "Thigibh a mach áisde, mo phobull."(b) Is còir dhuinn-ne, uime sin, agus tha è fiachaichte òirnn, mar Chriosduidhean agus mar mhuinntear a tha 'gràdhachadh ar co-chréutairean, cur 'n a h-aghaidh gu dian, agus saothair a dheanamh chum a tràillean 'fhuasgladh.—Faic *Laoidh* III.

a Taisb. 18. 21. Agus thog aingeal tréun clach mar chloich-mhuilinn mhòir, agus thilg e 's an fhairge i, ag ràdh, Is ann mar so le neart a thilgear sìos am baile mòr sin Babilon, agus cha'n fhaighear e ni's mò.

b Taisb. 18. 4. Agus chuala mi guth eile o nèamh, ag ràdh, thigibh a mach áisde, mo phobull, chum nach bi sibh comh-pàirteach d'a peacaibh, agus nach faigh sibh cuid d'a plàighibh.

ANA-COMPANTAS NA PAPANACHD.

C. 281. Ciod a tha thu 'ciallachadh le ana-cōmpantas na Pàpanachd?——F. Tha mì a' ciallachadh le sin gu'm bheil a' Phàpanachd a' seasamh an aghaidh maith a' chinne-daoine, agus cronail, mìllteach, eadhon do bhuannachd agus do shonas aimsireil an duine.

C. 282. Cionnus, matà, tha a' Phàpanachd ana-cōmpantach no cronail, mìllteach do shonas dhaoine?——F. Air iomadh dòigh—ann an teagasg chealgach, ann am bacadh eòlais, agus ann an géur-leanmhuinn: cha n-fhuilig i nì sam-bith, 'us cha n-fhiach leatha nì sam-bith, ach na their 's na nì i-féin.

EAS-ONAIR.

C. 283. Ciamar a dhearbhas tu a h-eas-onoir, no a h-easionracas?——F. Tha ì a' ceadachadh ceilt-inntinn, gnùis-mheallaidh, agus bhréugan.

C. 284. Ciod a tha thu 'ciallachadh le ceilt-inntinn?——F. Labhairt dhùbailt, labhairt anns am bheil dà sheadh, no gun a bhi 'labhairt a-réir a' bheachd a ta aig neach 'u a inntinn—cealgaireachd.

C. 285. Am bheil eaglais na Ròimh ag aontachadh le ceilt-inntinn?——F. Thà ì: tha ì ag ràdh gu soilleir gu'm bheil cluaineas, no ceilt-inntinn laghail. Dh'-ardaich ì *Liguori* gu inbhe nan Naomh aice anns a' bhliadhna 1839, ag ràdh nach 'eil “aon fhocal airidh air dìteadh” 'n a chuid leabhraichean, agus tha ì a' teagasg d' a pobull a bhi 'g ùrnuigh gu'm bitheadh iad air an seòladh le earailibh an duine sin, ged tha è ag ràdh gu'm bheil ceilt-inntinn laghail.

C. 286. Dearbh sin le briathraibh o leabhraichean an duine féin?——F. Tha è ag ràdh,—“Air do na nithe sin a bhi air an daingneachadh, is ì a' bharail choitchionn agus chinnteach ameasg nan uile dhiadhairean, gu'm bheil è laghail cluaineas, no ceilt-inntinn a ghnàthachadh ann an còmhradh cumanta agus a dhaingneachadh le mionnan.”*

C. 287. Ciod a tha *Liguori* a' teagasg mu ghnùis-mhealladh?——F. Gu'm bheil è laghail mealladh a dheanamh mu chreidimh neach: gu'm faod Pàpanach, air amaibh àraid, feòil itheadh air làithibh trasgaidh chum mealladh a dheanamh.—(*Vol. 1, p. 364.*)

C. 288. Ciod a tha è 'teagasg mu shaoradh o mhionnan?——F. Gu'm bheil comas aig a' Phàp neach 'fhuasgladh o cheangal, no o bhóid nam mionnan, ciod-air-bith cho cudthromach 's a bha a' chùis mu'n robh iad air an toirt.—(*Vol. 2, p. 146.*)

C. 289. Ciod a thubhairt cóigeamh Comhairle Laterain air a' chùis so?——F. Gur mionnan-eithich, agus nach mionnan idir, mionnan a bheirear an aghaidh buannachd na h-eaglais. Tha è follaiseach do na h-uile nach è cleachdadh eaglais na Ròimh firinn, no gealladh a chumail ri eiricich (*heretics*), no ri daoine nach 'eil de 'comunn féin, no nach 'eil a géilleadh dh' ì.

* Moral Theology, vol. 2, p. 118. Venice 1828.

C. 290. Am bheil eaglais na Ròimh a' ceadachadh olc a dheanamh chum gu'n tigeadh maith às?——F. Thà ì. Tha Liguori ag ràdh, gu soilleir, gu'm " bheil è laghail neach eile éigneachadh gu olc a's lugha 'dheanamh chum olc a's mò a chasgadh."—(*Vol. 2, p. 120.*)

C. 291. Am bheil thus' a' smuaineachadh gu'm bheil è laghail neach eile éigneachadh gu olc a dheanamh air dòigh sam-bith?——F. Cha n-'eil idir. Is còir dhuinn-ne ar dleasan a dheanamh. Buinidh a' bhuil do Dhia.

C. 292. Cionnus a chithear eas-onnoir agus foill eaglais na Ròimha thaobh leabhraichean?——F. Thruaill agus mheasg ì leabhraichean nan seànn sgrìobhadair, agus cléir-riaghailtean nan comhairlean a bha ànn o shean, a chum a barailean féin a chòmhdach 's a dhìon.

C. 293. Ciod an fhoill a rinn ì eadhon mu na deich àithntean naomba?——F. Ann an iomadh Leabhar-cheist a tha ì 'cur amach ann an dùtchaibh Pàpanach, agus eadhon ann an Eirionn, cha n-fhaicear an *Dara Aithn*; tha an àithn so air a gearradh amach á Leabhar-cheist na Ròimh anns na h-àitibh sin, chum nach faic an sluagh gu'm bheil aoradh do ìomhaigh-ean air a thoirmeasg, agus a h-iodhol-aoradh air a dhìteadh le Dia.—*Ceist 260-265. (Faic Manual, t. 178.)*

C. 294. An tug ì an àithn so às a' Bhìobull? no às a h-eadar-theangachadh air na Sgrìobtuiribh?——F. Cha tug: ach cha n-'eil ì a' làn-ghabhail ris a' Bhìobull ann an càinnt air-bith, ach amhàin 's an Laidinn. Dh'-aontaich easbuigean àraid le Bìobull Dhoidh, no am Bìobull Beurladh aice, ach cha tug eaglais na Ròimh a làn ùghdarras riamh dhà.

C. 295. Am bheil eaglais na Ròimh an aghaidh eòlas air focal Dé a chraobh-sgaoileadh ameasg an t-sluaigh?——F. Thà ì. Agus b'àill leatha, ach beag, gach eòlas eile cuideachd a chumail o'n t-sluagh. Cha mhòr eòlas a bha coitcheinn ameasg an t-sluaigh gus an tàinig an t-Ath-leasachadh.

C. 296. Cionnus a dhearbhas tu sin?——F. Le Clàrbacaidh (*Index Prohibitory*) na Ròimh féin, leis am bheil gach nì leabhar, no earrann de leabhar a tha ag ràdh guth' an aghaidh tagraidh na Ròimh, air a thoirmeasg.

C. 297. Am bheil è soilleir o eachdraidh, gu'n robh eaglais na Ròimh a' cur an aghaidh céum an eòlais?——F. Thàn 'nuair a fhuair an duine ionnsuichte sin Galiléo amach an

fhìrinn mhòr so, gu'm bheil an talamh, no an cruinne-cé agus na réultan a' cuairt-imeachd mu'n ghrèin, thilg eaglais na Ròimh anns an tigh-phìanaidh è, agus dh'-éignich i è gus an fhìrinn so àicheadh,—firinn a ta nis air a h-aideachadh leis na h-uile, eadhon le eaglais na Ròimh féin.

C. 298. Am bheil daoine ionnsuichte ann an cuideachd eaglais na Ròimh, matà?——F. Thà gun teagamh; tha mòran dhaoine ionnsuichte anns an àrd chléir aice, gidheadh, tha i an aghaidh a bhì'sgaoileadh eòlais am easg an *t-sluaigh uile*. Faic an staid through agus an t-aineolas anns am bheil an sluagh 's an Eadailt, 's an Spàinn, 'am Portugal, agus ann an Eirionn féin. Is è aon de innleachdan na Ròimh cléir ionnsuichte a chumail suas, a chum a cùisean a thagair am easg dhaoine foghlumte eile; ach an sluagh 'fhàgail dàll, aineolach.

C. 299. Dh'-ainmich thu an "Tigh-phìanaidh". Am bheil eaglais na Ròimh ag aontachadh leis an tigh so?——F. Thà i. Chaidh an tigh-phìanaidh a shuidheachadh gu mion chùramach le òrdugh nam Pàp, agus is è sin cuid de'n chléir-lagh aig eaglais na Ròimh.

C. 300. Ciod a bhàtar a' deanamh leis an tigh-phìanaidh? ——F. Air an leisgeul, no 'chasaid 'bu lugha, rachadh greim a dheanamh air neach sam-bith air an robh amharus gu'n robh taobh aige ris a' chreidimh Phròtastanach, no neach às leth an robh cionta sam-bith eile air a chur; an sin rachadh a chur tre sheòrsa deuchainn aig cùirt, 's an-deigh sin a thoirt thairis a chum a phianadh.

C. 301. Ciod an seòrsa phiantan a bhàtar a' fulang 's an tigh so?——F. Bha caochladh seòrsa; a h-uile seòrsa péin no dòruinn, gu dearbh, a b' urrainn innleachd 'fhaotuinn amach, a chum pìan agus cràdh a thoirt do choluinn duine.

C. 302. Ainmich cuid diubh?——F. Pìanadh leis an *roithean*; b'è sin neach a thogail suas air ceànn rùip gu mullach an tighe agus cudthrom mòr ceangailte ri 'chasan; an sin a ghrad leigeil sìos, ach beag gu làr—nì a bheireadh tulgadh cho garbh air, 's a chuireadh gu buileach às na h-uile è. Pìanadh an *toiteachain*; b'è sin neach a shìneadh air a dhruim agus teine mall a chur ri buinn a chasan. Pìanadh an *rag-roth*; b'è sin an corp a thoinneadh, 's a réubadh às a chéile. A thuilleadh air sin, bha muinntear air an tilgeil gu tric ann an

sluic làn bheathaichean snàigeach, gràineil—losganan, dearcanylachrach 'us nathraichean: cuid air am fàgail gu bàsachadh leis an ocras, agus cuid eile air an losgadh aig a' phosta-mharbhaidh anns na lasraichean. Sin anis cuid de na pìantaibh a bhàtar a' gnàthachadh anns an tigh-phìanaidh, gu thoirt air sluagh an creidimh Pròtastanach àicheadh.—(Faic *Martarach*.)

C. 303. Ciod anns am bheil laghannan na cléire a' co-sheasamh?——F. Ann an cléir-riaghailtean nan combhairlean, achdan nam Pàp, agus ann an ùghdarrasaibh eile.

C. 304. Agus am bheil nàdur na géur-leanmhuinn ànnta sin?——F. Thà. Thubhairt mì cheana, gu'n robh an tigh-pìanaidh air a chur suas le òrdugh teànn nam Pàp. Tha cléir-riaghailtean nan combhairlean géur-leanmhuinneach, fuileachdach, mar-an-céudna. Tha an treas cléir-riaghailt de cheathramh combhairle Laterain ag òrduchadh na *h-eiricich* uile a ghearradh às.

C. 305. Ciod è, matà, is toradh do na riaghailtibh sin uile, no ciod a thàinig àsda?——F. Thàinig an tigh-pìanaidh, —teine Smithfield,—a' chasgairt a rinneadh air oidhche Bhartoloméuis, 'nuair a bha *ceud mìle* Pròtastanach air am mort anns an Fhràing, agus marbhadh mhuilleanan eile.

C. 306. Ach nach 'eil aonachd ìntinn mu nithibh a' chreidimh ann an comunn eaglais na Ròimh, agus nach 'eil ì, an lorg sin, freagarrach gu beachd aon-ìntinneach àrach ameasg muinntir eile?——F. Cha n-'eil, cha n-'eil. Tha a luchd-teagaisg a' dol calg-dhìreach an aghaidh a chéile 'n am barailean mu chaochladh pùngaibh cudthromach; agus tha a h-eachdraidh a' dearbhadh gu'n robh ì gu minig 'n a màthair-aobhair air cogadh a thogail agus air truaighe a sgaoileadh ameasg sluaigh.

C. 307. Ciod iad na ceistean teagaisg air am bheil iad a' mì-chòrdadh?——F. Air neo-mhearachdas a' Phàpa—air cò aca rugadh an Oigh Muire às éugais peacaidh, agus air àrd phùngaibh eile.—CEIST 55-58. (*Faic Trachd air Aonachd leis an Urramach Dr Blakeney*.)

C. 308. Ciamar a bha eaglais na Ròimh 'n a màthair-aobhair cogaidh agus truaighe?——F. Air aon àm, bha dà Phàp ànn; air àm eile bha trìuir Phàp ànn. Chathaich 'us chog iad so gu garg 's gu fuileachdach an aghaidh a chéile: ghluais

còmhrag anns na rìoghachdan mu-n-cuairt, cuid a' seasamh leis an dara Pàp 'us cuid leis a' Phàp eile. Anns na caochladh cogaidhean a dh'-éirich o aobharaibh eile, chaidh am Pàp, am bitheantas, anns an eadargain air aon dòigh, no dòigh eile, a' cur connaidh ris an lasair.

C. 309. Agus am bheil cumhachd aimsireil, marso, ann an eaglais na Ròimh cho maith ri cumhachd spioradail?——F. Thà gun teagamh. Is è am Pàp rìgh nan Ròmanach uile. Tha crùn trì-fillt' air a cheànn, a nochdadh a chumhachd, agus is iad a' chléir—luchd-dreuchd a rìoghachd, a chuid oifigearan, co dhiubh is eaglaisich, no cràbhaich iad.

C. 310. Ciod an t-eadar-dhealachadh a tha eadar na *h-eaglaisich* agus na *cràbhaich*?——F. Is iad na *h-eaglaisich* na daoine sin de'n chléir aig am bheil dùthchan, no sgìreachdan air an comharrachadh amach dhoibh, fo'n cùram: is iad na *cràbhaich* am buidheann iomadach sin de'n goirear Manaich, Franciscanaich, Dominicanach, Iesuitich agus feadhain eile a tha 'n an seòrsa feachd-cuideachaidh ann an seirbhis a' Phàpa.

C. 311. Cò iad na Prìomhaich—(*cardinals*?)——F. Tha eaglaisich àraid anns an Ròimh, aig am bheil comas am Pàp a roghnachadh, air a shuidheachadh; ach trid gach buidhinn agus seòrsa dhiubh sin o'n Phàp féin—an ceànn—anuas gus a' mhanach a's ilse, tha aig eaglais na Ròimh cumhachd, mar rìoghachd aimsireil, ann an rìoghachdan eile, agus tha i cunnartach do na h-uile.

C. 312. Mar sin, matà, cha n-è cràbhachd amhàin obair eaglais na Ròimh?——F. Cha n-è idir. Is i a h-obair-se comh-cheannairc an aghaidh fìor mhaith a' chinne-daoine. Na'm faigheadh eaglais na Ròimh buaidh mar tha i ag iarraidh, is è am Pàp, an sin, 'bu rìgh thairis air an t-saoghal uile, agus bhithheadh gach uile shluagh 'n an tràillean aige-féin agus aig a chuid sagart.

C. 313. A thuilleadh air peanas corporra, ciod iad na meadhonan eile a tha am Pàp a' gnàthachadh a chum a rìoghachd a chumail fo smachd?——F. Ascaoin eaglais, iomsgaradh agus toirmeasg, is è sin ri ràdh, daoine a sgaradh amach o shochairibh na h-eaglais.

C. 314. Mìnich ciod a tha thu a' ciallachadh leò sin?——F. Ma dhiùltas duine, sluagh, no rìgh, ùmhlachd a thoirt do'n Phàp, air bàll, théid òrdugh ascaoin, no sgaraidh

a chur amach an aghaidh an neach a ta eas-umbailt, leis am bheil è air a ghearradh amach bho chomunn ri 'cho-chréutairean agus o gach òrdugh spioradail; no ann an briathraibh eile, tha è air a "chur fo chàrn." Ma bhunaicheas rìgh ann an eas-ùmhachd, théid a rìoghachd a chur fo thoirmeasg, no fo òrdugh-bacaidh; bithidh è air a sgaradh amach o gach sochair a tha fo chomas a' Phàpa. Bithidh na h-eaglaisean uile air an dùineadh, stad air a chur air gach seirbhis spioradail, air searmonachadh, air baisteadh, air pòsadh, agus eadhon na mairbh air am fàgail gun adhlacadh.

C. 315. An robh rìoghachd Shasuinn riamh air a cur fo'n toirmeasg so?—F. Bha i, ri lìnn Rìgh Iain, 'nuair a bha an sluagh gun sgoinn, 'us iad cho tais, fànn 'us gu'n do ghéill iad do smachd a' Phàpa.

C. 316. Ciod è nis matà, do dleasan a thaobh nam Pàpanach?—F. A bhì ag ùrnuigh air an son, agus saothair a dheanamh chum an iompachadh.

URNUIGH AIRSON NAM PAPANACH.

O Dhé, a "chruthaich na h-uile dhaoine, agus aig nach 'eil fuath do nì sam-bith a rinneadh leat," seall ann an tròcair air ar comh-pheacaich na Pàpanaich bhochd. Fosgail an sùilean. Pill iad "bho dhorchadas gu solus." Treòraich iad a dh-ionnsuidh Iosa—an t-aon dòchas; agus dean air an son nì's mò na's urrainn sinne iarraidh, tre Iosa Crìosd ar Tighearn. AMEN.

LAOIDH I.

AM BIOBULL.—(*Ceist 96.*)

Am Biobull naomha Leabhar Dhé:
Sin m' ulaidh phrìseil 'us mo shéud;
Tha 'g ìnnseadh dhomh co ás tha mì;
Ciod è mo chor 'us ciod mo bhrìgh.

'Ga m' stiùradh ceart, 'nuair théid mì ceàrr;
A' foillseach' Slànuigheir nan gràs;
'N a sholus dealrach air an ròd;
'S ag ìnnseadh dhomh mo bhìnn 's a' mhòd.

Ri cridh' a' bhròin a' labhairt caomh,
 'Toirt sòlais dhà tre 'n Spiorad naomh ;
 A' nochdadh ciamar gheibhear buaidh,
 Tre chreidimh, eadhon air an uaigh !

A' tairgse beath' le sonas sìor,
 'S ag ìnnseadh cor an aingidh chàr :
 A leabhair bheannaichte an àigh,
 M' ulaidh, mo ghàirdeachas, mo ghràdh !

LAOIDH II.—(*Ceist 113.*)

Cha leig sinne dhìnn am Bìobull
 Naomh Leabhar Fhìrinn Dhé ;
 Lorg neartmhor 'us taic nan aosda,
 Ceànn-iùil na h-òig' gach ré ;

A' ghrìan 'tha 'sgapadh soluis àigh
 Air slighibh dorcha, cian ;
 Guth Chrìosd 'sìor-labhairt ann an gràdh,
 'Ga m' ghairm gu slaint 's gu Dia.

Cha leig sinne dhìnn am Bìobull
 Sgàth aoibhneis, no sgàth bròin ;
 Cha reic sinne 'chaidh an Fhìrinn
 Air airgiod, no air òr.

Ged dh'-fheuchas daoin' ri 'sgaradh uaim,
 Le ainneart, no le gò,
 Bheir dùlan doibh aig meud an cruais,
 Oir seasaidh Dia a' chòir.

Cha leig sinne dhìnn am Bìobull,
 Ach éighear è le buaidh,
 Gus an cluinnear a sgéul prìseil
 Feadh Innse cian a' chuain.

Gus 'n òl gach tréubh de 'uisg brìghmhor
 'S an can gach tir gu léir,
 Gu'n lean iadsa dlùth ri 'm Bìobull
 Air feadh gach linn, 's gach ré.

AN T-ATH-LEASACHADH.—(*Ceist 7.*)

Buidheachas do'n ATH-LEASACHADH,
 Le teisteanas 'us buaidh ;
 'S è 'tha 'tabhairt dhuinn a' Bhìobuill
 'An càinain fìor an t-sluaigh.

S' è 'thug eòlas, gliocas, saorsa
 Do'n t-saoghal so gu léir ;
 Teagasg, dòchas, beatha, slàinte
 Mar sholus glan nan spéur.

Buan-mhairidh 'n solus saoi-bhir sin
 'Sìor-shoillseachadh mar ghréin,
 'S cha n-urrainn Pàp, no sagartan
 A gheàrradh às uainn-féin.

Sìor-mholaibh an t-ATH-LEASACHADH,
 A sheanairean 's a chlàn,
 'Us 'òigearan 's a mhaighdeana,
 'S gach créntair a ta ànn.

O làn-mholamaid Iehòbhah
 A dheònuich dhuinn a ghràdh,
 'S *ath-leasachadh* nan rìoghachdan
 Tre shoisgeul Chrìosd gu bràth !

LAOIDH IV.

LEIR-SGRÌOS BHÀBILÒIN.—(*Ceist 280.*)

Tha clach 'an làimh an Aingil àird,
 Sin sàmhladh *Bhàbilòin* nam plàigh,
 Biodh gach fàidh ait, 'us sibhse 'Naoimh,
 Diolar dhuibh àmhghar agus caoidh.

Thuirt è 'n a mhòrachd, 'us 'n a bhuaidh,
 Thilg è 'chlach-mhuilinn anns a' chuan ;
 Marso tha léir-sgrìos *Bhàbeil* tèann,
 Cha n-fhàgar dh'ì-se clach, no crànn.

O ! greasadh làithean ait nan gràs,
 'Bheir do shìol Adhaimh saorsa làn,
 Sin éighear àrd le gràdh 'us buaidh,
 Ainm Iosa, Slàn-uighear an t-sluaigh.

IUCHAIR.

[Anns a' chuid so de'n Leabhar, gheibhear focail agus ainmean àraid air am fosgladh, no air am mìneachadh. Tha gach focal air a mhìneachadh ambhàin a-rèir an t-seadh a ta è a' giùlain anns a' Cheist. Tha C. agus na *Figearan* ag innseadh àireimh na Ceist' anns am *faighear am focal*. Tha *Beurladh* air cuid de na focail air a cur eadar dà chròmaig; marso, (Lent.)—Faic *Carghus*.]

Abhlan, wafer, host. *Abhlan cois-ripte*, the host, or bread in the eucharist. So ainm na breacaig arain, no na gearraige a ta air a gnàthachadh, leis na Pàpanaich, ann an seirbhis na h-aifrinn, no ann an sàcramaid a' chomànachaidh aca. Tha an t-abhlan so air a dheanamh de phlùr agus uisg.—Faic *Ceist* 215.

Absolve te, (focail Laidinn,) *I absolve thee*, tha mì 'g a do shaoradh, no 'g a d'fhuasgladh o chionta do pheacaidh; tha mì 'toirt maitheanais dhuit. Is iad so briathran an t-sagairt ris an neach d' am bheil è 'toirt maitheanais aig àm na faosaid.—C. 167-172.

Aquinas, Aquinas. Faic Naomh.

Aifrionn, mass, *aifrinnean*, masses; (the Popish mass, or the administration of the Communion sacrament in the church of Rome.) So an t-ainm a tha aig frithealadh sàcramaid a' chomànachaidh ann an eaglais na Ròimh. Ann an comànachadh na h-eaglais so, òlaidh an sagart féin am fion uile, agus bheir è a' bhreacag arain ambhàin do'n phobull.—(C. 121-9.) Ann an àitibh de'n Ghàidhealtachd, theirear “an eirinn,” no “an oirinn” ris “*an aifrionn*.”

Is àbhaist do'n t-sagart a dhol tre chaochladh foirm neònach, faoin, an àm dhà bhì 'deanamh na h-aifrinn. Air 'éideadh le gùn fada, geal agus le peiteig bhàin, buailidh è dh-ionnsuidh na h-altair, far am bheil aodaichean-altair, aodaichean comànachaidh, agus ciste anns am bheil an t-abhlan coisripte air a gbleidheadh;

coinneirean, mìasan, tùsearan, poitean-uisge agus nithe eile; agus an sin, tòisichidh è ri caochladh iomairt; togaidh è suas a shùilean agus seallaidh è sìos arist; an-deigh dhà sin a dheanamh trì uairean, sgaoilidh è mach a làmhnan, agus dhinidh è ri 'chéile rist iad, a' gluasad a mheuran gu luath; cromaidh agus lùbaidh agus crùbaidh è; tionndaidhidh è air a thaobh, air a làimh dheis agus chlàth; osnaichidh è, buailidh è air 'uchd; togaidh è suas an cupan-comànachaidh agus fenchaidh è do'n t-sluagh è, agus leigidh è sìos arist è; roinnidh è an t-abhlan 'n a thrì earrannaibh, a' sàmblachadh amach le sin trì earranna na h-eaglais— earrann dh'ì air nèamh, air talamh agus anns a' phurgadair; pronnaidh è cuid de 'n abhlan anns an fion, agus itbidh è cuid dheth tioram; ionnlaididh è a làmhnan roimh an choisrigeadh; pògaidh è an altair, an truisear, an leabhar agus òmh-aigh-na-sithe; crathaidh è an t-uisge-coisrigidh air an t-sluagh, loisgidh è tùis, cnùridh è na croisean air a' chupan, air an aran, air a' bhéul, air a' bhroilleach agus air an aodunn; ni è sàmbladh so na croise fìthead uair, cho fad 's a bhitheas è ris an aifrinn.*

Aithrichean, fathers; na h-*Aithrichean*, the fathers; seanairean; daoine aosda: na diadhairean, no na h-ùghdairean diadhaidh a b' fhaisge air làithibh nan Abstol. Dhiubh sin goirear gu tric na h-Aithrichean

* Catechism for Roman Catholics and Protestants, p. 61.—Dublin, 1832.

Abstolach, *the Apostolic fathers*. So ainmean nan Aithrichean a's comharraichte—Bàrnabas, Clemens, Hérnas, Ignatius, Policarp. 'N an deigh sin, Ciprian, Clemens-Alecsandrinus, Irenéus, Instiu Martir, Origen, Tertullian. Agus aríst Ambrose, Augustine, Crisostom, Ierome, agus mòran eile. Bha na cóig déng sin ànn, eadar an dara agus an ceathramh linn. Bha iad glé éudmhor air taobh a' chreidimh Chrìosdail agus sgrìobh iad leabhraichean féumail.—C. 80-95. Theirear na h-Aithrichean, no "na Sìnsirean" ri fireanaibh an t-Seànn Tiomnaidh, *Abel, Noah, Abraham, Jacob, &c.* Eabh. 11. 2.

Ambrose, fear glé ainmeil de na h-Aithrichean; easbuig Mhìlain, duine ciùin, diadhaidh agus glé ionnsaichte. 'Nuair a bha è 'n a leanabh 'us è 'n a shùneadh, air là àraid, aig dorus tigh 'athar, laidh sgaoth sheillein air a cheann agus cuid diubh a' dol astigh 's amach na bhéul gun chron sam-bith a dheanamh air.

Arianaich, Arians; luchd-co-bharail ris a' bhaath-chreidmheach Arius, a tha gu mearachdach a' cumail amach nach 'eil Crìosd am Mac co-ionann ri Dia an t-Athair.—C. 58.

Arles, baile anns an Fhraing.—C. 45.—*Nòd.*

Apocripha, Apocrypha; (the name of certain ancient writings or books which are not inspired:) So ainm leabhraichean aosmhor, àraid nach 'eil air an deachdadh leis an Spiorad Naomh. Tha iad air an gabhail 's air an aideachadh le eaglais na Ròimh, mar chuid de'n Sgrìobtuir, ach air an diùltadh le Pròtastanaich. Cha n-'eil fios cò is ùghdair dhoibh, no cò a sgrìobh iad. Cha robh iad air an gabhail leis na h-Iudhaich, no air an aideachadh le Crìosd, no leis na h-Abstoil, ni mò bha iad riamh air

an gabhail, mar Sgrìobtuir, le eaglais Chrìosdail air-bith, gu àm Comhairle Thrent.

Asia, taobh na h-Aird-an-ear de'n chruinne-ché, no de'n t-saoghal mhòr so.

Ascaoin, *ascaointeas*, excommunica-tion. "*Ascaoin eaglais*;" cur á comunn nan Crìosduidhean.

Ath-leasachadh, reformation; an leasachadh mòr, no am beannachd saoi-bhìr, an t-saorsa 's an t-eòlas a thainig air an t-saoghal leis a' chreidimh Phròtastanach.—Faic *Pròtastanach*.

Augustine.—Faic Aithrichean.

Ban-aba, an abbess; ban-mhaighstear abaid, no bean-riaghlaidh ann an tigh nan dubh-chailleach—C. 272.

Bàrnabas, aon de na h-Aithrichean Abstolach—Faic *Aithrichean*.

Baath-chreidimh, heresy; heterodoxy; creidimh mì-fhallain, mearachdach; baath bharail; claon bheachd, no barail nach 'eil a-réir lagh na h-eaglais. Cluinnear eaglais na Ròimh gu tric a' béumadh na h-eaglaise Pròtastanaich airson fhail-eusan de bhaath-chreidimh a dh-fhaodas a bhì innte; agus an-deigh sin, is i' eaglais na Ròimh féin màthair nam baath-chreidimh a's truime 's a's mò a bha riamh ànn. Is è cuid de easbuigibh, de shagartaibh agus de mhanaich na Ròimh 'bu chinn-iùil, air tùs, do na caochladh buidheannaibh baath-chreidmheach so a leanas—na *Nobhatianaich*, *Dònataich*, *Arianaich*, *Pelàgianaich*, *Nestòrianaich*, *Eutichianaich*,* &c.

Baath-chreidmheach, heretic; ericeach: neach aig am bheil beachd no barail mhì-fhallain mu'n chreidimh—Faic *Ericiach*.

Baronius, easbuig agus fear-eachdraidh Pàpanach. Sgrìobh an duine so eachdraidh air mearachdan agus mi-bhéus

* The Very Rev. Daniel Bagot's Protestant Catechism, p. 50.

nam Pàp.—Faic *Neo-mhearachdas*.
Bartoloméus, (St Bartholomew;) aon de na naoimh. Tha féill air a cumail leis na Pàpanaich aon uair 's a' bhliadhna, do'n ainm 'Là Bhartoloméus,' (St Bartholomew's day.) Is ann air oidheche an là so (August 24, 1572,) a thòisich am mort oillteil sin leis an robh àireamb mòr Phròtastanach air an cur gu bàs, fo òrdugh eaglais na Ròimh, anns an Fhraing, anns a' bhliadhna 1572. Mhair a' chasgairt namhasach so, fad dheich là fichead, agus chaidh (30,000) deich mìle fichead a mharbhadh, no a-réir cùntais eile, ceud mìle.—C. 305.

Basil, baile ann an Suitserland.—Faic Comhairle.

Bellarmino.—Faic Ughdair.

Béul-eachdraidh, (tradition;) béul-aithris; eachdraidh neo-sgrìobhte; gnàthachadh; ùrsgèul; eachdraidh no cùntas mu nithibh a ta air an èineadh anuas o gbinealach gu ginealach, agus air an ìnnseadh o bhéul gu béul, fad bhliadhnachan, agus a dh'fhaoas a bhì, an-deigh sin, air an cur ann an sgrìobhadh.—C. 73.

Bhienno, Vienna; àrd bhaile na h-Austria.—Faic Comhairle.

Brìde, St Bridget, aon de na naomh.—Faic *Naomh*.

Brìgh-atharrachadh, (transubstantiation;) atharrachadh, no tionndadh arain agus fiona gu fèidil agus fuil. An teagasg mearachdach sin aig eaglais na Ròimh leis am bheil i a' toirt air a luchd-aoraidh a chreidsinn, gu'm bheil an t-abhlán agns am fion, a ghnàthaichear ann an seirbhis na h-aifrinn, gu h-ìomlan, air an deanamh 'n am fìor Chrìosd!—C. 199-220.

Brùiteachd, (contrition;) bròn no doilghios airson peacaidh.

Butler, sgrìobhadair Pàpanach.—Faic Ughdair.

Caietan, Cajetan.—Faic Ughdair.

Cùil, sense; na càilean, the senses.

Is iad na cóig càilean, no na ceud-fàdhan, faicinn, *seeing*; cluinntinn, *hearing*; boltanas, *smelling*; blasad, *tasting*; agus faireachadh, *feeling*.—C. 207-210.

Caitligeach, (catholic; universal; general;) coitichionn, coitichionta; cumanta: na h-uile: anns am bheil na h-uile, no cuid aig na h-uile. Tha eaglais na Ròimh ag ràdh gur i-féin amhàin an Eaglais Chaitligeach, *the Catholic Church*. Ach cha n-'eil còir sam-bith aice-se, no aig eaglais eile an t-ainm so (Catholic) a ghabhail dh'i-féin amhàin. Is i au Eaglais Chaitligeach, na h-uile a tha 'fìor-chreidsinn ann an Crìosd, ciod-air-bith eaglais àraid, do 'm buin iad anns an t-saoghal so.—C. 22, 24, 28.

Carghus, (Lent.) So àm, no làithean air nach 'eil è, a-réir teagasg Ròimh, ceadaichte do Phàpanaich fèidil itheadh.

Calcedon, Chalcedon; baile ann an iar-thuath na h-Asia.

Cassander, ùghdair Pàpanach.

Catholic.—Faic Caitligeach.

Ceall-ghoid, (sacrilege;) goid nithe naomha, no ni sam-bith a bhuineas do eaglais: truailleadh, no mi-ghnàthachadh nithe naomha.—Créud Phùinis IV. EAR. 3.

Ceartair, reformer; *Ceartairean*, reformers: na fir-ath-leasachaidh. Na daoine tréun, éudmhor, maith sin a ghlan o mhearachdan agus a cheartaich an creidimh an-deigh dhà bhì air a thruilleadh, fo chlaonadh eaglais na Ròimh.—Na daoine a bha air an òrduchadh le Dia, chum an t-Ath-leasachadh a chur air chois. B' iad sin Luther, Melancthon, Sningle, Iain Nocs agus mòran eile.—Faic *Pròtastanach*.

Ceilt-inntinn, (equivocation; ambiguity;) labhairt dhùbail; cainnt chealgach: car-fhocal: labhairt anns am bheil dà sheadh; cluaineas; gun

bhi 'labhairt a-réir fios, no smuaintean na h-inntinn.—C. 284-8.

Chillinguort, (William) Chillingworth, Sasunnach Prōtastanach a sgrìobh an aghaidh teagasg na Ròimh.—C. 96.

Cinneach, (a nation; gentile, heathen, pagan;) geintileach; pàganach. Gach aon nach 'eil a' creidsinn anns an Dia bheò agus fhòr. Roimh theachd Chrìosd bu chinnich uile luchd-àiteachaidh an t-saoghail, ach na h-Iudhaich, no na h-Israelich amhàin.

Ciprian, Cyprian; aon de na h-aithrichean Abstolach.—Faic *Aithrichean*.

Clemens, fear de na h-Aithrichean.

Coguis, (conscience.) Fianuis a' chridhe: an fhianuis sin a ta air a suidheachadh ann san taobh astigh dhèinn, agus a tha 'toirt breith air ar gnìomhraidh, agus ag aontachadh leò, no 'togail a guth' 'n an aghaidh; 'g am moladh, no 'g an dìteadh, a-réir an t-solnis, an eòlais, no an aineolaìs a ta ìnnte. Tha am *Breitheamh* so ann am broilleach gach duine. Is tric a chluinnear neach ag ràdh, "Rinn mì," no "tha mì 'deanamh so, (no sid) a-réir mo choguis"—a-réir mar tha mo choguis ag aontachadh leam. Ach is ann amhàin an uair a bhitheas a' choguis maith agus glan, agus air a soilleachadh le eòlas fallain—solus na firinn, is urrainnear sin a ràdh gu ceart. Faodaidh am mortair, no fear-uile air-bith, a ràdh agus is minig a thubhairt è sin, "tha mì 'deanamh a-réir mo choguis," no tha mo choguis (air an àm) ag aontachadh leam; ach gidheadh, tha a ghùimh fìor olc—uamhasach. Air an aobhar sin, cha làmh-thrèdrachaidh shàbhailt, cheart a h-uile choguis.

Tha a' choguis mhaith agus an droch coguis air an leigeil ris duinn gu soilleir anns an Sgrìobtuir.

(1.) *Coguis mhaith*. Sin coguis nach 'eil air a truailleadh, no air a dalladh—fianuis ann an neach gu'm bheil è firinneach agus dìleas, agus air a ghluasad le gràdh chum a dhleasanas a dheanamh do Dhia agus do dhuine. "A nis is e a's crìoch do'n àithne gràdh á cridhe glan agus á coguis mhaith agus á creidimh neo-chealgach.—1 Tim. 1. 5. (2.)

Coguis ghlan. Sin fianuis ann an neach gu'm bheil è gu treibh-dhireach a' creidsinn na firinn, a' mothachadh a cumhachd agus a' gabhail teagasg an t-soisgeil mar riaghailt a chreidimh anns nach faodar teagamh a chur; agus mar riaghailt a bheatha nach faodar a bhriseadh. "A' cumail rùn-dìomhair a' chreidimh ann an coguis ghloin."—1 Tim. 3.

9. (3.) *Coguis anmhunn*, no lag. Sin neach nach 'eil seasmhach—neach gun mhothachadh géur, ceart—neach gun eòlas fallain—neach a bhitheas fo theagamh 'us fo imcheist thaobh iomadh mì, gun fhios soilleir aige cìod is còir dhà 'dheanamh agus an lorg sin, a bheir anshocair air-féin. "Agus air d' an coguis a bhi anmhunn tha ì air a salachadh."—1 Cor. 8. 7. (4.)

Droch coguis; tha ì so salach, dorch, marbh, no buairte. *Coguis shalach*. Sin coguis a tha air a truailleadh 's air a dalladh cho mòr 'us nach aithne dh'ì eadar-dhealachadh a chur eadar am maith 's an t-olc: their ì gur olc nithe maith, agus gur maith nithe olc, "Dhoibh-san a ta salach agus mì-chreideach, cha n-'eil aon ni glan; ach tha an ìntinn agus an coguis féin air an salachadh."—Tit. 1. 15. *Coguis*

dhorch, no *mharbh*. Sin coguis gun mhothachadh idir air maith no olc. Is ionann d'ì an t-olc 's am maith. Tha ì air a cruadhachadh mar ìarunn, no mar gu'm bitheadh a comas mothachaidh air a losgadh

ás, “Air bhi d’an coguisibh air an losgadh le iarunn dearg.”—1 Tim. 4. 2. Bithidh an droch coguis a’ dìteadh ’nuair bu chòir dh’ì a bhi ’moladh, agus a’ moladh, no ’gabhail a leisgeil, ’nuair bu chòir dh’ì bhi ’dìteadh.—Salm 10. 3. Bithidh ì, air uairibh, ann an sìth ris a’ pheacach. —Jer. 6. 14. Ach glé thrìc ann an aisith ris a’ chiontach air a gluasad, air a bioradh ’s air a buaireadh le trioblaid airson a chionta.—Isà. 57. 20–21.

Bithidh an droch coguis—a’ choguis chiontach—air a dùsgadh, air uairibh, le mòr uamhas airson a cionta ’s a h-aingidheachd an làthair Dhia. Air an àm sin, togaidh ì suas a guth-dìtidh gu ìan, tréun, tròm, teànn, searbh, an aghaidh a’ chiontaich. Coguis air a làn-dùsgadh! cia anabarrach mòr a cumhachd! cha n-urrainnear a guth-dìtidh a chasgadh, no ’mbùchadh! ’Nuair a bhithbeas ì air a làn-dùsgadh gu ceart mhothachadh air a cionta, bithidh an ciontach—an cealgadair, am bréugadair, an strìopadair, am mèir-

leach agus am mortair—air ’èig-neachadh gus a chionta graineil, uamhasach aideachadh gu follaiseach an làthair Dhia ’us dhaoine. Is tric a thachair so.

Comhairle, council; assembly; synod. “*Comhairle eaglais*,” a meeting of divines. Co-thional easbuigean air an cruinneachadh ann an aon àit, a chum reachdan, riaghailtean agus òrduighean a dheanamh airson na h-eaglais, chum gach cùis dhragh-aìl a shocrachadh, agus a chum còrdadh mu phùngan a’ chreidimh.

Aig na h-Ard Chomhairlibh, no na Comhairlean Coitcheanta, (*Ecumenical or General Councils*), a bha air an cumail aig caochladh àm, bhuineadh do ùntinn na h-eaglais uile a bhi air a h-ìnnseadh air gach cùis, agus bha sin air a dheanamh, gu tric, le easbuig air a chur a dh’-ionnsuidh na Comhairle, ás gach àit de chùiochaibh na h-eaglais.

Cuiridh sinn sìos an so ainmean nan àitean maille ris a’ bhliadhna agus an robh na h-Ard Chomhairlean so air an cumail:—

AIREAMH NAN ARD CHOMHAIRLEAN.

<i>Comhairle 's a Baile.</i>	<i>Dùthaich.</i>	<i>Bliadhna ar Tighearna.</i>
Ceud Chomhairle Nice,	Asia,	325
Ceud Chomhairle Chonstantinople,	Tìr-nan-Turcach,	381
Comhairle Ephesus,	Asia,	431
Comhairle Chalcedoin,	Asia,	451
Dara Comhairle Chonstantinople,	Tìr-nan-Turcach,	553
Treas Comhairle Chonstantinople,	Tìr-nan-Turcach,	680
Dara Comhairle Nice,	Asia,	787
Ceathramh Comhairle Chonstantinople,	Tìr-nan-Turcach,	869
Ceud Chomhairle Laterain, (Ròimh)	An Eudailt,	1123
Dara Comhairle Laterain, (Ròimh)	An Eudailt,	1139
Treas Comhairle Laterain, (Ròimh)	An Eudailt,	1179
Ceathramh Comhairle Laterain, (Ròimh)	An Eudailt,	1215
Comhairle Lìons,	An Fhraing,	1245
Dara Comhairle Lìons,	An Fhraing,	1274
Comhairle Bhienna,	Prussia,	1311
Comhairle Phlorence,	An Eudailt,	1439
Còigeamh Comhairle Laterain, (Ròimh)	An Eudailt,	1512
Comhairle Thrent, (Tiroll)	Austria,	1545



Thàtar ag ràdh nach bu Chomb-airle Choitichionta ach amhàin a cheud *ochd* dhiubh sin, do bhrìgh nach do shuidh aig na *deich* eile, ach amhàin easbuigean a' Phàp' agus nach robh iad *saor*. Bha Comhairlean àraid eile air au cumail aig amaibh sònruichte ann an Arles, Arminium, Basil, Constance, Elleberis, Francfort, Paris, Pisa, Sardica, Toulouse.

Constance, baile ann an Switzerland.

Còrr-obair, (superabundant work; supererogation; more than enough;) bàrr-ghnìomh; obair anns am bheil deadh thoillteanas anabarrach mòr, cho mòr as gu'm faod è, cha n-è mhàin an neach a rinn an obair, ach mar-an-céudna muinntear eile a theàrnadh. Toillteanais anabarrach nan naomh, mar their an Ròimh.—C. 182-9.

Cranmer, aon de na martaraich Shasunnach.—C.7. Faic *Martarach*.

Créud, (what is believed; the articles of our Christian faith or belief;) na nithe a chreidear; bonnachairean no stéidhean ar creidimh naoimh. Is ì mhàin a' Chréud Abstolach, no a' chréud a dh'-aidicheadh air tùs, aig Comhairle nan diadhair ann an Nicéa, a ta fallain.—C. 3, 4, 11.

Criosdachd, (Christianity; Christendom;) aidmheil a' chreidimh Chriosdail; na crìochan anns am bheil Criosd air 'aideachadh.

Crisostom, Chrysostom.—Faic Aithrichean.

Cuimhneachan, (memorial; remembrance; relic;) gnìomh cuimhneachaidh; fuigheall; nà a dh'-fhàg neach a chum cuimhne air a chunail beò ameasg a chàirdean; nà a dh'-fhàg cuid de na naoimh, mar tha pàirt de'n aodach, agus a tha eaglais na Ròimh a' gleidheadh, le mòr urram, mar chuimhneachan orra.—Créud Phlùis IV. EAR. 7.

Cùl-dùlich, (antediluvians; the people

that existed before the flood;) an sluagh a bha ànn roimh an dùile, air cùl na dùile, no air am bàthadh leis an dùile ruaidh.—C. 147.

Daingneachadh, (confirmation;) dol fo làimh easbuig.

Dol-thairis, (the passover;) a' Chàisg: an fhéisd a bha air a cumail leis na h-Israelich o shean, mar chuimhneachan air an saoradh o bhùille an aingil-sgrìos, le 'dhol-thairis air na tighean aca, ach a mharbh gach ceud-ghin ann an tighean nan Eiphiteach.—C. 205.

Dònataich, (Donatists;) cuideachd chràbhaidh mhì-riaghailteach a dh'-éirich leis an t-sagart *Donatus* agus sagart eile ann an Africa, anns a' cheathramh linn, agus a thog mòran aimhreit anns an eaglais.—Faic *Baòth-chreidimh*. Ecsod. 12. 27.

Douidh, Douay; baile ann am Flanders, 'an taobh tuath na Frainge, anns an robh Biobull nam Pàpanach, air 'eadar-theangachadh. An lorg sin theirear Biobull Dhoidh, (Douay Bible.)

Dubh-chailleach, (nun,) ban-naomb; maol-chaile; boirionnach a tha ag aideachadh a bhi 'tréigsinn cuideachd an t-saoghail so, 'g a tabhairt féin suas do oibribh cràbhaidh, a' dol astigh a ghabhail còmhnuidh ann an tigh uaigneach a tha aig na Pàpanaich airson a leithid, agus a' dol fo bhóid nach pòs ì, agus nach fag ì an tigh sin, cho fad 's is beò ì.—C. 269.

Eirinn. Faic Aifrionn.

Ephesus, àrd bhaile Iònia ann an Ìar-thuath na h-Asia.

Ericeach, (heretic;) baòth-chreidmheach. So an t-ainm a tha aig eaglais na Ròimh air gach neach nach 'eil a' géilleadh dh'-i-féin.

Eudailt, Italy: dùthaich mhòr ann an taobh deas na Roinn-Eòrpa.

Eusebius, fear-eachdraidh eaglaiseach de mhuintir Chæsaréa ann an

Palestina 's an Asia, far an robh è 'n a easbuig anns a' cheathramh linn.—C. 25.—*Nòd.*

Eutichianaich, (Eutychians;) luchd-co-bharail ri *Eutichius*, manach ann an Constantinople, a dh'-éirich suas anns a' chòigeamh linn, a' teagasg nach 'eil aig Criosd ach amhàin aon nàdur. Sin mearachd mòr.

Fàthamas. Faic Litir-mhaithidh.

Faosaid, (confession of sins to a priest;) aideachadh pheacaidbean do shagart, chum maitheanas, no toileachadh 'fhaotuinn uaithe.—C. 156, 172.

Féichnear, (debtor;) fear-fhlach; neach a ta fo fhàichan, no aig am bheil fiachan ri 'm pàidheadh do neach eile.—C. 144.

Fireanachadh, (justification;) saoradh a' pheacaich o dhùteadh a chionta, amhàin le saor ghràs Dhia, leis am bheil maitheanas air a thoirt dà, agus è air a ghabhail astigh, mar fhìrean, 'am fiannis Dé, agus sin amhàin air sgàth fireantachd Chrìosd, air a meas do 'n pheacach agus air a gabhail h-nìge le creidimh amhàin.—C. 190-8.

Gallicanaich, (Gallicans; inhabitants of Gallia, or France;) Frangaich: diadhairean na Frainge.—C. 58.

Gearrag. Faic Abhlan.

Gilleadas, (celibacy;) fleasgachas; toirmeasg pòsaidh do'n Chléir; staid shingilt.—(C. 266.) Tha Dr O'Croly, sagart Pàpanach, a' gearrain gu cruaidh, goirt, air mi-bhéus agus neo-gheamnuidheachd nan sagart fo'n lagh mhi-nàdurach so—toirmeasg pòsaidh. Tha è ag ràdh 'gu'n robh an eaglais de'n goirteadh *neo-mhearachdach* 'us *neo-thruaillidh*, ag osnaich, (groaned,) fo dhùlolasaisibh nan sagart, o'n fhear a b'airde gus an fhear a b'ìlse.*

Gnùis-mhealladh, (dissimulation; counterfeiting;) mealltaireachd; cluaineas.

Hērmas. Faic *Aithrichean*.

Ianuarius, aon de naoimh na Ròimh.

Tha ì ag ràdh gu'm bheil fuil an naoimh so 'an gleidheadh aice, agus a' fàs blàth leatha-féin aon uair 's a' bhliadhna.—C. 279.

Jerome, Jerome.—Faic *Aithrichean*.

Iesuitich, (Jesuits;) buidheann cràbhach le eaglais na Ròimh a ta, le mòr ionnsachadh, ann an iomadh àit, a' gnàthachadh caochladh ìnnleachd agus seòltachd, a chum muinntear eile a thàladh leò gu dìomhair, a dh-ionnsuidh an aideachaidh féin. Bha an comunn ìnnleachdach so air a chur air chois, air tùs, leis a' mhanach Ignatius Loyola, anns a' bhliadhna 1534. Tha mòran de na Pàpanaich, air an là an diugh, glé sheòlta agus glé éudmhor anns an obair so, agus le briathraibh tlà, taitneach, ìnnleachdach a' feuchainn gu tric ri Pròtastanaich a thàladh a dh-ionnsuidh "creidimh an t-sagairt." Tha Iesuitich aig an Ròimh anns gach àit, a' sìor-dhol mu-n-cuairt ann culaidhibh chaorach. Deanamaid faire 'n an aghaidh.

Ignatius. Faic *Aithrichean*.

Iobairt, (sacrifice;) tabhartas; ofrail.

Ni air a thairgse suas do Dhia air 'altair féin, mar aideachadh air àrd chumhachd agus mòrachd Dhia os ar cionn; agus mar aideachadh air cionta agus eisimeil an neach airson am beilear a' suas-thabhairt na h-ìobairt'. Bha dà sheòrsa ofrail àun o shean—fo'n lagh, eadhon *ìobairt* agus *tabhartas* (oblation.) Ann an ìobairt dh'-fhéumadh beatha ainmhidh a bhi air a toirt air falbh, ach cha robh ann an tabhartas ach suas-thabhairt thiodhlacan de nithibh òrduichte. Eabh. 5. 1. Is è ainmhidhean glan, gun ghaoid a dh'-fhéumteadh a thoirt suas mar ìobairt do Dhia, airson pheacach,

* Popery in its Social Aspects, by the Rev. Dr Blakeney, p. 174.

eadhon colmain, gobhair, spréidh, meanbh-chrodh, no uain. Is ann le làimh an t-sagairt fo'n lagh, a dh'-fhéumadh gach lobairt a bhí air a tabhairt suas. Nis is è Crìosd an Slànuighear a bha aira shàmlachadh amach leis gach sagart laghail fo'n t-Seànn Tiomnadh. Agus air an là sin air an do dhòirt Crìosd 'fhuil luachmhor féin, air a' chrann-chéusaidh mar lobairt iomlain, shìormhaireannaich airson pheacach, thainig crìoch gu bràth air dreuchd na sagartachd laghail, agus air suas-thabhairt lobairtean laghail. "Thugaibh fairear Iosa Crìosd Abstol agus àrd shagart ar n-aidmheil." Eabh. 3. 1. agus 8. 1-3. Bha an éifeachd a ta ann am fuil Crìosd air a sàmlachadh amach agus air a searmonachadh do dhaoine, leis gach boinne fola a chaidh a dhòrtadh riamh ann an lobairt, le làimh an t-sagairt fo'n lagh, ach cha n-'eil féum sam-bith air sagart iobraidh, no air lobairt laghail anis, "Oir a ta eadhon Crìosd ar n-Uan càisg air ìobradh air ar son." 1 Cor. 5. 7. Air an aobhar sin, is è Crìosd amháin an lobairt nìle-chumhachdach agus shìorruidh fo'n t-soisgeul. "Anis dh'-fhoillsicheadh è chum peacadh a chur air cùl tre e-féin ìobradh." Eabh. 9. 26.—C. 227.

Iodhol-aoradh, (the worship of idols, or of images;) aoradh do iodholaibh, do lomhaighean, no do'n dia-bhréige; Pàganachd.

Iodholach, (idolatròns;) ag aomadh leis an iodhol, no leis an dia-bhréige; mearachdach.—C. 248.

Iomhaigh, (image, likeness; idol;) dealbh, coslas; iodhol.—C. 260.

Joseph, Joseph; aon de na naoimh.—Faic *Naomh*.

Joséphus, (Flavius) Josephus; Iudhach glic agus ionnsuichte a rugadh ann an Ierusalem seachd bliadhna

déng thar fhichead, an-deigh do Crìosd a dhol suas air nèamh, agus a sgrìobh eachdraidh agus arsaidheachd nan Iudhach. Tha sgrìobhaidhean an duine so glé fhéumail a chur soluis air nitibh nan sean aimsir.—C. 225.

Irenéus, easbuig a bha ann an Lìons agus aon de na h-Aithrichean; duine tréun air taobh a' chreidimh.

Iustin Martir, aon de na h-Aithrichean Abstolach; rugadh è ann an Samaria agus chaidh a chur gu bàs mar mhartarach anns ann Ròimh.

Labbe, fear-eachdraidh Pàpanach; aon de na h-Iesuitich.

Lateran, eaglais mhòr anns an Ròimh, anns am b' àbhaist do chomhairlean a bhí air an cumail.—Faic *Comhairle*.

Latimer, (Hùistean,) fianuis dhìleas agus searmonaiche comasach. Bha e-féin agus Ridleidh air an losgadh ann an Sasunn, le teachdairean na Ròimh, anns a' bhliadhna 1555, airson nach tréigeadh iad an creidimh Pròtastanach.

Liguori, sgrìobhadair Pàpanach agus aon de na naoimh.

Linn, (century, an age;) ceud bliadhna; aois; àm; cuairt aimsir.

Lìons, Lyons; baile ann an taobh deas na Frainge.

Lira, Lyra,) sgrìobhadair Pàpanach.

Litireil, (literal; according to the letter, or to the original meaning of a word; not figurative;) litreach, a-réir na litreach, a-réir ceud sheadh focail: cha n-ànn sàmlach, no mar shàmladh. Marso, is è seadh litireil an fhocail "gég," meangan no meur de chraoibh; ach is è seadh sàmlach, no spioradail an fhocail "gég," fear-aideachaidh, no creidmbeach—neach a ta ann an Crìosd. Eòin 15. 2.

Litir-mhaitheadh, *litir-mhaitheanas*, (INDULGENCE; letter of pardon; pardon; favour). Fàthamas; maitheanas; caoimheas; fàbhar buil-

iclte: gnòmh ceadaichte. An comas sin a their eaglais na Ròimh a tha ìnnte-féin, peacadh a mhaitheadh do chiontach air an talamh, no anns a' phurgadair, no a cheadachadh do neach nì àraid, no a thoil féin a dheanamh, car ùine, no cho fad agus is àill leis an t-sagart an t-sochair, no am fàbhar so a bhuileachadh. Ach mar a's trice féumaidh an "litir-mhaithidh" (*indulgence*) a bhi air a ceannach le suim airgid. 'Ma cheannaicheas tu litir-mhaitheanais,' ars' an t-easbuig Tetsel, 'faodaidh tu anam d' athar a shaoradh às a' phurgadair airson *dà sgilinn deug*'—tasdan! (C. 182.) 'Cho luath 's a bheir an t-airgid gliong anns a' chiste, fuasglar an t-anam agus iridh è suas gu nèamh. Tha éifeachd nan litir-maitheanais cho mòr, 'us gu'm faod na peacaidhean a's namhasaiche a bhì air am maitheadh agus air an dìoladh leò, agus neach a bhi air a shaoradh araon o pheanas agus o chionta. Féuch! tha na nèamhan fosgailte; mur téid sibh astigh anis,' ars' an t-easbuig Tetsel, 'c'uin a théid sibh astigh? Am bheil thu cho mì-thaingeil as nach dean thu do phàrant a theas-airginn o dhòruinn? Ged nach biodh agad ach aon chòta, bu chòir dhuit a sponadh dhìot air a' mhionaid, agus a reic a chum sochair cho mòr a cheannach.'

A-réir òrdugh a' Phàpa, bha an "Litir-mhaitheanais" air a toirt seachad le Tetsel agus le chòmpanaich anns na briathraibh so—"Gu'n deanadh an Tighearn Iosa Crìosd tròcair ort agus do shaoradh le toillteanasaibh 'fhulangais naoimh. Agus tha mise le ùghdarras Chrìosd, nan abstol beannaichte, Peadar agus Pòl, agus le ùghdarras a' Phàpa ro naoimh, air a dheònachadh dhomh agus air 'earbsadh rium, anns na crìochaibh so, 'g a do shaoradh, an toiseach, o gach uile ascaoin-eaglais, cìod-air-

bith dòigh air an robh iad air an toilltinn leat, agus an-deigh sin, o do pheacaidhean, o do chiontaibh agus o d' anabharraibh uile, cìod-air-bith cho uamhasach 's dh'-fhaodas iad a bhì, eadhon o leithid 's a tha air an òrduchadh gu bhì air an cur fo bhreth na Caithir-easbuig Naoimh (Holy See), agus cho fad 's a théid iuchraichean na h-Eaglaise Naoimh, tha mì a' maitheadh dhuit gach uile pheanais a tha thu 'toilltinn anns a' Phurgadair airson do pheacaidhean, agus tha mì 'g a d' aiseag gu sàcramaidean naomh na h-Eaglais, gu aonachd nan creideach, agus gus an neochiontas agus a' ghlainead sin a bha agad anns a' Bhaisteadh, mar sin, 'nuair a gheibh thu bàs, faodaidh geatachan a' pheanais a bhì air an dùineadh, agus bithidh geatachan a' phàrais shòlasaich air am fosgladh, agus mur faigh thu bàs aig an àm so, mairidh an gràs so, 'n a làn éifeachd dhuit, 'nuair a bhitheas tu ri uchd a' bhàis."

Tha an t-easbuig céudna ag ràdh, fo làmh Pàpa Leo X., "ma cheannaicheas neach sam-bith Litrichean-maitheanais, faodaidh 'anam fois a ghabhail gu sàbhailt, 'a thaobh a theàrnaidh."

Gheibhear ainmichte ann an Cìschùirt naoimh na Ròimh, an t-suim a tha gu bhì air a pàidheadh airson maitheanais, no fàthamais. Tha gach peacadh dhiubh so a leanas gu bhì air a mhaitheadh do'n neach a nì è, air an t-suim airgid a ta 'n a chois:—

Airson goid nithe naomh amach á àit coisrigte,	£0	10	6
Airson mort Neo-chléirich le Neo-chléireach,	0	7	6
Airson mort athar, màth-ar, mna, no peathar,	0	10	6
Airson làmh làidir a leagail air fear de'n chléir gun fhuil a thoirt às,	£0	10	6

Airson coimh-leabach air a cumail le sagart,	0	10	6
Airson tigh coimhears-naich a losgadh,	0	12	0
Airson làmh-sgrìobhaidh a' Phàp' a chùinneadh,	1	7	0
Airson litrichean Abstolach a chùinneadh,	1	7	0
Airson Rìgh a dhol a dh-ionnsuidh na h-Uaigh			

Naoinh gun òrdugh, 7 10 0

Nach namhasach an obair-mheallaidh sin! Anns a' bhliadhna 1813, no dà fhlichead bliadhna 's a sèa roimhe so, bha comunn ònmhor air a shuidheachadh leis na Pàpanaich ann am baile Atha-Cliaith (Dublin) 'an Eirionn, do'n ainm an "Comunn Purgadarach," a chum a bhi cruinneachadh airgid amearag an t-sluaigh, gu pàidheadh airson ùrnuighean a dheanamh chum an càirdean fhuasgladh às a' Phurgadair. Is ì aon de riaghailtibh a' chomuinn so,—“Gach Caitligeach a tha toileach cuideachadh a thoirt, a chum fuasgladh nan anamanan a ta 'fulang anns a' Phurgadair, pàidheadh è *sgilinn* 's an t-seachdain.” Is ì aon eile de na riaghailtibh,—“Ceannaicheadh gach aon de'n chomuinn, copidh de na riaghailtibh, agus bitheadh an t-airgiod a chruinnichear air gach seachdain, air a phàidheadh do na *sagartaibh a's féumnaiche*, agus thugadh iad aideachadh sgrìobhte (*receipt*) airson na chaidh phàidheadh dhoibh.”*

Manach, (monk;) maol-chiaran; fear de chuideachd chràbhaidh a bhuineas do eaglais na Ròimh, agus a tha, fo bhóidean àraid, mar a's trice 'gabhaail còmhluidh ann an uaigneas.

Manachuinn, (monastery; convent;) tigh mhanach.

Manual, làmh-leabhar. Tha leabhar comasach air a clur amach fo'n ainm so, le Dr Blakeney, an aghaidh mhearachdan na Ròimh.

Martarach, (a martyr). Fianuis air taobh firinn Dhia. Is iad na Martaraich, na daoine diadhaidh, firinneach, cruadalach sin a dh'-fhuilig iomadh bàs cràiteach, plantail airson Chrìosd. Bha mòran diubh air an losgadh aig a' phosta-mharbhaidh, mòran air an gearradh, air an rùb-adh, no air an sàbladh às a chèile, le daoine fuilteach, garg na géurleanmhuinn. B' ann de na martaraich Shasunnach, Bradford, Cranmer, Hooper, Latimer, Riddleidh, Uicliffe, agus Morair Cobham. Chaidh am morair so a ròstadh ann an slabhruidhean air teine mall.—C. 7. 305.

Monotelitich, (Monothelites.) Bha a' chuicideachd chràbhaidh so agus na *Maronitich*, cuideachd chràbhaidh eile, a bhuineadh do eaglais na h-Aird-an-ear, anns an t-seachdamh linn, a' cumail amach, ged tha nàdur Dhia agus an duine aig Crìosd, gidheadh, nach 'eil aige ach amhàin *aon toil*. Bha am beachd clìth so aig Pàp Honorius.—C. 58.

Mòrmonich, (Mormonites;) luchd-cràbhaidh a dh'-éirich suas ann an America, o chionn beagan bhliadh-nachan. Tha iomadh beachd mearachdach aca mu'n diadhachd; tha mòran de'n teagasg truailidh, gràineil. Tha iad a' teagasg gu'm faod duine àireamh bhan cho mòr 's is àill leis a bhi aige; agus tha iad a' cumail amach gu ladarna, gur iad-séin “Naoinh nan làithean deireannach.”—C. 66

Naomh, a saint; *Naoinh*, saints; canonised persons; muinntear naomh-ainmichte. Is iad Naoinh na Ròimh créatairean a bha comharraichte anns a' bheatha so, airson an oibre cràbhaidh. Tha iad sin, an-deigh am bàis, air an gairm 'n an Naoinh le eaglais na Ròimh, agus tha ì a' teagasg gur còir àrd urram a thoirt doibh, cuimhneachain

(*relics*) dhiubh, a ghleidheadh, agus ùrnuighean a dheanamh riutha. So ainmean cuid diubh,—Acuinias, Bartoloméus, Brìde, Ianuarius, Ioseph, Liguori, Pàdrui, &c. Ach is beag sin diubh. B' è cleachdadh nam Pàganach, no seirbhisich an dia-bhréige, anns na h-inntibh a dh'-fhalbh, dia no ban-dia a shuidheachadh thairis air gach àit agus gnothach no cùis: mar sin b'è *Neptune*, dia na mara; *Aeolus*, dia nan gaoh 's nan stoirm; *Pan*, dia nam buachaillean; *Diana*, ban-dia na seilge. Air an dòigh chéudna tha naoimh thèarmunnach aig eaglais na Ròimh, air an là an diugh, ris am bheil ì ag earbsadh àitean agus ghnòthaichean àraid, agus gheibhear a pobull a' gairm air na naoimh sin, airson fhasglaidh agus cobhair air àm éigin. Tha na Naoimh *Gillecriosd* agus *Clement* a' riaghladh thairis air a' mhuir; *Antoni* thairis air aintea; gairmear air *Patronilla* chum an crith-fhlabhruis a leigheas; tha *Sigismund* a' riaghladh thairis air teasaichean; ìarrar cuideachadh o *Mhargarita* aig breith-cloinne; tha galaran gabhaltach agus a' phlàigh gu bhì air an casgadh le *Roach*; theirear gu'n leighisear an tinneas tuiteamach le *Cornelius*; aig *Nicholas* agus *Gregori* tha riaghladh na sgoilearachd, agus tha gach dealbhadair fo thèarmunn *Lùcais*. Sin anis cuid de na naoimh a dh'-fhàg an saoghal so o cheànn iomad bliadhna, gidheadh, tha na Ròmanaich a' toirt dreuchd do gach aon diubh fathast air an talamh. Ach ciod is urrainn na crètairean sin a dheanamh airson dhaoine? Neo-nì.—C. 238—259.

Neo-mhearachdas, (infallibility; a state that cannot err;) do-mhearachdas, staid nach urrainn dol am mearachd. Tha eaglais na Ròimh, ged nach 'eil ì aon-inntinneach, no

aon-sgeulach anns a' chùis, a' teagasg gu'm bheil a' bhuaidh so anns a' Phàp—nach urrainn è tuiteam ann am mearachd air-bith. Ach ciamar, ma tha am Pàp neo-mhearachdach, a thachair na mearachdan mòra so a leanas ameasg nam Pàp? Anns a' bhliadhna 359, bha Pàp Liberius a' teagasg nach 'eil Criosd co-ionann ri Dia. Anns a' bh. 555, cho-aontaich Pàp Uigilius le baoth-chreidimh nan Nestòrianach. Anns a' bh. 640 bha, Pàp Honorius air a dhètheadh le Ard Chomhairle airson a mhearachdan. Anns a' bh. 1334, bha Pàp Iain air a dhètheadh le diadhairean pàpanach airson a bhì 'teagasg nach faic anamanan nam fìrean Dia gus an tig aiseirigh nan nìle. Anns a' bh. 1414, is è “an diabhal anns an 'fheadil” an t-ainm a gheibheadh Pàp Iain XXII.; bha è a' cumail amach nach 'eil beatha mhaireannach àn idir, agus gu'm bheil anamanan dhaoine a' bàsachadh maille ri'n cuirp, cosmhuil ris na brùidean, agus nach 'eil aiseirigh àn. Càit an robh duine bu mhibhéusaiche beatba na Pàp Iain XII.? Thàtar ag innseadh gu'n d'-òl è deoch-slainnt an diabhail agus gu'n tug è seachad òrduighean naomh ann an stàpull a chum masladh a chur orra. Fhuaradh ciontach è de gach dubhaile 'bu mhiosa na 'chéile, agus chaidh a thilgeil de'n chaithir. Bha è air a ràdh mu Phàp Boniface VIII., a bha air a' chaithir eadar 1294 agus 1303, gu'n “tànig è stigh mar bhalgair, gu'n do rìghich è màr leòmhan 's gu'n do bhàsaich è mar chù.” Eadar a' bh. 1492 agus 1503, bha Pàp Alastair air a' chaithir, agus ghin è nighean diòlain d' am b' ainm Lucretia neach a bha 'n a coimh-leabach aig a h-athair agus aig a bràthair mac a h-athar.

Is honmhoreusaontas a bha 'measg nam Pàp, ìad a' cathachadh an

aghaidh a chèile gu fiadhaich. Anns a' bhliadhna 366, bha còmhstri shearbh eadar Pàp Damasus agus Pàp Ursinus; agus eadar a' bhliadhna 768 agus 1417, bha còmhstri theth eadar na Pàpaibh so—Stephen IV. an aghaidh Chonstantine; Formōsus an aghaidh Sherginis; Iain XII., Leo VII. agus Benedict V. an aghaidh a chèile; bha Leo VIII. agus Benedict IX. aimhreiteach; cha robh sìth le Silbhester III. agus Gregori VI. Bha trìuir Phàp eile ann air aon àm, Gregori XII. 's an Ròimh, Benedict XIII. 's an Fhraing agus Iain XXIII., ann am Pisa. Chaidh an trìuir sin a chur amach le Comhairle Chonstance, agus Pàp Martin V. a shuidheachadh 'n an àit. Is tric a dh'è aon Phàp achd Pàp' eile. Dh'è Pàp Gregori I. aoradh ìomhaighean, ach theagaisg Pàpan eile gur còir aoradh a thoirt do ìomhaighean. Thubhairt Gregori I. nach robh na h-Apocripha uile sgrìobtuireil, ach b'è òrdugh Pàpa eile gu'm bitheadh na leabhraichean sin uile air an gabhail mar chuid de riaghailtean sgrìobtuireil na h-eaglais. Ach is beag so a dh'-ainmich sinn de mhearachdan nam Pàp. Am faodar anis a ràdh gu'm bheil, no gu'n robh iad, no aon air-bith dhiubh, neo-mhearachdach! Cha n-è Pròtastanach, ach Baroniū, easbuig, agus fear-eachdraidh Pàpanach; Dupin agus sgrìobhadairean Pàpanach eile, a sgrìobh an eachdraidh o'm bheil an dearbhadh so air a thoirt, air mearachdan agus aimhreit nam Pàp.

Neo-chléireach, layman; *Neo-chléirich*, laymen; daoine nach 'eil de'n Chléir.—C. 10.—*Nòd*.

Nestòrianaich, (Nestorians;) cuideachd chràbhaidh a bha ag aontachadh le Nestorius easbuig Chonstantinople, duine a thog mòr aimhreit anns an

eaglais, anns a' chòigeamh linn, le bhli, gu mearachdach, a' teagasg gu'm bheil dà phearsa aig Crìosd.

Nice, Nicéa; baile de Bhitinia, ann an Iar-thuath na h-Asia, a tha nis air tuiteam gu Iàr. Tha am baile so ainmeil airson dà chomhairle dhiadhairean a bha air an cumail ànn. Is ann aig a' cheud chomhairle dhiubh sin, anns a' bhliadhna 325, a chaidh co-aontachadh leis a' chréud fhallain sin de'n goirear "*a' Chréud Nicénach*" a ta stéidhichte air créud nan Abstol.

Nobhatianaich, (Novatians;) cuideachd a dh'-éirich le Nobhatus, anns an treas linn, duine teànn, cruaidh agus làidir 'n a bharaill féin, de chléir na Ròimh, agus le 'eas-ùmhlachd d'a riaghailtibh, a thog mòran aimhreit anns an eaglais agus a bha, an lorg sin, air a chur fo ascaoin-eaglais.

Nòd, a note: *Nòdaichean*, notes; focail-mhìneachaidh; fios; cuimhne, no soilleireachd air nì sam-bith: teagasg.

Oirinn. Faic Aifrionn.

Orduighean, (Orders.) 1. dreuchd eaglaiseach; suidheachadh, no cois-rigeadh duine ann an dreuchd na h-eaglais. 2. Aithntean; riaghailtean.

Origen, aon de na h-Aithrichean Abstolach, duine fìor dhiadhaidh a rugadh ann an Alecsandria 's an Eiphit, anns a' bhliadhna 185. Bha è glé chumhachdach anns na Sgrìobtuiribh, gu h-éudmhor, dh'eas 'g am mìneachadh 'us 'g au sgaoileadh ameasg an t-sluaigh.

Pàganach, (Pagan.)—Faic Cinneach.

Pàp, (the Pope;) Pontiff; the title of the chief bishop of Rome: the sovereign pontiff or supreme head of the Roman Catholic Church :) An tìodal aig àrd easbuig na Ròimh; àrd shagart, no àrd cheànn na h-eaglaise Pàpanaich. Tha am Pàp agus mòran de'n mhuintir a ta fo 'riaghladh, ag

ràdh gu'm bheil e-féin neo-mhearachdach.—Faic *Neo-mhearachdas* agus Ceist 58.

Papanach, (a papist or Roman Catholic.) Neach air-bith a tha 'géilleadh do ùghdarras a' Phàpa; aon de'n chreidimh Phàpanach.

Partia, (Parthia;) dùthaich ann an iar-thuath na h-Asia.

Pelagianach, (Pelagians;) luchd-cobharail ri Pelagius, manach de mhuintir Bhreatainn a bha 'gabhail còmhnuidh anns an Ròimh anns a' chòigeamh linn, agus a thog an teagasg mearachdach sin a tha 'cumail amach nach do thuit an cinne-daoine ann an Adhamb.

Pisa, baile ann an Tuscany 's an Eudailt.—Faic *Comhairle*.

Pius IV., aon de na Pàpaibh, am fear a chuir dà phuing dheug neo-sgrìobtuireil ris a' Chrèid Nicénaich.—C. 4.

Policarp, (Polycarp,) aon de na h-Aithrichean Abstolach: bha è 'n a easbuig ann an Smirna.

Posta-marbhaidh, *cràim-losgaidh*; (stake;) posta air a shuidheachadh anns an talamh, ris an robhas a' ceangal nam martarach le slabhruidh iaruiun, 'an àm a bhi 'g an cur gu bàs, air làithibh na géur-leanmhuinn.

Pròtastanach, (Protestant,) aon a ta 'togaill fianuis an aghaidh mhearachdan, gu h-àraid an aghaidh mhearachdan eaglais na Ròimh; aon de 'n Eaglais Ath-leasaichte. Ann an *Spire* baile anns a' Ghearmailt (*Germany*), air an Naodhamh Là déug de'n 4-mh Mios, anns a' bhliadhna 1539, agus an làthair Co-thionail phrionnsachan, thog Lùther agus mòran dhaoine mòra agus maith agus dileas eile, *Protest* no *Fianuis* an aghaidh mhearachdan eaglais na Ròimh, a' bóideachadh, aig an àm chéudna, gu'n dlùth-leanadh iad ri teagasg an t-Soisgeil, mar bha è air a shearmonachadh le Lùther. Agus o'n là mhòr air an robh am *Protest comhar-*

raichte so air a léughadh gu follaiseach, an aghaidh na Ròimh, ann am baile *Spire*, is è *Pròtastanaich*, (Protestants,) no Luchd-fianuis an aghaidh mhearachdan, is ainm anns gach àit de'n t-saoghal do'n mhòr shluagh a ta 'cur an aghaidh mhearachdan nam Pàpanach.

Purgadair, (purgatory; prison; a middle place of expiation or purification, according to the doctrine of Roman Catholics.) Prìosan; gainntir: a-réir teagaisg nam Pàpanach, is è so ionad-meadhonach, no àit anns am bheil anamanan air an cur, an-deigh am bàis, gu bli air an glanadh o chionta nam peacaidhean a rinn iad anns a' bheatha so, mu'm faod iad a dhol astigh do nèamh, no fois 'fhaotuin, tre réite a tha air a deanamh le peanasaidh àraid agus le aifrinnibh (*masses*) a tha an sagart a' deanamh air an son. Ach cha n-'eil iad idir ag innseadh càit am bheil an t-àit-pìanaidh so de'n goir-ear am Purgadair, air a shuidheachadh. Gu dearbh is duilich innseadh càit am bheil àit nach 'eil àn.—(C. 142.) Thubhairt cuid de na daoineibh a b' ionnsaichte ann an eaglais na Ròimh féin, nach 'eil aon fhocal mu Phurgadair anns an Sgrìobtuir. Is è thubhairt Pàp Gelasius, “Léugh mì mu'n làimh dheis 'us chlàth, ach cha n-aithne dhomh mì sam-bith mu threas àit,” no Purgadair. Thubhairt an t-easbuig Fisher, “Cha n-'eil guth air Purgadair am easg nan sean-air.” Is ann mu thoiseach na sèath-amh Linn a chaidh creidimh a' Phurgadair a chur air chois, air tùs, le Pàp Gregori; bha è air a làn-aidheachadh gu làidir anns a' bhliadhna 1140, agus an-deigh sin bha am Purgadair air tùs air 'aideachadh gu follaiseach mar phàirt de chreidimh na Ròimh, le comhairle Fhlouence (1439) agus air a dhaingneachadh le comhairle Thrent.*

Mar so, chithear nach 'eil ach mu cheithir cheud bliadhna o'n thòisich eaglais na Ròimh ri aideachadh a' Phurgadair gu follaiseach. Mar sin, is è aois creidimh a' Phurgadair, ceithir cheud bliadhna. Ach ma's ì eaglais na Ròimh a' cheud eaglais a bh' ànn, carson a bha ì cho fada gun an t-àit so fhaotuin amach !

Pusaitich, (Puseyites;) muinntear aig am bheil co-bharail ri Dr Pusey, duine ann an Sasunn, a thòisich o chionn beagan bhliadh-nachan, ri teagasg nithe annasach mu'n diadhachd. Tha nàdur na Pàpanachd ann an cuid de theagasg 'us de riaghailtibh nam Pusaiteach.

Riarachadh, (satisfaction;) dòladh, no toileachadh a thoirt airson cionta, le peanasaibh 'fhulang fo òrdugh an t-sagairt, nì a ta, a-réir beachd nam Pàpanach, glé thoill-teanach ann an sealladh Dhia.—C. 173-7.

Ridleadh, (Ridley.) Faic *Martarach*.
Ròimh, (Rome;) àrd bhaile na h-Eudailte: àit-còmhnuidh a' Phàpa. An eaglais Phàpanach.—C. 279. Cluinnear Pàpanaich ag ràdh, gu tric le naill, gur ì eaglais na Ròimh, no an eaglais aca-san a bha ànn an toiseach, no gur ì a' cheud eaglais a bh' ànn. Cha n-ì idir. B' ì eaglais Ierusalem a' cheud eaglais Chrìosdail agus an-deigh sin, an eaglais Ghréigach.—C. 17. Mu dheireadh na Ròimh—Faic C. 280.

Ròmanach, (Roman; Romanist;) aon de mhuinntir na Ròimh: neach a' ta 'creidsinn ann an teagasg na Ròimh: Pàpanach.

Rùnachadh, (intention, design;) dìan thogradh; déigh: toil gu'm bith-eadh nì àraid air a dheanamh. Is è 'tha am focal so a ciallachadh gu'm féum miann, rùn no toil a bhi

ann an cridhe an t-sagairt, aig àm frithealaidh aoin de na seachd sàcramaidibh do neach, gu'm bith-eadh rùn no toil na h-eaglais deante leis, no gu'm bitheadh an t-sàcramaid air a deanamh éif-eachdach, tarbhach do'n neach a tha 'g a gabhail; oir às éugais an rùn so a bhi anns an t-sagart, tha eaglais na Ròimh ag ràdh nach 'eil féum anns an t-sàcramaid do neach. Ach cò is urrainn innseadh, co dhiubh a bhitheas, no nach bi an rùn so ann an ìntinn an t-sagairt, a h-uile uair a bheir è aon de na seachd sàcramaidibh do neach?—C. 126-131.

Sàmhlach, (likening; comparing; figurative; metaphorical; typical.) Is ì cainnt shàmhlach briathran leis am bithear a' sàmhlachadh aon nì ri nì, no ri neach eile; marso, theirear "siol" ri *teagasg*; "sioladair" ri *fear-teagaisg*; "carrag" ri *Crìosd*.—C. 205. Faic *Litireil*.

Saobh-chreidimh, (superstition;) baoth bheachd; baothaireachd: eagal á nì nach 'eil ànn; creidsinn ann an nì nach 'eil ànn: mearachd.

Saoradh, (absolution;) maitheanas air a thoirt le sagart, an-deigh faosaid.—C. 167.

Scapular, (belonging to the shoulders;) slinneanach. Tha comunn cràbhaidh, (na friaraich, *friars*;) ann an eaglais na Ròimh, a ta air an comharrachadh amach, le stàll chaol aodaich air a cur tarsuinn air an slinneanaibh agus stàll eile air a cur crasgach oirre sin, agus a' sìneadh sìos air am broilleach; is è so *comunn an Scapular*.—C. 149.

Sgrìobtuir, (writing; what is written; the best writing; the Holy Bible.) Sgrìobhadh; nì a ta sgrìobhte; an sgrìobhadh a's fearr; am Bìobull Naomh. Tha eaglais na

Ròimh a' toirmeasg na Sgrìobtuirean a chur ann an làmhan an t-sluaigh, no am Bìobull a bhi air a léughadh le neach air-bith, ach neach do'm bi sin air a cheadachadh leis an t-sagart. Ach cha n-'eil an t-òrdugh so air a choimhead cho tèann leis na Pàpanaich ann an dùthchaibh Pròtastanach.—C. 107.

Smithfield, àit ann an Lunuinn, far am b' àbhaist a bhi 'Iosgadh muinntir (*eiricich*) airson a bhi ag àicheadh mhearachdan na Ròimh.—C. 305.

Socinianaich, (Socinians;) muinntear aig am bheil co-bharail ri *Socinus*, duine a dh'-éirich suas anns an t-seathamh linn, agus a bha 'teagasg nach 'eil ach aon phearsa, Dia amhàin, anns an Trìonaid, agus nach robh Crìosd ànn o shìorruidheachd. Is ionann na Socinianaich, ach beag, ris na h-Unitarianaich, 'n am beachd mu'n diadhachd. Thuit iad araon ann am mearachd mòr.

Teagasg, (teaching; doctrine; a doctrine; instruction.) Oilean;

fòghlum; ionnsachadh; bonnachair; ni a tha neach a' creidsinn 's ag ionnsachadh.

Tertullian, aon de na h-Aithrichean Abstolach.

Tigh-nan-dubh-chailleach, (nunnery) —C. 269.

Tigh-pìanaidh, (inquisition;) tigh-rànnsachaidh: àite dòruinn.—C. 299.

Toulouse, baile anns an Fhraing.

Trent, àrd bhaile Thiroill ann an Austria.

Tùis, (incense;) bith cùbhraidh a bha, o shean, air a thabhairt suas air an altair, mar ìobairt do Dhia. Ecsod. 30. 34-36.—C. 243.

Tuscani, dùthaich dhe'n Eudailt.—C. 279.

Ughdair, (author; writer;) sgrìobhadair, fear-eachdraidh. So ainmean nan ùghdairean Pàpanach a ta air an ainmeachadh anns an leabhar so,—Baronius, Bede, Bellarmine, Bonabhenture, Butler, Caiétan, Cassander, Cossart, Dens, Dr O'Croly, Dupin, Labbe, Liguori, Lira.

CEARTACHADH.

<i>Taobh</i>	<i>Ceist</i>	<i>Airson</i>	<i>Léugh</i>
60,	190,	tegasg	teagasg.
68,	209,	dearbhadh	dearbhadh.
90,	297,	Thàn	Thà;
96,		Bhòbuill	Bhòbuill.

..



